3. Cia luachmhor an soisgeul! Tha e foilseachadh Slànuighear iomlan, o chumhachd agus salachar a' pheacaidh, o mhallachadh an lagh, agus ò thruaighe shìorruidh. Agus is e meadhon sònruichte gu beòthachadh gu ath-nuadhachadh, gu teanadh.

[TD 6]

4. Earail do pheacaich. Smuaintibh air 'ur staid, air nàdur lagh Dé. Cuiribh meas air an t-soisgeul, agus teichibh gu Crìosd crìoch an lagh chum fhìreantachd. Cha 'n 'eil tearantachd duibh a mach a Crìosd. A mach a Crìosd deanaidh an lagh greim oirbh, Cha 'n 'eil dian duibh ò dhioltair na fola ach an Crìosd am baile-dion, no ò

thuil corruich Jehovah ach annsan, àirc a' chùmhnannt.

5. Earail doibhsan a theich chum Chrìosd. Ciod a choman am bheil sibhse do Chrìosd! Cia tàingeil agus iorasal a bhuineadh duibhsa a bhi! Cuiribh meas air. Bidh e luachmhor, priseil duibh. Bithibh dìleas da. Glòraichibh e le ur cuirp agus bhur anamaibh is leis-an. Anns an t-saoghal bithidh trioblaid agaibh ach biodh deadh mhisneach agaibh, bheir Crìosd buaidh duibh. Tha esan beò, agus uime sin bidh sibhse beò mar an ceudna. Ach cuimhnichibh ge do tha sibh tearuinte ann an Crìosd agus fodh chùram Chrìosd gu buin dleasnais duibhsa. Bithibh ri faire air 'ur cridheachan, air an t-saoghal, agus an diobhal, ri faire agus ri ùrnaigh a cumail dlùth am meadhonaibh nan gràs do Chrìosd, a bheatha a chaitheas sibh anns an fheadil caitheamh i na beatha chreididh air mac Dé, a ghràdhaich sibh agus a thug e féin air ur son. Agus bruthaidh Dia na sith Satan gu h-ath-ghoirid fuidh ur casaibh. AMEN.

[TD 7]

IOBAIRT-REITICH IOSA CRIOSD.

HEB. x. 14:—"Oir le aon iobairt rinn e a chaoidh foirfe iadsan a ta air an naomhachadh."

THA e air aideachadh gu bheil teachdaireachd an t-soisgeil ro-thaitneach agus gu h-iomlan freagarrach da cheud ainm, a ta ciallachadh naigheachd aoibhneach. Cia mòr is binne agus is luachmhoire an naigheachd aoibhneach so, no an ceòl is binne a bha riamh air a sheinn le bilibh agus innealaibh dhaoine? Seadh, se so an teachdaireachd as fearr a bha riamh air a cluintinn anns an t-saoghal so, teachdaireachd breith an t-Slànuighear, teachd rìgh agus oighre nam flaitheas anns an fheadil, gu slainte a thabhairt do shaoghal peacach agus caillte. "Oir," a deir an t-aingeal ri buachaillean Bhetlehem, "feuch a ta mi 'g innseadh dhuibh deadh sgeòil mhòir aoibhneis a bhitheas do 'n uile shluagh; oir rugadh dhuibh an diugh Slànuighear, ann an cathair Dhaibhidh, neach is e Crìosd an Tighearna. Agus air ball bha maille ris an aingeal cuideachd mhòr do armailtibh neimhe, a' moladh Dhé, agus ag radh, Glòir do Dhia anns na h-àrdaibh, agus air talamh sìth, deadhghèan do dhaoineibh"—Lucas ii., 10, 11, 13, 14. Thàinig mar so aon-ghin Mhic an Athar o neamh chum an t-saoghail so. Bha e air a bhreith leis an Oigh Muire. Ach an uair a thàinig e o neamh gu talalmh, thàinig ainm maille ris. "Agus bheir thu Iosa dh' ainm air; or saoraidh se a phobul féin o'm peacaidh." "O an t-ainm milis, Iosa," a deir Bernard, "mil anns a bheul, binne anns a' chluais, agus slàinte do 'n chridhe." 'S e so an Slànuighear a thàinig o neamh gu talamh agus cha 'n e a mhàin gu'n do ghabh e ar nàdur, ach mar an ceudna ar peacaidh, 'se sin an ciall laghail; bha ar peacaidh agus ar cionta air an deanadh thairis da-san, oir a ta sinn a leughadh cha 'n e amhàin gu robh am focal air a dheanamh 'na fheadil, ach gu'n robh esan do nach b' aithne peacadh air a dheanamh na pheacadh air ar son, seadh agus na mhollachadh; oir a deir Pòl beannuichte, "an ni nach robh an comas do'n lagh a dheanamh do bhrìgh gu robh e anmhuinn

tre 'n fheòil, ag cur a Mhic féin do Dhia an coslas feòla peacaich, agus 'na iobairt air son peacaidh, dhìt' e am peacadh 's an fheòil"—Rom. viii. 3.

[TD 8]

Air an là so anns am bheil bàs Chrìosd gu bhì air fhoilseachadh a mach 'nar measg an òrdugh na Suipeir, 's e ar dleasnas oidhirp a thoirt air ar cridheachan a thionndadh chum a chuspair—Crìosd—air a cheusadh, iobairt, éifeachd, agus toradh bàis Chrìosd. Tha so am briathra ar teagaisg.

Ann a bhì labhairt air na nithe so bheir sinn oidhirp tre ghràs a bhì anns,

I. A BHI LEIGEADH RIS NADUR IOBAIRT CHRÌOSD.

II. EIFEACHD 'IOBAIRT, RINN E CHAOIDH FOIRFE, etc.

III. CO CHUIR, NO PAIRTEACHADH EIFEACHD NA H-IOBAIRT SO RI PEACAIHD.
(1)

I. An tùs nàdur iobairt Chrìosd.

Iobairt, gnìomh crabhach, no diadhaidh anns an robh beathach air a thoirt seachad gu bàs air son crìch shònruichte an aoradh do Dhia, Fodh an lagh bha caochladh iobairtean air an toirt suas. Thug Abraham suas Isaac mar iobairt. Bha am beathach air a chuir air leth, an duine ag aideachadh a pheacaidh, air a mharbhadh, agus air a losgadh le teine, mar so air a thoirt suas do Dhia. Thug Crìosd am briathra ar teagaisg e féin seachad mar iobairt.

1. Bha Crìosd air òrduchadh agus air ulmhachadh air a shon so.

Cha robh clann Israìl air am fàgail gu 'n toil féin anns na h-iobairtean a thoirt suas fodh 'n lagh. Bha iad air an òrduchadh le Dia. Mar so bha Crìosd air òrduchadh agus air a thoirt seachad. Tha so air a theagasg anns na rannaibh ro'n teagasg 4, 5, 7, 9. Bha corp air ulmhachadh da leis an Athair. Mar a bha Crìosd air a chuir air leth air son so, se e féin an iobairt a thug e seachad. Chuir se e féin an àite nam peacach nan ciontach agus thug se e fèin 'na iobairt. Ach bha na beathaichean gu bhì gu'n ghaoid, glan agus fallain, mar so bha Crìosd. Thaisbean se e féin mar an sagairt gu iobairt a thoirt seachad do Dhia, ach bì an iobairt an duine Iosa Crìosd; agus b'e an duine Iosa Chrìosd Dia anns an fheòil. Esan a dh' ullaich an t-Athair corp da b'e an dara pearsa anns an Diadhachd, dealradh glòir an Athar agus fìor iomhaigh a phearsa. Bha an duine Iosa Crìosd mar Dhia an sealbh air uile glhòir agus

(1) <eng>Sinners.<gai>

[TD 9]

buadhaibh neo-chriochnach na Diadhachd. Cia inbheach an iobairt so! An corp a dh' ullaich an t-Athair da, fìor nàduir an duine an aonadh pearsanta ri' Dhiadhachd, bha e naomh glan. Bha e na iobairt, na uan gun spot gun smal. Bha anam agus 'chorp an cordadh iomlan ris-san. Tha da spot air na h-uile do shliochd Adhamh, spot peacadh gin, truailleachd nàduir, agus spot peacadh gnìomh, ach bha an duine Iosa Criosd gun aon diubh, cha robh spot no smal peacadh gin no gnìomh maille ris. Be aon naomh Dhè e, naomh air a ghintinn, naomh air a bhreith, naomh 'na nàdur agus naomh an cleachdadh anama agus a chuirp. Maille ri so inbhe a phearsa, agus iomlanachd a naomhachd, bha an Spiorad naomh os cionn tomhais a gabhail còmhnuidh air an duine Iosa Criosd, air an iobairt so. Oir cha 'n ann a rèir tomhais a thugadh an Spiorad da. Bha e air ùngadh os cionn a chompanach. Bha an Spiorad, mar an Spiorad naomh, Spiorad nan gràs 'na lànachd os cionn tomhais aige agus uile ghràs an Spioraid an làn chleachdadh air buadhaibh na Diadhachd agus air an lagh. So a nis an iobairt-an duine Iosa Criosd. Mac Dhia anns an fheòil, fodh lànachd an Spioraid.

2. Rinn Criosd e féin a thoirt seachad mar iobairt do an Tighearn.

Fodh an lagh an uair a bha an creutair air a shuidheachadh air bha e air a thoirt chum an t-sagairt agus air a thoirt no air a chur an làthair an Tighearn. Freagarrach do so rinn Criosd e féin a thoirt seachad, e féin a chuir an làthair an Tighearna mar an iobairt. Be féin an sagairt a thug suas an iobairt. Bha e do ghnàth an làthair an Tighearn, na bheath, fodh 'n lagh, a toirt ùmhlachd da mar urras pheacach, agus a nis chuir se e féin air leth thaisbean se e féin an làthair Dhia gu deanadh ris gu bhi na iobairt-pheacaidh. Thàinig an uair, agus bha Criosd aig làimh, chaidh e gu Jerusalem, an sin chuir se e féin an làthair an Athar. Agus 'na ùrnuigh chuir se e féin an làimh an Athar, thug se e féin do làimh a naimhdean-an cupan a thug m' Athair domhsa r'a òl nach òl mi e? Ach air do'n bheathach a bhith air a chur air leth, air a thoirt seachad, a bhi air a chur an làthair an Tighearn air son iobairt, bha e air a dheanadh a réir an lagha ciontach le cur lámh air a cheann agus aideachadh peacaidh an neach a bha 'ga thoirt

[TD 10]

suas air. A nis freagarrach da so a nuair a thaisbean Criosd e féin an làthair an Athar, bha esan air fhaotainn ciontach le peacaidh na muinntir sin uile a sheas e 'nan àite a bhi air an cur as a leth. Agus 'se an t-Athair a rinn so, leag an Tighearn air-san aingidheachd gach aon d'inn. Bha an t-Athair a làthair a' cur peacaidh an t-sluagh thaghta uile air ceann na h-iobairt. An duine Iosa Criosd, an làthair an Athar a' gabhail am peacaidh, a' seasadh nan àite, agus cha leigeadh e le ni sam bith teachd eadar e agus an t-Athair, agus an cupan a thug m' athair dhomhsa etc. An cupan a bha e 'ga chur 'na làimh.

3. An uair a bha an creutair mar so air a chur an làthair an Tighearn, agus le leagadh làmh agus aideachadh peacaidh, no e gu

laghail ciontach bha fhuil air a dòrtadh no e air a chur gu bàs Si an fhuil a bha deanadh na réite, oir as eugmhais dòrtadh fola cha 'n 'eil mathanas. 'S i an fhuil a bha deanadh réite air son an anama. Freagarrach da so rinn Crìosd anam a dhòirteadh a mach gu bàs. Air da e fein a thàisbeanadh, peacadh bhi air a chur air a cheann an sin thàinig buillean agus bruthadh a pheacaidh air, eadhon gu bàs. Thàinig mallachadh an lagha am fìrinn airsan. Duisg a chlàidheamh etc. Bi toil an Tighearn a bhruthadh. Bha toiseach so aige an gàradh Ghethsemane. Bha e fodh uaimhchridh. Rinn uamhainn féirge agus corruich an Athar greim air. Ciod an t-uallach a bha an so! Cudthrom gairdean dioghaltais Jehovah! Cha 'ne uamhuinn a thug a mhothachadh uaithe, ach uamhuinn a leòin, a bhruth e gu geur. Leònadh chlàidheamh ceartais Jehovah a dh' fhàg e ro-bhrònach, a loit e le loit agus bróin gu bàs. Rinn dorchadas agus amhghar agus guin a bhàis a nis greim air. agus fodh an eallach so dhòirt e' fhuil, anam a mach gu bàs. Thug e suas an iobairt so do Dhia an t-Athair. Smuainichibh a nis air inbhe agus naomhachd na h-iobairt so, agus air meud fhulangais. Thug e se féin suas do Dhia 'na iobairt tre an Spiorad shiorruidh gun spot gun smal, agus rinn tùis na h-iobairt, inbhe an duine Iosa Crìosd, a dhaimh ris an Athair, a Mhac gradhach, fiorghloine a naomhachd, a ghràdh, 'umhlachd iomlan, a measgadh leis an fhuil, an iobairt cùbhraidh do Dhia, rinn i an reite fhuair lagh agus ceartas glòirmhoir agus lan-riarachadh. Oir le aon iobairt, le iobairt féin, aon uair mar so a toirt seachad do 'n Athair rinn e chaidhe foirfe iadsan a ta air an naomhachadh.

[TD 11]

Tha so 'gar toirt gus an dara ceann-Eifeachd iobairt Chrìosd. Leatha rinn e chaidhe foirfe, etc. Thug e slàinte iomlan agus shiorruidh a steach le 'iobairt. Mar a bha an iobairt iomlan tha an t-slàinte iomlan.

1. Rinn Crìosd le 'iobairt fireantachd iomlan, no foirfe a thoirt a steach air son a phobuill.

Tha sùil aig fireantachd ri lagh, no rioghailt. 'S e an lagh, lagh nan deich aitheanta an rioghailt cridhe agus deanadais a thug Dia do 'n duine. Tha an lagh ag iarraidh iomlanachd freagarrach ris an nàdur an cleachdadh. Cha ghabh e ri ni a's lugha. A nis, 'se fìreantachd cumadh iomlan no foirfe, freagarrach ris an lagh. A nis rinn Crìosd fìreantachd iomlan foirfe a thoirt a steach le 'n naomhachd agus ùmhlachd iomlan. Cha 'n 'eil spot no smal, no easbhuidh 's am bith am fireantachd Chrìosd. Tha i co spioradail, co naomh, co farsuing ri lagh Dhé. Agus is ann mar urras a' pheacaich a thug e steach i. Agus mar a ta an lagh a ruigheachd aisde a' leantuinn gu deireadh an t-saoghail, seadh feadh na bith-bhuantachd, mar a ta nàdur Dhia o'n do shruth i. Tha fireantachd Chrìosd a dol air a h-ais gu gàradh Edein, agus air a h-aghaidh gu deireadh an t-saoghail, seadh feadh na sìorruidheachd. Shruth eifeachd fuil iobairt Chrìosd air a h-ais gu gàradh Edein, oir chunnaic Eoin 's an taisbean e mar uan a chaidh a mharbhadh o thoiseach an t-saoghail, agus an gàradh Edein bha a h-eifeachd air fhoilseachadh, agus air a

charadh ann, agus tre a gheallaidh sliochd na mna a bha gu ceann na nathrach a bhruthadh, agus a ruith air aghaidh anns gach linn.

2. Rinn Crìosd le 'iobairt làn phris an slàinte a leagadh sìos-se féin-fhuil, an luach, oir cha deachaidh, a deir Peadar, ur saoradh etc. Bha a' phris iomlan. 'Nuair a thug Crìosd seachad e féin mar iobairt ghiùlain e an eallach, eallach na féirge, am peanas gu h-iomlan a bha aig lagh agus ceartas nan aghaidh, ghiùlain e air falbh an t-eallach so na chorp féin air a chrann-cheusaidh. Feuch Uan Dé, etc. Ghiùlain e gach ni a ta an lagh aig iarraidh air peacaidh air, so a bhriseadh-folach gnùis Dé agus féirg Dé. Agus bha Dia làn-toilichte le fuil Chrìosd air son an eucoir a rinn am peacadh. A nis tha fireantachd iomlan, ceartas gu h-iomlan riaraichte. Bha Crìosd air a dheanadh na Shlnàighear

[TD 12]

iomlan, na cheann-àrd slàinte iomlan tre fhulangais. Dhasan a ghràdhaich agus a nigh sin le fhuil féin, etc.

3. Rinn Crìosd leis an aon iobairt slàinte iomlan, a bheatha mhaireanach cinnteach do na h-uile a thug an t-Athair da.

Cha 'n e a mhàin gu robh a bheatha, an t-slàinte so air a deanadh comasach tre bàs Chrìosd, gu robh dorus air fhosgladh tre am feud iad dol as, a bhi air an slànuchadh, ach rinn e an t-slàinte cinnteach doibh. Tha iad féin agus an slàinte cinnteach do Chrìosd mar shaothair anama. Fhuair e bàs air son am peacaidh, ghiùlan e an fhéirg air an son, rinn e réite le 'fhuil 'nan àite, agus dh'éirich e a rìs air son am fireanachadh. Mar bhàsaich e nan àite dh' éirich e 'nan àite. Chaidh e steach do neamh 'nan àite air da 'fhois shiorruidh fhaotainn doibh. Bha e air a dheanamh foirfe le fhulangais, agus tre so rinneadh e na ùghdar slàinte shiorruidh. Le aon iobairt rinn e a chaidh foirfe iadsan a ta air an naomhachadh. Tha éifeachd, foirfeachd, cinnteachd slàinte an iobairt Chrìosd. An uair a sheas e 'nan àite, a rinn e reite air an son, choisinn e slàinte shiorruidh air an son, gach ni a ta feumail gu 'n saoradh, an oighreachd, beannachdan na slàinte, oighreachd na slàinte, ghabh e féin mar an ceudna sealbh air an oighreachd agus i cinnteach doibh, dhaingnich Crìosd le 'fhuil, fuil iobairt cùmhnant nan gràs, is e cùmhnant shiorruidh a ta ann agus cùmhnant anns am bheil a' bheatha mhaireannach gealta-a toiseach, a buannachadh, a h-iomlanachd. Tha éifeachd gràis a nis agus glòir an déigh so an iobairt Chrìosd; oir le aon iobairt rinn e a chaidh foirfe, no iomlan iadsan, a ta air an naomhachadh.

III. Co-chur, no pàirteachadh éifeachd na h-iobairt so-iadsan a ta air an naomhachadh.

Tha e feumail gu'm bi an t-slàinte a ta ann an Crìosd mar Shlnàighear air a càradh ri muinntir. So an dòigh anns am bheil iad air an tearnadh. Cha bhi neach sam bith air a thearnadh le fuil Chrìosd ach iadsan a bhios i air a cur riu. Bha Crìosd air a

dheanadh 'na mhallachadh, na bhàs 'nan àite, bha am peacaidh, am buillean, an truaighe, am bàs air an leagadh airsan, agus feumaidh a bheatha, a shlàinte-san a bhi air an cur riuthasan; oir rinn se esan do

[TD 13]

nach b'aithne peacadh, etc. Agus, a deir am fàidh, le chreuchdasan shlànuicheadh sinn. Ach feudaidh e a bhi feumail a thabairt fainear nach ann mar chreutairean naomh a dh' fhuiling Crìosd, no a thug se e féin 'na iobairt air an son, ach mar chreutairean peacach, gu 'n deanadh 'nan creutairean naomha. 'S ann mar pheacaidh chailte a bha iad air an toirt do Chrìosd, agus a dh' fhuiling Crìosd air an son, chum an deanadh naomha agus an saoradh. A thaghadh, a deir an t-abstol Pòl, a réir roimh-eòlais Dhé an Athar tre naomhachadh an Spioraid, chum ùmhlachd agus crathadh fola Iosa.

'S e an Spiorad, an treas pearsa anns an Diadhachd ùghdar obair gràis, agus is e an Spiorad anns an obair air a thabhairt toradh bàis no iobairt Chrìosd. Tha an t-saorsa air a cur ri daoine gu éifeachdach leis an Spiorad Naomh.

1. Tha an t-saorsa so, no éifeachd iobairt Chrìosd a filleadh innte cruthachadh nuadh. Ann an daorsa a pheacaidh tha daoine fo chumhachd nàduir truailidh, a' giùlan iomhaigh an nàmhaid, ach tha 'n t-slàinte a ta an Crìosd air a pàirteachadh ag aisig an duine gu iomhaigh naomha Dhé. Tha so a co-sheasamh an soilseachadh agus an atharrachadh gnè an duine. Bha sibh uair éigin an dorchadas ach tha sibh a nis 'nar soluis anns an Fighearn, solus spioradal na beatha. Mar so tha dorchadas a' bhàis spioradail air a dheanadh air falbh, agus soluis na beatha teachd a steach, an duine na sholus anns an Tighearn. Ach maille ri so tha caochladh air a dheanamh air cridhe no gnè an duine. Tha gnè an duine truailidh, gràdh do 'n olc, fuadh do 'n mhaith, no naomhachd, an iomhaigh Shatan; ach tha pairteachadh eifeachd iobairt Chrìosd ag atharrachadh gnè an duine. Tha sìol nuadh spioradail, gnè spioradail, càil spioradail air a thoirt da. Tha feartan glanaidh, ath-nuadhachaidh am fuil Chrìosd. Anns an obair so tha iomhaigh Dhé air a toirt a stigh, rioghachd Dhé agus uile bhudhaibh an duine air an glanadh do Dhia.

2. Tha fireantachd phearsanta Chrìosd air a co-chur, tha i air a deanadh thairis da, air a cur as a leth le Dia. Ach ann a so tha an Spiorad a' toirt an anama, no an duine a bheannaich e gu bhi air a chleachdadh a thaobh fireantachd Chrìosd. Tha an Spiorad ag oibreachadh creidimh annainn, a deir a cheist, le bhi 'g oibreachadh creidimh annainn ann

[TD 14]

ar co-cheangal ri Crìosd 'nar gairm éifeachdach. Tha an neach a tha air ath-ghineamhuinn mar ehuala sibh, 'na sholus, tha e a nis a' faicinn olc a' pheacaidh, toilteanas a pheacaidh. Tha e 'faicinn

Chriosd agus fhìreantachd, iomlanachd anns an t-soisgeul, air a chumail a mach, air a thairgse da. A se creidimh sùil an anama a bhi air Chriosd, air 'fhuil, air fhìrinn, air teisteanas an Athar da thaoibh, agus lùbadh ùmhlachd, cleachdadh a' chridhe an gabhail ri Chriosd mar Shlànuighear air teisteanas an Athar. A nis tha an cridhe a' gabhail ri Chriosd mar a Thighearna, 'fhìreantachd. Tha Dia an t-Athair ga meas da agus esan a gabhail rithe le creidimh a mhàin. Tha an neach so air aonadh ri Chriosd, tha fireantachd Chriosd air a càradh ris. Agus a nis tha e air a chur ma sgaoil o mhallachadh an lagha, oir tha e dol thairis o bhàs gu bheatha, o bhàs a' pheacaidh gu beatha gràis. Mar a rinn an Spiorad a bheòthachadh agus saorsa a thoirt da o dhorchadas agus truailleachd a' pheacaidh 'na nàdur, tha a nis fireantachd fuil, pearsadh Chriosd toirt saorsa o chionnt. Cia mòr as mò na sin a ni fuil, etc. Bha eallach cionta, féirge, daorsa air a choguis, ach tha so an nis air a thoirt air falbh.

3. Tha pàirteachadh no co-chur éifeachd na fola a filleadh innte saorsa, sìth maille ri Dia.

Gus am bheil slàinte Chriosd air a co-chur, tha daoine air falbh dealaichte o Dhia. Tha an lagh a dùnadh an duine a mach o Dhia. Agus an uair a ta neach air a dhùsgadh tha faireachdain aige air a so a bhi dùinte a mach o Dhia 'na beatha, slàinte an duine. Ach le co-chur slàinte Chriosd ri 'anam, ri 'choguis, tha e a nis air a thoirt am fagas do Dhia tre fola Iosa Chriosd, ga staid sìth, réite, co-chomunn ris. Tha e nis 'na leanabh do Dhia, Dia 'na Athair aige, e na charaid do Dhia, agus Dia na charaid dasan. An so tha an Spiorad a bheothaich, a shoilsich, a dh-athnuadhaich e, a' teachd gu bhi 'na Spiorad saorsa, 'na Spiorad uchdmhacachd ann, do bhrìgh gur mic sibh, etc. Tha saorsa cloinne Dé aig a nis. Tha e ga thoirt féin thairis do Dhia.

Iadsan a ta mar so air an naomhachadh le iobairt Chriosd ciod sam bith co anmhuinn, co dorcha, no ciod air bith na eagalan, na buairidhean, agus na deuchanna a choinnicheas

[TD 15]

iad tha iad tearuinte, oir tha foirfeachd an iobairt Chriosd gu iadsan a dheanadh foirfe; agus iadsan d'an toir e an gràs so bheir e glòir shiorruidh.

Co-dhùnadh.

1. Cia freagarrach an Slànuighear Chriosd! 'S e Mac Dé, oighre néimh. Thug e ùmhlachd do 'n lagh, riaruich e ceartas, agus tha slàinte iomlan a nis 'na fhuil, is iobairt iomlan iobairt Chrisd.

2. Olc a pheacaidh agus staid thruagh nan uile gu nàdurra. Mhill am peacadh iomhaigh Dhé air an duine. Thug e iomhaigh an nàmhaid air. Dhùn e a mach e o Dhia fo fhéirge agus a chorruich: nach truaighe, nach cunartach so?

3. Gur airidh bàs iobairt Chrìosd a bhi air a chuimhneachadh! 'S e bàs, iobairt, fuil Chrìosd a rinn an réite anns am bheil saorsa slàinte spioradail agus shiorruidh. Bithidh comunnan buidhnean a cumail feisdean mar chuimhneachan air daoine ainmeil nam beachd, agus moran diugh so air daoine a bha 'nan càirdibh do na pheacadh, nithe a ta chum easonair duthacha anns am bheil diadhachd air a h-aideachadh. Ach nach airidh Chrìosd gum biodh a bhàs air a chuimhneachadh, am bàs sin a ta fuasgladh ceangluichean a' pheacaidh agus feirge do anamaibh, agus a fosgladh dorus na beatha agus na slàinte shiorruidh doibh.

4. Cia feumail agus a ta co-chur na slàinte so ri daoine! Ciod air bith co iomlan agus a ta Chrìosd mar Shlànuighear, an leigheas a ta 'na fhuil, cha 'n 'eil feum ann do dhuine as eugmhais gu bi e air a chàradh riu. Cha leigheas plasd no ola loit gun a bhi air a chur ris, cha bheathaich biadh no deoch gun pairteachadh diubh. Tha iad an so an diugh nach robh slàinte Chrìosd air a co-chur riu, fodh chumhachd a pheacaidh, dùinte a mach o Dhia, fuidh 'fheirge, neo-iomchuidh air son a bhùird, neo-ullamh air son a bhàis. O dhaoine! cha 'n 'eil rathad eile ach tre crathadh fola Chrìosd. Tha loitean oirbh, loitean a bhàis shiorruidh o nach 'eil leigheas ach tre cratha fola Chrìosd air 'ur anamaibh agus 'ur coguisibh.

5. Misneach agus comfhurtachd do phobull Chrìosd. Sibhse a fhuair a mach 'ur loitean, a fhuair eolas air an t-slàinte, sibhse a ta air bhur nacmhachadh, tha sibhse neo-iomlan

[TD 16]

fathast. Tha feum agaibhse an nis air slàinte, air saorsa, air foirfeachd slàinte. Tha so an iobairt Chrìosd. Oir le aon iobairt, etc. Ciod i t-uireasbhaidh agus do thruaighean tha Chrìosd, fuil Chrìosd freagarrach air do shon. Ciod a ta dhìth ort tha so an iobairt Chrìosd. Glanaidh fuil Chrìosd-Mhic Dé o gach peacadh. Thigibh a m' ionnsuidh-se sibhse uile, etc.

Co iadsan nach 'eil iomchuidh air son òrdugh na Suipeire?

1. Na h-uile a ta beò an neo-chùram. Tha e soilleir o fhocal Dé na h-uile a bha air an teagasg gu robh iad air an toirt gu cùram.

2. Na h-uile a ta beò an cleachdainibh a' pheacaidh, agus ann a bhi briseadh gu folaiseach aitheanta. Luchd na mionna, luchd briseadh là na Sàbaid, luchd misg, neo-ghlaine breugairean, etc.

3. Iadsan uile nach robh air an dùsgadh agus air am mosgladh gu tuigse agus mothachaidh air am peacaidh.

4. Iadsan uile nach 'eil nan creutairean nuadh an Chrìosd, an taic ri 'fhìreantachd agus 'ghràs, agus nach 'eil cùram sam bith orra do ghlòir Dé.

Iadsan da 'm buin teachd:

1. Iadsan uile a ta bochd, truagh air son am peacaidh, tha peacadh na thrioblaid doibh.
2. Iadsan uile a ta 'cur meas air Criosd mar Shlànuighear.
3. Da bheil co-chomunn maille ris an Tighearna luachmhor; a ta 'g iarraidh a bhi air an tearnadh air rathad Dé.
4. Iadsan uile a ta ri bròin spioradail.

[TD 17]

EARAIL DO CHLANN A' CHUL-SLEAMHNACHAIDH.

IEREMIAH iii. 22:—"Pillibh, o chlann chùl-sleamhnach, leighisidh mise bhur cùl-sleamhnachaidh. Feuch, tha sinn a teachda d' ionnsuidh, oir is tu an Tighearn ar Dia."

THA am peacadh na ni ro olc, agus is iomadh dòigh air am bheil olc a pheacaidh ga fhoilseachadh féin. Tha olc r'a fhaicinn ann an cleachdadh chlann Israeil, a thaoibh an Tighearna. Rinn an Tighearna mòran da chumhachd aithnichte dhoibh, phàirtich mòran d'a mhaitheas riu. Shaor e iad a làmh an naimhdean. Dh' fhoilsich e ainm dhoibh. Thug e 'fhocal agus òrduighean maith agus naomha dhoibh, ach rinn iadsan gu tric an Dia a dhi-chuimhneachadh agus dol an déigh diadhanna coimheach. Ciod an dearbhadh a tha an so air aingidheachd agus olc cridheachan chlann nan daoine. Tha maitheas an Tighearna ri fhaicinn a thaoibh olc a pheacaidh ann a bhi 'ga mhaitheadh, ann a bhi a pilleadh agus 'leigheas cùl-sleamhnachaidh a phobuill. Their iad ma chuireas duine air falbh a bhean agus gun imich i uaith agus gu gabh i le fear eile, am pill e da h-ionnsuidh a rìs, 's nach bi am fearann sin gu ro mhòr air a thruailleadh. Ach rinn thusa striopachas le mòran leannan, gidheadh pill rium-sa a rìs, a deir an Tighearna.

Bha clann Israeil nan samhladh air Eaglais Dé anns gach linn. Agus tha an dòigh anns am bheil pobull aidmhealach da 'n tug an Tighearn an soisgeul agus meadhona nan gràs a taisbeanadh olc a' pheacaidh, ach gu sònruichte fìor-phobull Dé a ghairm e le 'ghràs. Tha iadsan an cunnart a bhi cùl-sleamhnachadh o'n Tighearna a thaoibh na bheil annta do thruaillteachd a' pheacaidh, cleachdainnibh peacach an t-saoghail agus oibreachadh an namhaid. Ach cia iongantach gràdh agus tròcairean an Tighearn ann a bhi 'gan leantuinn so, 'gan gairm d' a ionnsuidh agus a bhi a leigheas an cùl-sleamhnachaidh!

Ann a bhi a labhairt air na briathra so:-

I. Air cliù na muinntir a tha an Tighearn 'g an gairm agus a gealltuinn maith a dheanamh dhoibh, clann 'chùl-sleamhnach.

[TD 18]

II. Nàdur na gairm, agus a' gheallaidh. Pillidh, leighisidh mise bhur cùl-sleamhnachaidh.

III. Nàdur ùmhlachd do ghairm an Tighearn, no fìor aithreachas. Feuch tha sinn a teachd do t-ionnsuidh oir is tu an Tighearn ar Dia.

I. Feudaidh sinn a thoirt fainear gu bheil pobull aidmheileach an uair a tha iad a truailleadh òrduighean agus teagasgan slàinteil an t-soisgeil, mar an ceudna a fàs truailidh nan cleachdainnean. An uair a ta am fìor-shoisgeul a teachd do dhùthaich no do rioghachd, mar a thàinig e do Albain agus Sasgan ann an àm an Ath-leasachaidh, agus mòran air an toirt gu eòlas na fìrinn, gu bheil òrduighean an Tighearna air an cur suas, fìor-theagasg air a thoirt seachad, agus an sluagh ag aideachadh agus a' gluasad sa choitichionn a réir fìor-riaghaltan nam pobull do an Tighearn: ach an uair a ta an soisgeul fìor air a thruailleadh le mòran, a tha ùghdaras agus rioghailtean an t-soisgeil air am briseadh, agus pobull a fàs ceannairceach agus truailidh agus foirmeil gu bheil an eaglais ud air cul-sleamhnadh-Eaglais Laodicea. Ach se ni a tha agam 's an amharc a bhi labhairt air cul-sleamhnachadh pobull Dé, iadsan a ghairm E le 'ghràs.

1. Gu bheil iad a call an eòlais spioradail. Tha iadsan uile a ta air an iompachadh agus air an cruthachadh an Iosa Crìosd, air an cruthachadh a réir Dhé, an eòlas. Tha an tuigse air a fosgladh le Dia gu bhi faicinn maise agus luach nithe spioradail. Tha Crìosd agus glòir an Tighearn anns an t-soisgeul air fhoilseachadh dhoibh, agus tha iad a faicinn an glòir agus an luach, olc a pheacaidh, luach slàinte an anama. Tha cùl-sleamhnachadh a ciallachadh a bhi call an eòlais spioradail le an tuigse a bhi fàs dorcha, na cuspairean glòrmhor agus luachmhor a bhi an tomhas mòr as an sealladh. Cha 'n 'eil a nis glòir agus maise Chrìosd 'ga fhaicinn mar bha, no olc a pheacaidh, no luach slàinte an anama. Tha ceò tiugh a pheacaidh a teachd air sùilibh an anama. Tha inntinn a bha roimh 'na solus a fàs dorcha, &c.

2. Gràdh pobull Dé a bhi seargadh, a fàs fuar.

Tha gach fìor aithreachan air a thoirt gu gràdh bhi aige do Dhia. Tha gràdh Dhia air a sgaoileadh nan cridheachan uile leis an Spiorad naomha. Tha iomradh sònruichte air a

[TD 19]

dheanamh leis an Tighearn 'na fhocal air gràdh a cheang al-pòsaidh. Tha blas agus tograidh, agus gràdh mòr aca do Dhia, Chrìosd, agus òrduighean. Ach an uair a tha an gràdh a fuarachadh tha blas air Dia agus air co-chomunn maille ris a seargadh, tha iad a call an ceud ghrádh. Cha 'n 'eil iad beò 'nam miannaibh, 'nan tograibh an déigh an Tighearna mar bha iad. Cha 'n 'eil meas aca air Crìosd, no air a làithreachd. Tha iad a fàs fuar, a cùl-shleamhnachadh an eòlas agus an gràdh; feudaidh an cùl-sleamhnach so a bhi ann agus muinntir a chumail greim air fìor theagasg an t-soisgeil-Eaglais Ephesus, Rev.

ii. 2-4.

3. A bhi fàs foirmeil agus fuar aig cathair gràis agus fo shearmonachadh an t-soisgeil.

Tha fìor chreidmhich an laithibh an òige agus an uair a tha iad beò am beatha na diadhachd, dlúth do'n Tighearn tric, dùrachdach agus beothail an ùrnuigh. Tha an soisgeul a drùidheadh orra, fo a chumhachd, mar bha Muire fo chumhachd teagaisg Chrìosd, a' silleadh air an anama mar dhrùchd.

Ach a nuair a ta iad a' cùl-sleamhnachadh, a' fàs dorcha 'nan tuigse, marbh 'nan cridheachan, tha iad a fàs foirmeil, fuar agus neo-dhùrachdach, neo-bheòthail aig caithir gràis. Cha 'n 'eil tlachd aca a nis an ùrnuigh mar bha, tha an dleasnas so a call a bhrìgh agus a bhlas. Tha e na eallach orra. Cha bhi iad tric ann, agus tha iad mar chuirp mharbh ann. Tha an soisgeul a' call a bhuaidh orra. Tha iad a fàs slàn foirmeil fo an éisdeachd cosmhail ri neach a rathadh do na mhargadh gu bhith ri àileadh nithe ach nach ceannaicheadh. Tha iad a suidhe fodh a gnàthachadh an tuigse, a toirt breith, ach cha 'neil buaidh aig orra mar b'a ghnàth. Cha 'neil iad ag itheadh agus ag òl mar b'a nòs daibh, oir tha iad air cradhadh an Spioraid. Tha iad 'nan Spioradaibh luaineach, slàn neo-aireach agus ge do dh' fheudadh an tuigse a bhi air a cosnadh an tomhas o na nithe a bha aca a roimhe cha 'neil an cridheachan air am maothadh, air an ioraisleachadh agus air an naomhachadh. Ach O! bu mhaith ma na rachadh e ni b' fhaide na so, ach tha cùl-sleamhnachadh pobull Dé air uairibh a dol na 's fhaide.

4. Tha e filleadh ann a bhi a dol an déigh iodhalan, a gràdhachadh cuspairean eile.

[TD 20]

Tha iad a toiseachadh air a bhi a' dol a mach leis an t-saoghal, a toiseachadh air a bhi aig iarraidh sonas an nithibh eile a bha iad a roimhe ag iarraidh an Dia. Tha an cridhe air dha gràs a bhi co-iosal ann a' dol a mach an déigh iodhalan, a gabhail blas air na nithe sin a tha an saoghal a toiseach air a bhi goitheal (1) mil a cuspairean peacach, a dol an deigh an t-saoghail, a dol an cuideachdan an t-saoghail, a dol leò 'nan diamhanas, agus a' gabhail tlachd annta. Agus is maith an ni mar an toiseach iad air sùgradh ris a pheacadh, a bhi toirt an làmh agus a pàgadh anamianna annta féin, agus a bhi toirt àite Chrìosd dhoibh, a bhi 'gan caidreadh. Tha cùl-sleamhnachadh cuid do phobull Dé a' dol gus a so, mar bha a thaoibh Sholamh. Tha so a' claidh gràis a staigh, tha e mar gu b' ann air a mhort, air faghail bàis.

Och, och, gu biodh an t-àite sin 'nan cridhe sin a bha aig Chrìosd dha féin aon uair air a thoirt gu bhi 'na shlochd mearlach mar so! O anam, anam, an ann mar so a tha chùis? O nach tuig thu so, nach tabhair thu fainear guth an Tighearna am briathraibh ar teagasg. Pill, O anam, O leinibh chùl-sleamhnach, tha mi toileach gabhail

riut fathast, ge do rinn thu striopachas. A thug thu leaba do chridhe a bhuineadh dhomhsa do iodholaibh, pill, leighisidh mi thu. Tha so 'gar toirt gus an dara ceann.

II. Nadur na gairm agus a gheallaidh, pillibh, leighisidh mi ur cùl-sleamhnachaidh.

1. Tha a' ghairm so a leigeadh ris gu bheil cùram sònruichte aig an Tighearna d'a phobull. S iad a mhuinntir sin a ghairm e le ghràs cùram sònruichte an Tighearna anns an t-saoghal so. 'S iad a sheudan iad. Agus tha a shùil orra an còmhnuidh, a la agus a dh' oidhche. Is leir dha iad, tha e toirt fainear cionnas a tha 'dol leò. Tha air a radh gu bheil e teachd da fhion-lios a dh' fhaicinn cionnas a tha na pomgranata a' cur a mach am blàth, gu bheil e aig imeachd am measg na coillearan, a cumail a mach a chùram diubh, agus tha e a toirt an aire da staid gu bheil iad a seargadh, a fas fuar, a cùl-sleamhnachadh, agus tha e toirt rabhadh dhoibh, pilleadh do bhrìgh gu bheil cùram air diubh. Ma'n bitheadh cùram sam bith ort do neach, cha toireadh tu rabhadh dha.

(1) deothal.

[TD 21]

2. Rùn-maith Dhia doibh.

Tha cùram aig an Tighearn da phobull chum maith. Cha toil leis gu bitheadh iad ga cuibhreachadh féin. Tha a chridhe suidhichte orra air son maith, maith, a bhi ga dheanadh d' an anamaibh agus cha 'ne olc. Tha doilghios air an uair a ta iad a falbh uaithe air ionaltradh. B' àil leis a bhi 'gam beathachadh, gu'm biodh an anama soirbheachadh, agus uime sin tha e 'g an gairm air an ais chum an ionaltraidh.

3. Tha a' ghairm so a' filleadh innte gu bheil e toileach gabhail riu. Tha iadsan neo-thoillteanach gu gabhadh e riu, ach an so tha iongantais gràdh an Tighearna, ann e a bhi toileach gabhail riu a rìs. Chaidh iadsan air striopachas an déigh leannain eile, ach an déigh so uile, tha a' ghairm so pillibh a cumail a mach gu bheil àite 'na chridhe dhaibh fathast, gu gabh e riu le tlachd, pillibh a chlann chul-sleamhnach, oir tha mise posda ribh, a deir an Tighearna. An deachaidh thu air seachran, o anam an do threig thu do cheud ghràdh? An d'thug thu àite Chrìosd ann do chridhe do leannan, agus am bheil thu a tuigsinn so a nis, agus fo mhothachadh air do striopachas am bheil t-anam air a lionadh le nàire agus eagal nach gabh e ruit tuilleadh? Am bheil a chùis mar so? Cluinn, mata, ge do thoill thu ifrinn tha e toileach air gabhail riut. Pill, o anam d'a m' ionnsuidh, na biodh eagal ort. Gabhaidh mi riut, agus cha 'n e mhàin so ach leighisidh mi do chul-sleamhnaidh.

Tha gealladh luachmhòr an so anns a' ghairm.

I. Tha an gealladh so filleadh ann mòran nithe luachmhor. Ainmichidh mi da no tri dhiubh.

1. Toirt air falbh cionnta do chul-sleamhnachaidh.

Thoill thu le do pheacaidh cha 'n e a mhàin do sgiùrsadh gu geur ach d' fhagail gu h-iomlan, do chuir a dh' ifrinn maille ris na neo-chreidich, toradh do dheanadais a thoirt duit. Ach tha an Tighearn gealltainn gu maith e dhuit gach eucoir a rinn thu air, gu maith e t-uile eacartan, nach leag e peanas 'sam bith ort. O cia luachmhor an gealladh so, mathanas peacaidh. Do pheacaidh agus d' eucartan cha chuimhnich E nis mò. Cha chuir e as do leth iad.

2. Bheir e dhuit sìth maille ris féin. An uair a tha muinntir a cul-sleamhnachadh tha an Tighearna 'folach a

[TD 22]

ghnùis, a toirt air falbh a làithreachd, agus cha 'n 'eil co-chomunn aig an anam maille ris; ach ann an leigheas cul-sleamhnachaidh tha e toirt a shith, a dheadh-ghean do 'n anam.

3. A bhi toirt air falbh aobhairean a' chul-sleamhnachaidh. Tha so a leantainn làithreachd an Tighearna a bhi air aisig. Bheir e air falbh dorchadas na h-inntinn, bithidh solus spioradail air aisig do 'n anam. Bithidh aithne air glòir pearsa Chrìosd agus a chrann-cheusaidh.

4. Cumhachd agus blas a pheacaidh. Bith cruas cridhe, gràdh a pheacaidh air a thoirt air falbh, agus cridhe mothachail air a thoirt seachad, cridhe gu Dia a ghràdhachadh. Sgaoil Dia a ghràdh 's a chridhe agus bithidh Dia aig an anam.

5. An so bithidh an laigse spioradail air a tort air falbh, neart nuadh, spiorad ùrnuigh agus tagraidh air a thoirt seachad, agus leanaidh dòchas beò na beatha maireannaich. O cia luachmhor na nithe tha 's a ghealladh. Agus tha e fìor, coimhlionaidh Dia so do t-anam an diugh ma dh' éisdeas tu ris, oir is e an Amen, an Fhianais fhirinneach agus dhìleas.

1. Feudaidh sinn fhaicinn olc a' pheacaidh. 'S e 'nàdur muinntir a thoirt air falbh o Dhia, an cruadhachadh, am fagail neo-mhothachail, toirt air Dia a ghnùis fholachadh.

2. Cia co-cùramach agus a dh' fheumadh pobull Dé a bhi. Bithibh ri faire agus ri ùrnuigh. Tha am peacadh na ni mealtach.

3. Rabhadh doibhsan a tha an staid a chul-sleamhnaich, agus dhoibhsan nach 'eil.

4. Misneach do chloinn a' chul-sleamhnaich, pillibh. Tha rùn air Dhia nach bitheadh sibh air falbh, maith a dheanamh dhuibh.

5. Staid thruagh na muinntir a tha do ghnàth o'n bhroinn air falbh o Dhia, nach d'fhuair Crìosd àite annaibh. AMEN.

[TD 23]

FIANUIS AN ATHAR MU THIMCHIOLL A MHIC.

MATA xvii. 5.—“Is e so mo Mhac gràdhach-sa, anns am bheil mo mhòr-thlachd; eisdibh ris.”

'S E teachd, no foilseachadh Mhic Dé anns an fheòil, teachdaireachd is luachmhoire a bha riamh air a cur an céill anns an t-saoghal so. Teachd Rìgh agus Oighre nèimh anns an fheòil, a chosnadh agus a thoirt beatha agus slàinte do pheacaich chiontach agus chailte. Agus thubhairt an t-aingeal ri buachaillean Bhetlehem, “Na biodh eagal oirbh; oir feuch a ta mi ag innseadh dhuibh deadh sgeil mhòr-aobhneis, a bhitheas do 'n uile shluagh. Oir rugadh dhuibh an diugh Slànuighear ann am baile Dhaibhidh neach as e Crìosd an Tighearn.” Bha Mac Dé air foilseachadh anns an fheòil. Esan as e 'n dara pearsa anns an Diadhachd, ghabh e cnàmh do 'ur cnamhaibh, agus feòil do 'ùr feòil-ne. “Is mor diomhaireachd na Diadhachd, Dia air foilseachadh anns an fheòil.” Ach an uair a thàinig Mac Dé o neamh a dh' ionnsuidh an t-saoghail thug e ainm leis, “Agus bheir thu Iosa dh-ainm air, oir saoraidh 's e a phobull féin o 'm peacaibh.” Tha againn an so teistias teachdairean nèimh air Mac Dé an Tighearn a bhi air foilseachadh anns an fheòil, agus air 'obair. “Agus air ball bha maille ris an aingeal cuideachd mhòr do armailtibh nèimhe a' moladh Dhé, agus ag ràdh, Glòir do Dhia anns na h-àrdaibh, agus air talamh sith, deadh-ghean do dhaoinibh.”

Obair air son an d' thàinig e: Chum a phobull féin a shaoradh o 'm peacaibh. Chum glòir a thabhairt do Dhia anns na h-àrdaibh, air talamh sith, deadh-ghean do dhaoinibh. Ach an uair a thàinig Mac Dé a dh' ionnsuidh an t-saoghail so cha 'n e a mhàin gu do ghabh e 'ar nàdur air féin, ach mar an ceudna ar peacaidh, oir tha sinn a leughadh nach e a mhàin gu do rinneadh am focal 'na fheòil, ach mar an ceudna gu 'n do rinneadh esan do nach b'aithne peacadh na iobairt-peacaidh, seadh na mhallachadh chum gu'm biodh peacaidh (1) air an deanadh na'm fireantachd Dhé annsan, air an saoradh o na mhallachadh.

(1) <eng>Sinners.<gai>

[TD 24]

Ann am briathra an teagaisg tha againn teistias an Athar le ghuth féin o 'n ghlòir òirdheirc mu Chrìosd, is e so mo Mhac gràdhach-sa anns am bheil mo mhòr thlachd; eisdibh ris.

Tha sinne a ta a lathair an so an diugh nar peacaidh, agus do bhrìgh gur peacaich sinn, 'nar cloinn a' bhàis air an t-slighe chum na

siorruidheachd. Tha saorsa agus slàinte ar anaman a seasamh air aire agus ùmhlachd a thoirt a nis do theistean an Athar mo thimchioll a Mhic-air gabhail ris-creidsinn agus gluasad ann. Is e so mo Mhac gràdhach-sa, anns am bheil mo mhòr-thlachd, eisdibh ris. So guth tròcair a ghràidh agus na slàinte o nèamh ribhse an diugh. Feuchaibh nach dean sibh dìmeas air, nach druid sibh 'ur cluasan agus 'ur cridheachan 'na aghaidh, Eisdibh ris, agus mairidh ur anama beò.

Ann an labhairt air na briathra, bheir sinn fainear tre còmhnaidh gràis.

I. Teistean an Athar mu thimchioll Chrìosd. Is e so mo Mhac gràdhach-sa anns am bheil mo mhòr-thlachd.

II. Cinnteachd, no firinn an teisteis so.

III. Dleasnas nan uile fòdh 'n t-soisgeil, da 'm bheil an teistean so air a chur an céill, ùmhlachd a thoirt do 'n Mhac, gabhail ris mar an Tighearna agus an Slànuighear air teistean an Athar, eisdibh ris.

I. A reir an òrduigh so tha sinn ri bhi tabhairt fainear cuid do na nithe àraidh ann an teistean an Athar—"Is e so mo Mhac," etc. Bheir sibh fainear se Iosa o Nasaret, esan a bha air a bhreith am Betlehem, agus a chuir a mhathair Muire 'na luidhe sa phrasaich, esan a bha dol mu'n cuairt ann an tìr Iudea an uair a bha Cæsar Augustus 'na iompaire 's an Roimh agus Pontius Pilat na uachdaran an Iudea, a teagasg agus aig oibreachadh miorbhuilean cumhachdach, Esan a bhrath Iudas, a dhìt Pilat, agus a bha air a cheusadh air sliabh Chalvari, da 'm bheil Jehovah a toirt an teisteis so o ghlòir òirdheirc—"Is e so mo Mhac gràdhach-sa anns am bheil," etc.

1. Is e Iosa o Nasaret mata Mac gràdhach an Athar anns am bheil a mhòr-thlachd, agus a ta e ag aithneadh do dhaoinibh éisdeachd ris. Is e so mo Mhac gràdhach-sa.

[TD 25]

Anns an Scriobtuir tha ainglibh agus naoimh air an gairm 'nam Mic Dé, clann Dé, ach cha 'n 'eil an Tighearn a' toirt a leithid so do theistean da'n taoibh. Uime sin se Crìosd Mac Dé air dòigh àraichte, an seadh nach iad ainglean, no naoimh. 'S e Crìosd Mac sìorruidh agus gràdhach an Athar, agus is esan a mhàin a Mhac sìorruidh gràdhach anns am bheil a mhòr-thlachd. Is e Mac sìorruidh an Athar a ta co-ionnan ris 'na uile bhuaidhaibh, neo-chrìochnach agus glòrmhor; oir anns an toiseach, o bhith-bhuantachd bha e maille ri Dia, agus b'e Dia, mar so b'e aon-ghin Mic an Athar an sealbh iomlan air a nàdur, air a bhuaidhaibh agus air a ghlòir. Anns a tha aon gràidh an Athar anns am bheil a mhòr-thlachd, a thlachd, a ghràdh neo-chrìochnach. Anns an teistean so tha an t-Athair 'ga fhoillseachadh agus ga chumail a mach an sealbh air uile bhuaidhaibh na Diadhachd, co-ionnan ris an Athair, agus ris an Spiorad naomha, cuspar gràdh sìorruidh agus neo-chrìochnach an Athar, aon-taghta anns am bheil

tlachd aig 'anam.

2. Tha an teisteachas so a filleadh ann gràdh agus mòr-thlachd an Athar ann 'na Mhac mar Eadar-Mheadhonair.

Air son na h-oibre so, gu bhi na Eadar-mheadhonar, 'na fhear-saoraidh pheacach bha e air a shònrachadh agus air a chur air leth o bhith-bhuantachd. A thaobh an nì so, a deir an t-Athair, leag mise a's chuir mi cuideachadh air neach cumhachdach. O 'n àm anns an robh an t-Athair a gabhail tlachd, toilinntinn anns a' Mhac, agus a bha am Mac a deanadh gairdeachais na fhianuis, chuireadh suas E mar Fhear-saoraidh, agus bha e deanadh gairdeachais an sin anns a' chuid a dh' àitichear do 'n talamh, agus a thlachd maille ri clann nan daoine. Bha an t-Athair a gabhail mòr-thlachd ann o shiorruidheachd mar air a chur air leth air son na h-oibre so, mar an neach a shònruidh e féin, agus air an do leag e cuideachadh a shluaigh taghta uile, cuspairean a ghràidh bith-bhuan. Ach an coimhlionadh na h-aimsir thàinig e anns an fhèoil, ghabh e nàdur an duine an aonadh pearsanta ris féin, Dia-duine agus Fear-saoraidh, an aon phearsa. Anns a chliù so 'se Mac gràdhach an Athar e anns an robh a mhòr-thlachd. Bha e féin agus an obair a thàinig e gu choimhlionadh gràdhach, ionmhuinneach do'n Athair. Si obair an Athar a thàinig e gu dheanamh. Thàinig e a

[TD 26]

rèir rùn agus toil an Athar agus chum obair an Athar a dheanamh, Feuch a ta mi a teachd a dheanamh do thoil, o Dhé; Dh' earb an t-Athair cuspairean a ghràidh bith bhuan agus a ghlòir nan teanadh ris-san, agus bha e na phearsa a nis an Dia-duine, agus 'na obair gràdhach, agus ro-thlachd-mhor leis an Athair. Feuch mo sheirbhiseach a chumas mi suas, m' aon-taghta anns am bheil tlachd aig m' anam. An fhianuis thug e dha aig a theachd a steach do'n t-saoghal, Deanadh uile aingil Dé aoradh dha, agus a rìs aig a bhaisteadh dh' fhosgladh nèamh, agus thàinig an Spiorad Naomh a nuas air an coslas corpora mar cholman, agus guth an Athar o neamh aig radh, Is tusa mo Mhac gràdhach anns am bheil mo mhòr-thlachd. Mar so b'e Mac gràdhach an Athar e anns an robh, agus am bheil a mhòr-thlachd, na phearsa agus na obair.

3. Cha 'n e a mhàin gu robh e gradhach do 'n Athair, agus mòr-thlachd aige na phearsa agus 's an obair a ghabh e o 's làimh, ach mar an ceudna anns an dòigh anns an do choimhlion e an obair. Co luadh agus a thàinig e anns an fhèoil, a bha e air a dheanamh o mhnaoi, bha e air a dheanamh fodh 'n lagh agus thoisich e air coimhlionadh na h-oibre, agus bha e do ghnàth a deanadh nan nithe a b'a taitneach leis an Athair. Bhunaich e 'na ghràdh, na naomhachd, na ùmhlachd do'n Athair, agus eud naomh loisgte (1) an còmhnuidh air altair a chridhe air son glòir Athar, agus teanadh cuspairean a ghràidh. Bha phearsa air son na h-oibre air-son an d' thàinig e gràdhach leis an Athair, agus bha an dòigh anns an do choimhlion e an obair ro thaitneach do 'n Athair. Bha ùmhlachd do 'n lagh, a ghràdh do Dhia, agus do dhuine. Bha an dòigh anns an do ghiùlain e

masladh agus bròn agus àmhghar taitneach leis. Bha naomhachd toilichte le fhìor-ghlaine, agus le fhìreantachd, agus fhuath do aingidheachd; firinn toilichte le threibhdhireas, le choimhlionadh air uile gheallaidh agus firinn Dhia; ceartas toilichte, làn diolta, le' fhulangais air son an eas-onair a thug, agus an eucoir a rinn am peacadh air Dia. Bha an t-Athair a' gabhail mòr-thlachd ann, agus 'g a ghràdhachadh gu mòr mar Shlànuighear; mar Shlànuighear uile fhoghainteach, gu glòir a thoirt do Dhia anns na h-àrdaibh, air talamh sìth,

(1) 'lòsgadh.

[TD 27]

slàinte, deadh-ghean Dhia do dhaoine. Feuch guth o nèamh ag radh—"Is e so mo Mhac gradhach-sa anns am bheil mo mhòr-thlachd."

II. Ughdarras agus fìrinn an teisteis so thaobh Chrìosd air e a bhi 'na Shlànuighear iomlan, uile fhoghainteach tre fhulangais.

'S e so teisteanas Jehovah, esan aig am bheil a bhith ann féin, agus uaithe féin, o bhith-bhuantachd gu bith-bhuantachd, neo-chrìochnach na uile bhuaidhaibh. Tha e fìor 's e teisteanas Mharc an soisgeulach a ta againn an so. Tha Mata agus Lucas a toirt an teisteis cheudna, an so tha trì a toirt fianuis gu 'n d' thug an t-Athair an teisteanas so do 'n Mhac, agus a beul dithis no triuir do fhianuisibh tha gach focal seasamh. Ach b' e na fianuisean daoine naomha Dhé a labhair mar threòraicheadh iad leis an Spiorad Naomh. Tha so a dearbhadh gu 'm bheil an teisteanas so fìor, gu 'n dubhairt an t-Athair na briathra: Is e so mo Mhac gradhach anns am bheil mo mhòr-thlachd.

1. Tha ùghdarras agus fìrinn an teisteis so cinnteach do bhrìgh an neach a chuir e an céill.

Is e so teisteanas Jehovah o nèamh, agus a ta Jehovah uile leirsineach, uile fhiosrach. Is aithne do Dhia na h-uile nithe o bhith-bhuantachd gu bith-bhuantachd, oir a ta e iomlan, neo-chrìochnach an eòlas. Bha eòlas iomlan aige air Chrìosd a Mhac, na phearsa, Dia duine, air an obair a thug e da r' a dheanamh agus air an dòigh anns an robh am Mac air a chleachdadh anns an obair. Na 'm biodh ni sam bith clì, no dh' easbhuidh am pearsa, no an obair Chrìosd mar sheirbhiseach an Athar no Slànuighear pheacach, chitheadh agus chomharraicheadh sùile uile léirsineach Dhia e, ach cha d' fhuair sùil uile léirsineach Dhia easbhuidh sam bith ann, ach gach ni 'na phearsa agus 'na obair ionmhuineach tlachdmhor. Bha seirbhisich dhìleis eile aig Dia 'na thigh, Abraham agus Maois, Ioshua, Daibhidh agus na fàidhibh, nan seirbhisich fhìreanach an tigh Dhia, agus bha iad gràdhach do Dhia mar a chlann agus a sheirbhisich dhìleis, ach cha robh iad iomlan, chunnaic Dia easbhuidheachd annt, an smalan agus an lochdan, ach an Chrìosd a Mhac cha 'n fhac e lochd no smal. Bha e gu léir, na phearsa agus na obair gràdhach, iomlan gràdhach agus tlachdmhor. Bu

[TD 28]

léir da mar an ceudna cionnas a bhiodh Criosd air a chleachdadh anns 'na bha roimhidh da obair. An uair a thigeadh uair na deuchainn agus an àmhghair, an uair a chuireadh Pontius Pilat, Herod, na h-àrd shagartaibh agus pobull nan Iudach, agus cumhachdan ifrinn an comhairle r' a chéile an aghaidh Chrìosd, cionnas a bhiodh e air a chleachdadh. An uair a chuireadh an t-Athair féin cupan an àmhghair 'na làimh b' aithne dha cionnas a rachadh Criosd ro 'n obair, gu deanadh e toil an Athar.

2. Tha an teisteachas so fìor agus cinnteach do bhrìgh gu'n e Breitheamh cothromach na cruitheachd e.

'S e Dia breitheamh nan uile, agus feudaidh sinn beachdachadh air Dia mar bhreitheamh 'na shuidhe air Criosd agus air obair agus a' toirt na breith so o' ghlòir òirdheirce, "Is e so mo Mhac gradhach-sa anns am bheil mo mhòr-thlachd." Breitheamh uile léirsinneach agus cothromach na talamhainn, a' gabhail seallaidh do 'n pheacadh, da olc 'na aghaidh féin, an aghaidh onair agus aghlòir, a gabhail seallaidh do gach ni a bha a lagh g' iarraidh agus ceartas ag agairt na h-aghaidh; a gabhail seallaidh da toillteanas a' pheacaidh agus da bhuadhaibh glòirmhor neo-chrìochnach féin; an sin a' gabhail seallaidh da Mhac-Dia duine-mar urras pheacach, da phearsa, da naomhachd, da ùmhlachd, da fhulangais, agus da bhàs an àite pheacach, agus a' toirt na breith so, "Is e so mo Mhac gràdhach anns am bheil mo mhòr-thlachd Cha robh mi toilichte le iobairtibh agus tabhartais fodh 'n lagh, le fuil agus sail thairbh, uain agus ghaibhrean. Cha robh tlachd sam bith agam annta so uile ach mar bha iad nan samhladh air mo Mhac gràdhach, an t-Uan a dh' ulmhaich mi air mo shon féin. Ach leis-san tha mi làn toilichte. Annsan tha mo mhòr-thlachd. Annsan, agus leis-san tha mi air mo ghlòrachadh, mo cheartas air a làn-riarachadh, mo naomhachd, agus m' fhéirg an aghaidh a' pheacaidh air am foilseachadh, am peacadh air a pheanasachadh, agus slàinte iomlan agus siorruidh air a toirt a steach, agus air a deanadh cinnteach do chuspairean mo ghràidh bith-bhuan. Leis-san agus annsan tha mi làn-toilichte, a' gabhail mòr-thlachd ann mar Shlànuighear, mar Fhear-saoraidh, "Is e so mo Mhac gradhach-sa," etc. So breith Dhia o ghlòir òirdheirc, etc.

[TD 29]

3. Tha teisteachas a' Bhreitheamh so fìor agus cinnteach, do bhrìgh gar fìrinn e féin. 'S e Dia na fìrinn, cha 'n 'eil eucoir maille ris. Tha e fuathachadh eucoir, a gràdhachadh fìrinn agus ceartais, cha dean e eucoir air féin no air a chreutairean. Se Dia na fìrinn agus a bhreitheanais. Tha e fìor da lagh, da bhagairibh, da onair, agus da ghlòir ainm agus a nàduir féin. Agus se so a bhreith a ta Breitheamh fìrinneach, cothromach na cruitheachd a toirt o nèamh air Criosd an obair na saorsa. "Is e so mo Mhac gradhachsa anns am bheil mo mhòr-thlachd."

Fa 'dheoidh feudaidh sinn a thabhairt fainear gu bheil an teisteanas so fìor agus cinnteach. Gu bheil an t-Athair làn toilichte le Crìosd 'na phearsa agus 'na obair mar Shlànuighear do bhrìgh gu'n e coimhlionadh geallaidh fàidh a ta ann ma thimchioll. Bha Crìosd air fhoillseachadh le Dia, agus air a ghealltuinn mar Shlànuighear fada mu'n d' thàinig e a dh' ionnsuidh an t-saoghail. Bha e air fhoillseachadh, agus air a thabhairt an gealladh an gàradh Eden, sliochd na nàmh a bha gu ceann na nathrach a bhruthadh. A rìs le Maois, togaidh an Tighearn do Dhia suas fàidh dhuit o d' mheadhon féin o d' bhràithribh cosmhuil riumsa. Le Daibhidh, gidheadh dh' ung mise mo rìgh air Zion. Thubhairt an Tighearn rium, Is tu mo mhac-sa, an diugh ghin mi thu.

Feuch, a deir an Tighearn mu thimchioll Chrìosd leis an fhàidh Isaiah. Feuch m' òglach a chumas mi suas, m' aon-taghta anns am bheil tlachd aig m' anam. Uime sin 'se an teisteanas, Dia an t-Athair a bhi làn toilichte le pearsa agus obair Chrìosd mar Shlànuighear coimhlionadh air foillseachadh agus gealladh Dhia ni a ta dearbhadh ùghdarras agus firinn an teisteis. Mar a ta aiseirigh Chrìosd o na marbhaibh agus àrdachadh gu deas-làimh an Athar, agus gach cumhachd air neamh, & c. Is leòir na nithe so chum dearbhadh ùghdarras agus firinn an teisteis.

Tha so ga'r toirt gus an treas ni:—Dleasnas gach neach a chluinneas, no 'leughas teisteanas an Athar, eisdeachd ris, gabhail ris, mar an Slànuighear agus an Tighearn.

'S ann air son na crìche so gu h-àraidh a bha an teisteanas so air a thoirt da o neamh gu'm biodh peacaich a sealtuinn d'a ionnsuidh agus a' creidsinn ann. Cha robh feum sam

[TD 30]

bith aig an Athair air a shon féin air an teisteanas so a thoirt o nèamh, mu thimchioll a Mhic, oir bha fhios aige gu'n robh Crìosd ghnàtha deanadh a thoil, taitneach, ro thlachdmhor leis. Cha mhò a bha feum aig Crìosd air an teisteanas so o nèamh da thaobh féin, oir bha e làn fhiosrach do ghnàth air gràdh an Athar da, mar a deir e féin aig àm eile an uair a thàinig guth o nèamh a toirt fianuis da. Fhreagair Iosa agus thubhairt e, cha 'n ann air mo shonsa a thàinig an guth so, ach air bhur sonsa, air son math dhaoine, air son gu 'n creideadh iad gum b'e Mac Dhe, agus Slànuighear an t-saoghail. Anns an teisteanas so tha an t-Athair a foillseachadh do dhaoineibh gu bheil e làn-toilichte le Mhac mar Shlànuighear, agus ga chumail so a mach doibh chum gun éisd iad ris, gu'm biodh iadsan toilichte leis, a creidsinn ann. Tha co-chur slàinte Chrìosd ri anamaibh agus coguisibh pheacach, co feumail chum daoine a shaoradh o chumhachd a' pheacaidh, agus o mhallachadh an lagha, agus a bha teachd Chrìosd, ùmhlachd agus a bhàs chum slàinte ullmhachadh. Ach tha slàinte Chrìosd air a co-chur ri peacaich a mhàin le éisdeachd ris, creidsinn ann. Is an tre éisdeachd a thig creideamh, etc. Da ionnsuidh-san bha na h-iobairtean uile fodh 'n lagh a treòrachadh

pheacach. Dasan thug Maois agus na fàidhean uile fianuis, gu'm faigh gach neach a chreideas ann maitheanas nam peacadh trid ainm-san, agus da ionnsuidh-san, o gach iobairt agus fàidh tha an t-Athair a t-ionndadh pheacach air son teagaisg agus slàinte—"Is e so mo Mhac gràdhachsa, anns am bheil mo mhòr-thlachd éisdibh ris.

Tha gach ni air a thoirt do Chrìosd mar Eadar-mheadhonair leis an Athair, agus cha 'n aithne do neach sam bith an t-Athair ach do'n Mhac, agus esan da 'n dean am Mac 'fhoillseachadh. Thoilich e an t-Athair gu còmhnuichidh gach iomlanachd annsan. Tha gach solus Spioradail annsan, Grian na fireantachd. Is esan a ta soillseachadh gach duine a ta teachd chum an t-saoghail. Is e so mo Mhac gradhachsa, etc.

1. Tha an dleasnas so filleadh ann aire a thoirt do ghuth Chrìosd, do theagasg Chrìosd.

Tha daoine gu nadurra, aineolach air Dia agus nithe Dhia. Tha iad air am breith mar loth asail fhiadhaich,

[TD 31]

agus air falbh o Dhia, o eòlas agus o sheirbheis, mar asail fhiadhaich air na beanntaibh. Ach tha Chrìosd a deanadh slighe chum an inntinnibh dorcha le fhuil mar fhàidh na h-eaglais, agus a cosnadh an aire dha féin, da theagasg. Tha anama dhaoine adhlaitte an dorchadas agus an sgàil a bhàis, agus anns an dorchadas so tha an aire gu h-iomlan air falbh o Dhia, o Chrìosd agus o bheatha spioradail. Se dleasnas pheacach éisdeachd ma ta ri guth Chrìosd 'na fhocal, an aire a thoirt le cùram do na nithe a ta esan a cur an céill, teachd da ionnsuidh an diugh le'n dorchadas, le'n aineolas air son solus na beatha. Teachd le Muire, agus suidhe aig casan Chrìosd a dh' éisdeachd r'a theagasg, a dh' fhoghlum uaithe. Oir is esan a ta air a dheanamh le Dia 'na ghliocas da phobull uile: Eisidibh ris. Thigibh d'a ionnsuidh mar fhàidh Dhia air son peacaidh (1) a theagasg. Tha e comasach air 'ur teagasg, toil Dhia fhoillseachadh dhuibh, air 'ur cridheachan fhosgladh chum na Sgriobtuirean a thuigsinn. Eisidibh ris, gabhaibh ris mar 'ur fear-teagaisg an diugh. Is diomhain gach fear teagaisg eile as eugmhais Chrìosd. Is esan, agus esan a mhàin a ta comasach air 'ur anama dorcha a shoillseachadh le solus na beatha, eòlas na beatha maireannach a thoirt duibh. Deanaibh mar rinn Bartimeus an dall air taobh na slighe, dh' eigh e na dheigh, a Thighearna Mhic Dhaibhidh, dean tràcair orm. Eighibhse an diugh ri Mac gràdhach Dhia, ri àrd-fhàidh na h-Eaglais, gu'n ungradh e sibh le shàbh-shùl chum gu'm bu léir duibh, gu saoradh e sibh o dhorchadas agus o sgàil a' bhàis.

2. Tha 'n dleasnas so, éisdeachd ris, a filleadh ann gabhail ris, creidsinn ann mar Mhac Dé, an Slànuighear leis am bheil an t-Athair lan-toilichte.

Cha 'n e a mhàin gu bheil daoine aineolach air Dia, agus nithe Dhé, ach tha an cridheachan dùinte 'na aghaidh, dùinte le cruas, le

fuath, agus nàmh-dais. Agus air son am peacaidh, am fuath do Dhia tha iadsan dùinte a mach o Dhia, o fhabhar agus a dheadh-ghean, fodh bhreitheanas an dìtidh, ach tha an t-Athair làn-toilichte le Mac a ghràidh, le phearsa agus obair mar Shlànuighear. Tha e ga fhoillseachadh, ga thairgse dhuibh mar Shlànuighear chum gabhail ris, éisdibh ris. Tha esan toilichte leis, tha an lagh toilichte,

(1) <eng>sinners.<gai>

[TD 32]

urramuichte annsan; tha ceartas toilichte, riarraichte annsan; tha buaidhean Jehovah riarraichte annsan. Tha mise, a deir an t-Athair, làn-toilichte leis, mo mhòr-thlachd ann, bi thusa, a pheacaidh, toilichte leis, éisd ris, gabh ris, creid ann. Cha bhi mise toilichte leat-sa, cha ghabh mise tlachd annad-sa a mach as mo Mhac gràdhach. Cha choinnich mise thusa an tròcair a mach as mo Mhac gràdhach. Ach éisd ris-san. Gabh ris-san mar do Shlànuighear, agus bithidh mise toilichte leat-sa annsan. Gabhaidh mise tlachd annad-sa annsan. Coinnichidh mise thusa an tròcair annsan, agus gabhaidh mi tlachd annad. Annsan anns am bheil mo mhòr-thlachd, bithidh mi co toilichte leat-sa, agus gu 'n toir mi dhuit maitheanas a t-uile pheacaidh; gu 'n gabh mi thu a dh' ionnsuidh mo theaghlach uchdmhachdaite féin; gu'n toir mi àite agus cuibhrinn leinibh dhuit. Gràs an so agus glòir an déigh so. Eisdibh ris, gabhaibh ris an diugh air teisteachas, air ughdarras nam flaitheas.

3. Tha na briathra so, "éisdibh ris" a filleadh, cha 'n e a mhàin gabhail ris mar Shlànuighear, creidsinn ann, ach mar an ceudna gluasad ann, a leantuinn mar cheann-iùil.

Is Crìosd Ceannard, Caiptin slàinte a phobuill, mar a se an Slànuighear, am Fear-Saoraidh.

Feumaidh saighdearan a bhi ùmhal da 'n ceannard, éisdeachd r' a ghuth, fantuinn dlùth agus dileas fodh a bhrataich. Mar so feumaidh saighdearan Chrìosd, iadsan a ghabh ris mar an Slànuighear a bhi ùmhal da, éisdeachd r' a ghuth, fantuinn fogh bhrataich, a chrann-ceusaidh, cumail dlùth agus dileas d' an ceannard, a bheatha a chaitheas iad 's an fheadhail, a chaitheadh na beatha chreididh airsan, dol suas troimh 'n fhàsach an taice ris mar am fàidh gu 'n teagasg, mar an sagairt gu 'n saoradh, an ceann-iùil gu 'n treòrachadh, agus an rìgh gu 'n rioghlachadh, agus an dìon o 'n nàimhdibh. Agus feuch guth as an neul ag ràdh, "Is e so mo Mhac gràdhach-sa, anns am bheil mo mhòr-thlachd, éisdibh ris."

Co-dhùnadh.

1. A' chrìoch air son an tàinig Mac Dé a dh' ionnsuidh an t-saoghail so, agus an d' thug se e féin seachad gu maslachd, agus amhghar, agus bàs fhulang. 'Si chrìoch air son

[TD 33]

an d' thàinig Mac Dé, gu obair an Athar a choimhlionadh mar a sheirbhiseach agus Slànuighear a phobuill. Air a shon so ghabh e nàdur an duine, air a shon so dh' fhulaing e am bàs. Feuch a ta mi teachd a dheanamh do thoil, o Dhe.

2. Gu bheil Criosd na Shlànuighear iomlan. Tha e na Shlànuighear freagarrach airson staid pheacach. Tha Dia toilichte, làn-toilichte leis, se so a theisteanas, a bhreith—"Is e so mo Mhac gràdhach-sa, etc."

3. Bu chòir do pheacaich a nis éisdeachd ri guth Dhia. Gabhail ris an t-Slànuighear iomlan, ghlòrmhor so. Air a shon so tha e air fhoillseachadh, air a thairgse le Dia.

4. Staid bheannaichte agus thearuinte pobull Dé, iadsan a ta ann an Criosd le beó-chreidimh. Tha Dia toilichte leibhse air sgàth a Mhic. Is toil leis àn Rìgh urram a chuir oirbh air sgàth a Mhic ghràdhaich féin. Thug e cheanna dhuibh air sgàth a Mhic ghràdhaich àite mic agus nigheana na theaghlach uchdmhacaichte an so, agus bheir e fa' dheoidh àite am measg a theaghlach rioghail air nèamh. Air sgàth a Mhic treòrachaidh e sibh am feadh a bhios am peacadh agus am bròin ann, le chomhairle agus fa' dheoidh gabhaidh e sibh da aros glòrmhor féin.

5. Truaighe nan uile nach éisd ri Criosd, nach gabh ris mar Shlànuighear air teisteanas an Athar.

Tha sibhse neo-thoilichte leis-san leis am bheil an t-Athair làn-toilichte. Tha sibhse a deanadh dìmeas air-san, anns am bheil mòr-thlachd an Athar. Tha sibhse a' cur cùl ris-san a chuir an t-Athair a dh' ionnsuidh an t-saoghail, agus a sheòlaich e gu bhì 'na Shlànuighear, agus anns am bheil e a nis làn-toilichte. Air a shon so tha Dia neo-thoilichte leibhse an diugh. Air a shon so tha Dia ag amharc oirbh an diugh mar nàimhdean Mac a ghràidh, a nàimhdean féin, a naomhachd, a ghlòir. Ag amharc oirbh mar chàirdean a pheacaidh, an ni gràineal da'm bheil fuath aig anam; agus mar chàirdean an diabhair, nàmhaid a ghlòir. Cha choinnich Dia an tròcair ruibh a mach a Criosd. Cha ghabh e tlachd annaibh a mach a Criosd. Ach coinnichidh e sibh, ma bhuannaicheas sibh, a' cur cùl r'a Mhac, an corruich. Bheir e fuath iomlan agus sìorruidh duibh.

[TD 34]

Smuaintibh air a so a nis, éisdibh r'a ghuth, pògaibh am Mac. Feuch a deir Dia ribh an diugh, mo Mhac gràdhach-sa anns am bheil mo mhòr-thlachd, éisdibh ris.

1. Tha iadsan neo-iomchuidh a ta beò anns a pheacadh, luchd-briseadh là na Sàbaid, misgeirean, luchd neo-ghlaine, daoine sanntach, breagairean, etc.

Tha an comharra gu soilleir air clar, etc.

2. Iadsan nach 'eil air an cleachdadh, agus a' feitheamh air meadhonaibh nan gràs, shuidhich Dia 'na meadhonaibh. Tha e 'g àithneadh do dhaoine bhi feitheamh orra.

3. Iadsan a ta marbh neo-chùramach anns na meadhonaibh, etc.

4. Iadsan nach robh am peacaidh agus an truaighe air an dearbhadh orra, agus an neo-chomas féin.

5. Iadsan uile a ta as eugmhais trusgan na bainse.

1. Iadsan a ta bochd an Spiorad, a ta meas suarach aca orra féin, meas mòr air gràs Dé, a' chàil an toil agus an toilinntinn ann an nithe aimsireil.

2. Iadsan da 'm bheil Criosd luachmhor.

3. Iadsan da 'm bheil naomhachd luachmhor, agus a ta leantuinn, etc.

4. Iadsan uile a ta steigheachadh air Criosd mar Shlànuighear, etc.

[TD 35]

BEANNACHADH NA DREAM GHEIBH MAITHEANAS DHE.

SALM xxxii. 1.—“Is beannaichte esan d' an do mhaitheadh 'easaontas, d' am bheil a pheacadh air 'fholachadh. Is beannaichte an duine nach cuir an Tighearn' euceart as a leth.”

THA gach neach do chlann nan daoine an déigh sonais, agus ciod 's a bith, eadar-dhealachadh a dh' fheudadh a bhith am buaidhibh an inntinnean chum luachmhorachd, no maise fhaicinn an cuspairibh, tha iad uile aig iarraidh an déigh ni éiginn o bheil dòchas aca, agus o bheil iad a gealltuinn doibh féin sonas. Ach an creutair truagh an duine, o na chaidh e air seachran o Dhia, tobar na beatha, agus gach fìor shonas, tha shùile air an cur as, agus cha n' aithne dha cionnas a ghabhas e aon a cheum chum fìor-shonas; tha e co dall ri clach a thaoibh nithean spioradail. Rannsuich a chridhe, amhairc co dluth agus co geur agus as comasach dhuit ann, cha 'n fhaigh thu ann na chridhe h-urrad do mhaitheas air fhàgail leis a' pheacadh agus a dh' fhìreanaicheas aon smuain mhaith—a dh' ionnsuidh Dhia tobar na beatha agus an t-sonais. Tha e air seachran o Dhia tre an aineolas a ta ann, aineolach air nàdur fìor shonais, ciod anns am bheil e co-sheasamh, no cionnas a ruigear air. Ach tha an neach a sgrìobh an t-salm so fodh fhoillseachadh agus teagasg an Spioraid, agus cleachdadh creidimh a deanadh aithnichte dhuinn c'àite am bheil fìor shonas r' a fhaotainn, ciod anns a bheil e co-sheasamh, agus cionnas a ruigear air; is beannaichte an duine sin a fhuair 'na pheacaidh mathanas, da'm bheil a pheacaidh air fholach, agus nach cuir an

Tighearn euceart as a leth.

Cha 'n 'eil aon neach do chlann nan daoine sona am feadh a ta e as eugmhais a bheannachd so, ciod 's a bith a dh' fheudadh e bhi sealbhachadh, ciod 's a bith a staid agus inbhe 's an t-saoghal, agus ciod 's a bith an sonas a shaoladh e a bhi aige, ma na bheil e 'n sealbh air a bheannachadh so, mathanas peacaidh. Tha 'aoibhneas agus a shonas uile na an tonasg cosmhuil ri fuaim droighinn fuidh na phoit; cha chomasach iad a chumail mominte o 'n bhàs, no an tomhas as lugha do chomhfhurtachd a thoirt da 'nuair a theid e an làithir Dhia no aig là mòr a' bhreitheanais.

[TD 36]

Tha mòran do luchd-aideachaidh a' chreidimh Chriosduidh agus sin do na mhuinntir a bhitheas a' dol an déigh mheadhonan, toilichte leis an tomhas a ruig iad air do eòlas, do dhiadhachd, as eugmhais ruigheachd air a bheannachadh so, as eugmhais ruigheachd air an t-shìth agus a cho-chomunn maille ri Dhia a tha 'ga leantuinn. Tha iad a caidreadh nan cridheachaibh smuaintean eutrom mo thimchioll a' bheannachaidh so, agus a saolsinn gu feud iad a bhi nan Criosduidhean treibhdhìreach, agus math na's leòir ged nach toir iad mòr thrioblaid doibh féin ma thimchioll, agus a smuainteachadh nach fhiù e air mòran da'n cùram no d'an tiom. Se so caithe beatha a tha cleachduinnean iomadh neach a tha 'g aideachadh diadhachd ga nochdadh gach aon latha, agus cha 'n ann amhàin air laithean seachduin agus na cleachduinnean laghal ri aon a chèile, ach mar an ceudna air sàbaidean, agus aig na h-òrduighean as sòlumainte. Ach mo bhràithrean, tha mathanas peacaidh na bheannachd co luachmhor, agus co fad as a bhitheas daoine as eugmhais, nach comasach dhoibh a bhi aon mhoiminte tearuinte, no sona, ciod sa bith a bhitheas iad 'ga shealbhachadh, agus ciod sa bith áite an d' theid iad an cruthachadh Dhia. Ach nach feud cuid agaibh a' radh ruinn, ma tha mathanas peacaidh na bheannachadh co mòr agus a ta thu a cur an céill, na bheannachadh co luachmhor, agus nach comasach do neach sa bith a bhi tearruinte no sona as eugmhais, ciod an t-aobhar, gu bheil daoine sa choitchinn a' cur co beag meas air gu bheil beagan, ro bheagan a toirt saothair, no dragh dhoibh fein mu thimchioll? Freagram, do bhrìgh nach 'eil iad a tuigsinn am feum air, nach robh iad air an soillseachadh an eòlas air Dia 'na naomhachd, 'na cheartas agus 'na chumhachd agus air an staid pheacach chiontach fein na fhianuis air son sìorruidheachd. Do bhrìgh gu do dhall Dia an t-saoghail so an inntinn, oir is e mathanas peacaidh aon do na beannachdan luachmhor a ta air fhoillseachadh agus air a thairgse le Dia 'san t-soisgeul, seadh so an ceud bheannachadh agus as eugmhais nach comasach do neach a bhi 'n sealbh air beannachadh slàinteil air bith eile, agus a deir an t-abstol, ma tha ar soisgeil-ne air fholach 's an uathsa ta air an call a ta e air fholach, aig an do dhall Dia an t-saoghail so an inntinne air eagal gu 'n dealruicheadh soisgeul glòr-mhor Chriosd

[TD 37]

orra, neach is e iomhaigh Dé agus gu biodh iad air an slànuchadh. Cha 'n iarr neach an déigh, agus cha chuir e fìor mheas air a bheannachadh so gus a bheil e air a shoillseachadh ann an eòlas air Dia, gus am faigh e eòlas air ceartas agus naomhachd Dhia, agus air a dhaimh dha mar chreutair peacach ciontach a loiteas agus a leonas a chridhe. Uaithe so tha daoine a tha aineolach air bith agus buadhaibh Dhia, agus air an staid féin mar pheacaidh (1) aig fois 'sa pheacadh, agus am foirm, as eugmhais a bheannachd so, ged a tha iad fuidh mhallachadh Dhia. 'Nuair tha neach a bha air a shoillseachadh ann an eòlas fìor agus ceart air Dia, agus leis an eòlas so air a thoirt gu eòlas ceart air a pheacaidh, a chiont, agus a thruaighe féin, ag eigheach a mach. "Is beannaichte an duine sin a fhuair na pheacaidh mathanas, agus nach cuir an Tighearn peacadh as a leth," mar nach bith aon a bheannachd fìor as eugmhais; agus feudadh e sin, oir co fad as a tha sinn gun a bhi an sealbh air a bheannachadh so, mathanas peacaidh, tha sinn nar naimhdibh do Dhia, fuidh mhallachadh an lagha, agus 'n ar n-oighreachan air ifrinn. Am bheil neach 's a bith an so an duigh nach do thuig, nach do mhothaich, nach do chreid so? Ma tha, o dhuine, tha thu fodh mhallachadh Dhia, a d' leanabh féirge. Ma tha, o dhuine òig, tha thu a d' thràill do'n Diabhal agus do d' anamiannaibh féin. Ma tha, o òigh, tha thu gun mhaise gun sgéimh, a giùlan iomhaigh an droch spioraid. Mosgail thusa ma ta a tha ad' chadal fuidh mhallachadh Dhia, éirich o na marbhaidh agus bheir Crìosd solus duit, agus mathanas peacaidh, ma'n coidil thu cadal bith-bhuan, agus nach dùisg thu gus an dean teine fraoch féirge Dé nach gabh mùchadh am feasd do mhosgladh an ea-dòchas sìorruidh.

Ann a bhi labhairt o na briathraibh so, bheir sinn fainear:—

I. Nadur mathanais, no cìod a ta air fhilleadh ann.

II. Ughdar mathanais peacaidh.

III. Luachmhorachd a bheannachd so, "Is beannaichte an duine nach cuir an Tighearn peacadh as a leth."

An tus tha sinn gu bhith toirt fainear cìod a ta air fhilleadh am mathanas.

(1) <eng>Sinners.<gai>

[TD 38]

Tha mathanas peacaidh air a chumail a mach le trì focail an briathraibh ar teagaisg, maitheadh easantais, agus a bhi air fholach, agus gun a bhi cur peacadh as a leth.

Tha am focal maitheadh a ciallachadh a bhi giùlan air falbh. Tha falach, a bhi air an dubhadh as, agus nach seas iad an aghaidh neach, mar bha na Eiphitich air am folach 's an fhairge ruadh. Agus

gun a bhi ga cur as a leth, a ciallachadh nach seas na aghaidh an dìteadh.

A nis tha mathanas peacaidh a ciallachadh saorsa o chiont a pheacaidh, no e bhi air fhuasgladh o bhi gu laghail toilltinneach air peanas.

Tha peacadh air a chur an gnìomh anns an àm cheudna an staid nàduir, agus éifeachd an lagha air a bheil e na bhriseadh a' ceangal a pheacaidh thairis do bhàs, fodh na pheanas a tha e ga chur an céill; ach tha mathanas a deanadh a cheangal-sa fhuasgladh, agus nach 'eil an duine ciontach, no gu dligheach ceangailte fodh na pheanas. Tha Dia ann am mathanas peacaidh a togail air falbh mallachadh an lagh a bha an duine fodh, agus 'ga chur fa sgaoil o bhinn an lagh a sheas na aghaidh.

Ann a so tha Dia 'n t-Athair mar am breitheamh a dubhadh as eacairt, "Is mise, eadhon mise féin a dhubhas as d' eucairt." Tha sùil aig so ri dòigh bha air a ghnàthachadh leo 's na sean amanna.

No mar tha fiacha a ta an aghaidh duine sios an leabhar a tha am peann air a tharruing troimh agus cha seas e tuillidh an aghaidh an duine. A nis, 's a' ghnìomh so tha Dia a maitheadh peacaidh an duine am momaint g' a thilgeadh uile an doimhne na fairge fodh nach éiridh iad a chaoidh na aghaidh. Tha pheacaidh uile air am maitheadh.

2. Bheir sinn fainear an dòigh air am bheil an gnìomh so air a chleachdadh le Dia.

(1). Tha Dia a maitheadh peacaidh tre Chrìosd, tre a bhàs. Tha sùil Dhia air Chrìosd, air an obair a chrìochnaich e, an uair a ta e a maitheadh peacaidh.

(2). Tha Dia anns a' ghnìomh so a gabhail rìusan a tha am peacaidh air am maitheadh mar fhìreanan. Cha 'n e mhàin gu bheil iad air an saoradh o bhi toillteannach air peanas, a bhi fuaidh na mhallachadh, ach tha iad air an deanadh ceart, no fireanta. Anns an àm cheudna a tha am peacaidh air an dubhadh a mach, tha iad air am fìrean-

[TD 39]

achadh 's a lagh; oir 's ann air sgàth fìrean tachd Chrìosd a tha iad air am maitheadh, agus tha fìreantachd Chrìosd air am meas doibh agus tha so gan deanadh ceart am fianais Dhia, agus mar an ceudna a' toirt tìodal doibh air son néimh.

3. Air a cheann so do 'n teagasg bheir sinn fainear an dòigh air am bheil an gnìomh so air a chleachdadh le Dia. Agus an so tha Dia a maitheadh peacadh tre Chrìosd, tre 'ùmhachd agus 'fhulangais. Bha Chrìosd air a dheanadh na pheacadh, a deir an t-abstol chum as gu biodhmaidne air ar deanadh nar fìreantachd Dhé annsan. Tha Dia aig amharc air Chrìosd agus air a sgàth-san a maitheadh peacadh. Ghiùlan Chrìosd an fhéirg, dh' fhulaing e an t-àmghar a bha dligheach do na

mhuinntir a thugadh dha. A nis tha sùil aig Dia an t-Athair ann am maitheadh peacaidh ri Criosd, agus air a sgàthsan tha e maitheadh peacaidh. Ach mar a tha an t-Athair ag amharc air Criosd anns a ghnìomh so tha creidimh ann an Criosd air taoibh a pheacaidh feumail. Tha creidimh co feumail air ar taobh-ne air son mathanas peacaidh mar am meadhon, agus a tha bàs Chriosd mar an t-aobhar, "Chum gu faidh iad mathanas peacaidh tre 'n chreidimh a ta annam-sa."

Choisinn Criosd mathanas peacaidh, ach 's ann trid creidimh ann an Criosd a tha peacaidh air an cur an sealbh air. 'S e so lagh cùmhnant nan gràs. A nis 's e creidimh a bhi gabhail ri Criosd agus ri fhìreantachd.

II. Ughdar mathanas peacaidh, Dia. Is beannuichte an ti nach cuir an Tighearn peacaidh as a leth.

'S e mathanas peacaidh gnìomh Dhia, 'S e am fear-dàil dam buin fiochan a mhaitheadh, agus cha 'n e fear-fiachan. Tha am fear fiachan ceangailte leis an lagh dioladh a thoirt seachad, gidheadh cha 'n eil am fear-dàil ceangailte na fiochan iarraidh. Agus tha cumhachd ag Dia peacadh a mhaitheadh co math agus a tha aig fear-dàil na fiachan ma bhitheas e an còrdadh ri bhuadhaibh. Tha am peacadh an aghaidh buadhaibh Dhia, uime sin 's ann do Dhia a bhuineas peacaidh a mhaitheadh. 'S e gnìomh Dhia e agus ma mhaitheas, no ma dh' fireanaicheas Dia, co dhìteas. Se Dia aig am bheil cumhachd do dhìteadh; an Dia a thug seachad an lagh a tha thu fuidh

[TD 40]

a bheir 'bhinn air son a bhrisidh, a tha cur an céill mathanas peacaidh sa t-soisgeul agus a deanadh réidh ris féin.

2. Cha 'ne mhàin gu'n e gnìomh Dhé, ach se amhàin aig a bheil ceart air a bhi maitheadh peacaidh. 'S e cheart-chòir e, agus 's esan a mhàin a tha comasach air peacaidh a mhaitheadh. Se Dia air am bheil an eucoir air a deanadh, agus cha 'n 'eil ceart aig neach sa bith maitheadh an ni a bhuineas do neach eile. Tha Dia a deanadh aithnichte a ghlòir sa ni, mar ni a bhuineas da féin, agus cha roinn e glòir an onair so ri neach eile. 'S mise, mise fein a dhubhas as t-euceart. Buinidh an gnìomh so amhàin do phrionsa.

3. Is gnìomh do thròcair Dhia e. Tha e sruthadh gu h-iomlan o thròcairean Dhia. Cha 'n ann air-son math sa bith a tha anns sa mhuinntir a ta air an cur an sealbh air. Ge do tha ceangal no dàimh eadar mathanas peacaidh, agus aithreachas, agus creidimh, gidheadh cha 'n 'eil aon cheangal éifeachdach ag éiridh o nàdur nan gràsan so. Tha mathanas a teachd o chaomh thròcairean Dhia. Thabhairt eòlas na slàinte da phobull ann am mathanas am peacanna tre thròcair ro mhòr ar Dé ne. Tha mathanas peacaidh a sruthadh gu h-iomlan o thròcairean Dhia.

4. Se mathanas peacaidh gnìomh ceartais mar an ceudna. Phaigh Criosd na fiachan, agus an uair a ta Dia a maitheadh peacaidh tha e na ghnìomh ceart chum as gu bith e ceart, an uair a dh' fhìrineachas e an ti a chreideas ann an Iosa. Tha Isaiah mar an ceudna a cuir ceartas agus trocair le chéile sa ghnìomh so, Dia ceart agus Slanuighear Isaiah xlv. 22. Agus a ris tha esan firineach agus ceart ann ar peacaidh a mhaitheadh dhuinn. Saor o dhol sìos do'n t-slochd; fhuair mise éiric.

III. Luachmhorachd a' bheannachd so.

Tha 'luachmhorachd ri fhaicinn do bhrìgh gu bheil e saoradh neach o na pheacadh agus na truaighean a tha 'ga leantainn. Tha mallachadh air a thogail do 'n anam agus e air a dheanamh ceart am fionais Dhia, agus cha tig e tuillidh fodh an dìteadh. Feudaidh an neach a tha an sealbh air a bheannachd so ioma trioblaid a bhi aige 's an t-saoghal ach tha e an staide thearuinte agus shona. Tha Dia aig na charaid, Criosd aige na Shlànauighear, agus cha tig e gu dìteadh gu bràth, ach iadsan aig nach 'eil am beannachadh

[TD 41]

so ciod 's a bith na beannachdan 'eil a bhitheas iad 'gan sealbhachadh tha iad truadh ciod 's a bith a bhitheas aca.

2. Tha e luachmhor do bhrìgh gu bheil iadsan a tha ga shealbhachadh air an toirt gu bhi sealbhachadh fabhar Dhé. Tha am peacaidh a deanadh tràill Shatan do 'n duine, ach tha mathanas peacaidh 'ga thoirt gu bhi am fabhair an Tighearna. Feudaidh neach a bhi air a chreic cosmhuil ri Ioseph gu bhi na thràill agus a bhi gràdhaichte le Dia. Ach cha chomasach duinn gu bràth a bhi gràdhaichte le Dia as eugmhais a' bheannachd so. Cha chomasach dhuinn pàirt 's a bith a bhi againn an càirdeas Dhia, no gràdh na òighreachd as eugmhais mathanais.

3. Tha iadsan a tha faotainn mathanas peacaidh air am beannachadh le co-choman ri Dia.

4. Tha mathanas a deanadh blast gach tròcair eile.

5. Tha an cùram air Criosd. Gabhaidh e cùram dhiubh 's an t-saoghal so, an trioblaid, am bàs agus feadh na siorruidheachd.

Co-dhùnadh.

O 'n teagasg so feudaidh sin staide through gach neach nach d' fhuair mathanas peacaidh fhaicinn. Tha an staid 'ga fhàgail fosgailte agus buailteach do gach truaighe 's an t-saoghal so, agus do uile phiantaibh ifrinn gu siorruidh. Am bheil neach 's a bith am éisdeachd a tha as eugmhais a bheannachd so 'ga thoileachadh féin. An duine aig am bheil beartais no ùghdarras, agus thu toilichte as eugmhais mathanas peacaidh agus sith agus co-chomunn ri Dia tha thu truagh.

Am ministir thu a dh' fheudas a bhi labhairt air mathanas peacaidh agus air co luachmhor agus a ta e, gidheadh, nach robh air do thoirt gu bhi truagh as eughmhais, tha thu fuidh mhallachadh Dhia.

An neach thu a bha aig aideachadh a bhi ad Chriosduidh aig a' bhòrd; no an neach thu aig am bheil aidmheil a bhitheas a' dol an déigh meadhonan agus tha gad thoileachadh féin as eughmhais mathanas peacaidh, tha thusa ga d' mhealladh féin.

A ris staid thearuinte na muinntir a fhuair mathanas peacaidh.

[TD 42]

CUMHACHD DITIDH EAS-CREIDIMH.

Eoin iii., 18.—“Ach an ti nach creid tha e air a dhìteadh cheana, a chionn nach do chreid e an ainm aoin-ghin Mhic Dhé.”

ANN an toiseach a chaibdil so tha againn teagasg Chriosd mu fheum ath-ghineamhain na chòmhradh ri Nicodemus, “Gu deimhin, etc.” Tha Criosd an sin aig innseadh c'ar son a ta ath-ghineamhuinn agus creidimh feumail do dhaoine, do bhrìgh nach 'eil slighe, no rathad eile do dhaoine gu saorsa fhaotainn o mhallachadh agus dhìteadh an lagh. Tha mallachadh an lagh mar na nathraichean teine teachd 's an fhàsach, oir lotadh gach peacach le lot agus gath o nach 'eil leigheas ach ann an Criosd air a thogail suas anns an t-soisgeul mar thog Maois suas an nathair 's an fhàsach. Agus cha leigheas Criosd air a thogail suas anns an t-soisgeil neach sam bith ach iadsan a ta tre chreidimh a sealltuinn d'a ionnsuidh, a' gabhail ris air son slàinte. So an ni a tha briathra an teagaisg a' cur an céill. “Ach an ti nach creid tha e air a dhìteadh cheana,” etc.

Tha an so teachdaireachd o Dhia do gach mi-chreidmheach anns a choithional so. Tha thu air do dhìteadh cheana. Smuainich, criothnuich, creid, ma bi a' bhinn air a cur an gnìomh le Dia agus nach bi tairgse do shlàinte tuilleadh air a toirt duit. Anns na briathra tha dà ni sònruichte:—

I. Am peacadh an aghaidh am bheil am bagradh-mi chreidimh.

II. Am peanas air a bhagar.

III. C'ar son a ta am peanas so gu cinnteach a leantuinn a' pheacaidh so.

I. Am peacadh an aghaidh am bheil am bagar so-mi-chreidimh, no eas-creidimh.

1. Ma bheil daoine cionntach do'n pheacadh tha e feumail gu bi Criosd, cuspar a chreidimh, air a chumail a mach agus air a thairgse daibh. Cha'n 'eil e air fhoillseach no air a thairgse mar Shlànuighear do na h-aingle a thuit, oir cha do ghabh e nàdur nan

aingeal air féin ach ghabh e sìol Abraham air. Uime sin tha iad air an comhaid an cuibhreachan a feitheamh

[TD 43]

air son breitheanais an là mhòir. Tha na cinneacha nach cual a riamh iomradh air Criosd aineolach, cionnas, a deir an t-abstoil, a chreideas iad annsan air nach cual iad iomradh; agus uime sin bith breith air a thoirt orra a réir an lagh ann nan coguisibh.

Is e eas-chreidimh peacadh daoine agus mnathan fodh an t-soisgeul d' am bheil Criosd air a shearmonachadh, air a thairgse am fìrinn, am focal an t-soisgeil, ach a ta ga chur an suarachas, a deanadh dìmeas airsan agus air a shlàinte mhòr. Iadsan a ta diùltadh gabhail ri Criosd mar an Slànuighear agus an Rìgh.

2. Leis a pheacadh-eas-creidimh-cha'n 'eil sinn ri thuigsinn truaillidheachd a' pheacaidh am pobull Dé a ta measgta le an creidimh neo-iomlan, oir a ta cuid do eas-creidimh measgta le creidimh an cridheachan na muinntir sin is naomha do phobull Dé. Esan a dh'fheudas a' ràdh, a Thighearn a ta mi creidsinn, tha aobhar gu leoir aig air son eigheach a mach le deòir, cuidich thusa le mo mhi-chreideadh. Gidheadh cha 'n 'eil so a toirt an anama fodh an dìteadh. Tha am mi-chreideadh so air a dhìteadh, ach cha 'n 'eil am pearsan air an dìteadh air a shon, "oir cha 'n 'eil dìteadh sam bith doibh-san a ta ann an Iosa Criosd. Am mi-chreidimh a ta a toirt an duine fodh dhìteadh is dìmeas air Criosd, diùltadh gabhail ris-san air cumhachan, no tairgse an t-soisgeil.

3 Tha mi-chreideamh a diùltadh gabhail ri Criosd mar Shlànuighear, mar a ta e air a thairgse le Dia anns an t-soisgeul. Tha ni éiginn aig an anam an aghaidh so. Feudaidh an duine, no a' bhean mhi-chreidmeach gabhail ri geallaidh Chriosd, ach cha ghabh iad ri pearsa Chriosd—a bhi toileach gabhail ri Criosd am pàirt no air a roinn, ach cha ghabh iad ri Criosd iomlan 'na uile dhreuchdan-gabhail ri fìreantachd Chriosd an co-pàirt r' am fìreantachd féin, ach cha ghabh iad ri Criosd mar am fìreantachd iomlan, agus mar an naomhachd-gabhail ri crùn Chriosd ach gun gabhail ri crann-ceusaidh Chriosd. Mar so tha mi-chòrdadh eadar Criosd agus mi-chreidich a thaobh cumhachan an t-soisgeil. Mar so cha chòrd Dia agus mi-chreididh a thaobh cumhachan na slàinte. Cha 'n atharraich Dia e, agus cha ghabh mi-chreididh ri Criosd air cumhachan Dhia anns an t-soisgeul, agus uime sin tha iad a' cur cùl ri Criosd. Cia

[TD 44]

deallaichte o chleachdadh nan creidmheach. Cha 'ne a mhàin gu bheil iad an là cumhachd Dhia toileach gabhail ri Criosd, ach iomlan toileach gabhail ris air cumhan Dé anns an t-soisgeul.

4. Tha mi-chreidimh gu h-iomlan as eugmhais toradh slàinteil. Tha fìor-chreidimh ag oibreachadh tre ghràdh do Dhia, ach cha 'n 'eil

aig a' mhi-chreidmheach fìor ghràdh do Dhia. Is aithne domh sibhse, a deir Criosd, ris na mi-chreidich, nach eil gràdh Dé annaibh. Cìod air bith a ta an cridhe mi-chreidmheach, tha e falamh do ghràdh Dé. Tha creidimh a glanadh cridheachan nan creidmheach, ach tha cridheachan nan mi-chreidmheach làn do thruaillteachd, do neo-ghlanas. Tha creidimh a toirt buaidh do 'n chreidmheach air an t-saoghal, ach tha an saoghal a toirt buaidh air a mhi-chreidmheach. Mar so tha mi-chreidimh a cumail am mhi-chreidmheach gu h-iomlan araon o ghnìomh agus o thoradh slàinteil a chreididh, agus a dùnadh suas an anama o bheannachdan agus shochran slàinteil a chreididh, mar a ta fìreantachd, sìth, agus co-chomunn maille ri Dia.

II. Thugamaid fainear peanas a' pheacaidh: dìteadh. 'S e dìteadh 's a choitchean binn a bhreitheamh an aghaidh an neach a ta ciontach anns am bheil am peanas a ta e gu fhulang air a chur an céill.

1. Le an dìteadh so is e peanas a' pheacaidh so-binn Dhia an aghaidh a mhi-chreidmheach binn an Dé mhòir agus uamhasaich-am Breitheamh uile-lèirsineach, uile-chumhachdach agus neo-chrìochnach, cothromach, agus ceart-an làthair am bheil an ciontach air a thoirt. Is e lagh an Dé so a ta gu dhìteadh a nis air son a pheacaidh-an làthair an Dia seasaidh e air son a bhinn leis an riaghailt so, an lagh. Smuaintich air a nis an làthair an Dia gu bhinn fhaotainn. Tha e na ni eagalach neach a bhi air a dhìteadh le breitheamh talamhaidh, ach cìod sam bith co-eagalach, brònach agus uabhara agus a ta neach a bha air a dhìteadh an làthair cùirt breitheamh talmhaidh cha 'n 'eil an so ach neo-ni an coimeas ri neach a bhi air a dhìteadh le cùirt nèimh agus na coguis-leis am bheil gach mi-chreidmheach air fheuchainn, air fhaotainn ciontach agus air a dhìteadh. Co am mi-chreidmheach a ta comasach air amharc air gnùis a' Bhreitheamh a seirm binn an dìtidh so?

[TD 45]

2. Tha an dìteadh so binn Dhia a' tagradh na breith an aghaidh a mhi-chreidich chum bàis shiorruidh. So an ni a ta air fhilleadh am mallachadh lagh Dé, agus cìod a ta co-uamhasaich 'us a so! Cìod e <eng>prison<gai> anns an t-saoghal so do ifrinn? Cìod e croich, no reubadh an so, ris a bhreth, thig thusa mallaichte gu teine shiorruidh.

3. 'S e an dìteadh so binn deireannach Dhia an t-Ard-Bhreitheamh, nach 'eil 'dol o bhreitheanas. Tha fhios agaibh anns an t-saoghal tha caochladh cùirtibh, agus ma tha neach a smuainteachadh gu bheil binn neo-cheart air a toirt na aghaidh feudaidh e dol gu cùirt eile, a chùis a thogail gu Cæsar, a chùirt is àirde, ach cha 'n 'eil dol nis fhaide na sin, feumaidh gabhail ri binn Chaesar an rìgh, oir cha 'n eil 'nìs àirde na sin 'san t-saoghal. Ach si so binn Rìgh nan rìghrean. Cha 'n 'eil dol o na bhinn so. Tha i bith-bhuan. Ma dhìteas daoine feudaidh Dia fireanachadh agus tearnadh, ach ma dhìteas Dia cha 'n 'eil an comas duine sam bith tearnadh. Ma ta an lagh a tilgeadh an duine mar pheacach feudaidh an soisgeul a shaoradh mar chreidmheach, ach ma thilgeas an lagh mar pheacach agus

an soisgeul mar mi-chreidmheach, neach d'an robh Crìosd air fhoillseachadh, air a thairsge, ach a chur cùl ris, cha 'n 'eil 's a' chruthachadh na's comasach a thearnadh o'n dìteadh so. O mhuinntir ionmhuinn cia eagalach, cia uamhasach am focal so "dìteadh!" Cha 'n 'eil anns gach creuchd, bròn agus truaighe 's a' bheatha so ach neo-ni an coimeas ris. Cuiribh gach truaighe, amhghar, agus cràdh 's an t-saoghal so an aon slige agus a' bhinn so, dìteadh Dhia, 's an t-slige eile, agus bithidh iad uile nis eutrom na bheag an coimeas da. O ma ta, teichibh, teichibh a nis o'n fhéirg so ta ri teachd, o bhinn so an dìtidh a dh' ionnsuidh Chrìosd. C'ar son, c'ar son roghnuicheadh sibh am bàs so agus Slànuighear agus beatha 'nar tairgse? Feuchaibh a nis là na slàinte. An diugh, an diugh, a deir Dia, ma chluinneas sibh mo ghuth, na cruadhaichibh 'ur cridheachan.

III. Gu bheil am peanas so, eadhon dìteadh gu cinnteach a leantuinn a' pheacaidh so, mi-chreidimh.

1. Thugaibh fainear ciod e a ta mi-chreidimh a dùnadh an duine a mach uaithe.

[TD 46]

(1). Tha e ga dhùnadh a mach o mhathanas peacaidh—"Mur creid sibh gur mise e, bàsaichidh sibh ann 'ur peacaidh." "An ti nach creid dìtear e." A nise esan a gheibh bàs fodh pheacaidh uile, fodh chionta a pheacaidh uile, feumaidh e gu cinnteach bàsachadh an staid féirge, agus dìteadh siorruidh, "Oir is e tuarasdal a' pheacaidh am bàs." Mu dh' fheudas duine a bhi air a thearnadh as eugmhais mathanas peacaidh an sin feudaidh am mi-chreidmheach dòchas a bhi aige a bhi air a thearnadh.

(2). Tha mi-chreidimh a dùnadh an duine o gach beannachd slàinteil a ta struthadh tre iobairt, no bàs Chrìosd. Ma 's e creidsinn ann an Crìosd an aon dòigh gu sealbh fhaotainn anns na beannachdan a ta tre fuil Chrìosd, an sin tha mi-chreidimh a dùnadh an duine a mach o na beannachdan so, agus mar sin ga fhàgail an staid a' bhàis, agus an dìtidh. "Neach a shònruich Dia na iobairt-reitich tre creididh 'na fhuil." Le gràs a ta sibh air bhur slànachadh agus sin tre chreididh, etc. Agus uime sin ma bhitheas am mi-chreidmheach air a thearnadh is eigin gur ann as eugmhais nam beannachdan a ta tre bhàs agus iobairt Chrìosd.

(3). Tha mi-chreidimh a dùnadh an duine o obair éifeachdach an t-soisgeil le bhi dùinteach a chridhe 'na aghaidh. Is e obair an t-soisgeil a bhi toirt cridheachan dhaoine gu bhi rèidh ri rathad cumhachan na slàinte. Ach tha mi-chreidimh a' dùnadh a chridhe an aghaidh an t-soisgeil.

(4). Tha mi-chreidimh a cumail an duine o aonadh ri Crìosd, oir is e creidimh bann an aonaidh air taobh an duine, Eph. iii. 17:—"Ionnsa gu gabh Crìosd còmhnuidh ann ur cridheachan tre chreidimh." Feudaidh am mi-chreidmheach sùil no dòchas a bhi aige a bhi air a thearnadh

co maith as eugmhais Chrìosd agus gu 'm bi e air a thearnadh as eugmhais creidimh. Mar so tha mi-chreidimh a dùnadh an duine a mach o mhathanas peacaidh, a mach o na beannachdan a ta sruthadh o bhàs Chrìosd-a' dùnadh a chridhe an aghaidh an t-soisgeil, agus Chrìosd, seadh agus fadheoidh fodh mhallachdan an t-soisgeil.

2. Thugamaid faireadh gu de an cionta agus an truaighe a ta mi-chreidimh a filleadh an duine fuidh.

(1). Se peacadh a ta toirt na h-easonair is mò do Dhia. Esan nach creid, se sin nach creid teisteanas Dhia mo thimchioll a Mhic, nach gabh ris, rin e breugair deth.

[TD 47]

(2). Tha mi-chreidimh a fàgail an duine ciontach do'n dìmeas is mo air Chrìosd, air a ghràdh, air fhuil, agus air a ghràs, etc.

(3). Tha mi chreidimh a toirt nam breitheanas is mò agus is truime air duine fein anns an t-saoghal, eadhon breitheanas spioradail, eadhon doille inntinn, a cumail a shùilean dùinte do ghlòir agus do bheath Chrìosd agus a shlàinte. Is ann leis gu sònruichte a ta Dia an t-saoghail so a dalladh inntinn, a cruadhachadh a chridhe an aghaidh bagraidh agus gairmidh Dhia, agus mar so a neartachadh, is a daighneachadh slabhraidhean a' pheacaidh air gach buaidh do'n anam.

Fadheòidh tha am peacadh so a dùnadh an duine suas fodh na mhallachadh, fodh gach bagair a ta sgriobhta ann an lagh Dhé. Esan nach creid damnar e. Cha 'n 'eil is soilleire, agus is cinntiche na gu bheil a leantainn a' pheacaidh so, mi-chreidimh. Tha am peacadh so, agus am peanas sin, dìteadh, air an daingneachadh le chéile, mar shlabhraidh adamant mo thimchioll. O, mo chairdean, bha fuil Uan Dé feumail a bhi air a doirteadh chum réite a dheanadh air son peacadh, dioladh a thoirt do cheartas, agus tha éifeachd na fola feumail a bhi air a cur ris an anam chum a chuir fa sgaoil o chumhachd a' pheacaidh, agus mallachadh an lagh. A dhuine, an d' fhuair thu eolas air a bhi fodh chumhachd a' pheacaidh so, agus mallachadh Dhia mar bheantaidh umha nan luidhe oirt, agus neo-chomas gach ni cuideachadh leat, ach cumhachd gràis Dhia a toirt duit creidimh, creidimh air fuil an Uain?

Codhùnadh.

Ma tha an teagasg so fìor, agus fìor a ta e, oir a se teagasg a Bhìobuil e, agus faireachdain pobull Dé, cia lionmhor, cia mòr an aireamh do'n t-sluagh a ta nan luidh fodh an dìteadh. Tha an aon aireamh fodh an dìteadh an so an diugh agus a ta do mhi-chreidich an so. Mosgail thusa ma ta a ta a do chodal, etc.

2. Cia olc am peacadh so, mi chreidimh! Feudaidh a' ràdh mo thimchioll mar a thubhairt mnathan Israel an cùis eile, mharbh peacadh eile am miltean ach am peacadh so a dheich miltean fodh an t-soisgeul. Cha 'n 'eil peacadh sam bith a ta cur co beag trioblaid

air daoine, ach cha 'n 'eil peacadh sam bith is cinntiche a's

[TD 48]

sgriosas. Is peacadh e nach 'eil a gluasad na coguis mar a ta cuid do pheacaidh eile, ach a ta gu cinnteach a marbhadh an anama. So an dìteadh gu'n d' thàinig solas chum an t-saoghail.

3. Cia luachmhor creidimh, an tomhas is lugh do fhior-chreidimh, oir a ta e aig aonadh an anama ri Crìosd agus cha 'n 'eil dìteadh, etc.

4. Cia neo-iomchuidh agus neo-reusanta agus a ta aighear agus sùgradh daoine neo-iompaichte, mi-chreididh.

5. Ciod an t-aobhar taingealachd agus molaidh a ta aig pobul Dé!

6. Teicheadh gach peacach neo-iompaichte an so an diugh chum Chrìosd. Tha saorsa an diugh 'na fhuil, cumhachd agus àite na gràdh. Tha dorus tràcair fosgailte, gairm agad o Dhia na fìrinn agus na tràcair. Ciod a pheacaich, a mhi-chreidich, a ta fodh an dìteadh, teich o 'n fheirg ri teachd, gabh ri slàinte, creid anns an Tighearn Iosa Crìosd agus tearnar thu.

[TD 49]

AN SOISGEUL AIR A DHIULTADH.

1st COR. ii. 14.—“Ach cha ghabh an duine nadurra ri nithibh Spiorad Dé: is amaideachd leis iad,” &c.

IS e an scriobtuir guth Dé, Dhé nèimh, breitheamh na cruitheachd, agus Dia na slàinte ri saoghal peacach, cailte; a' foilseachadh dhoibh am peacaidh, agus an truaighe agus a' tairgse dhoibh Slànuighear agus saorsa 'g an gairm air an ais d'a ionnsuidh féin, tobar na beatha agus na slàinte. Is e am meadhon sònruichte leis am bheil an Tighearn a slànuchadh pheacach—“Cha 'n nàir leamsa,” a deir Pòl, “soisgeul Chrìosd, oir is e cumhachd Dé,” etc. “Is ann tre éisdeachd, a thig creidimh—agus éisdeachd, tre fhocal Dé,” etc.

Anns an t-soisgeul tha gliocas folluichte Dhé, ann an tearnadh pheacach, nach b'a chomasach a bhi air fhaotainn a mach le gliocas daoine, ach a dh' fhoillsich an Tighearn le a Spiorad. Mar nach robh gliocas an t-saoghail comasach air slàinte Dhé fhaotainn a mach. Cha 'n 'eil reusan no gliocas daoine comasach dhiu féin air luach, agus maise na slàinte sin, a nis foillsichte anns an t-soisgeul, a thuigsinn no a ghabhail.

Ann an labhairt air na briathra so tha ceithir nithe annta a bheir mi oirpe tre ghràs a bhi cur 'nar làthair.

I. An duine nadurra.

II. Nithe Spiorad Dhé.

III. An ni ata na briathra 'cur an céill mu'n duine nàdurra.

IV. An t-aobhair air son so, is amaideachd leis iad.

A réir an òrduigh so, tha sinn an tùs ri thabhairt fa'near gu'n de e an duine nàdurra.

1. An duine nàdurra, sin neach aig nach 'eil ach buaidhibh nàdurra, agus subhilcean nàdurra—Neach aig nach 'eil Spiorad Dé. Tha so soilleir, oir a ta e air a chur fa chomhair an duine spioradail—is e duine a ta a bhuadhaibh nàdurra air an cur an òrdugh le gràs—Duine aig am bheil Spiorad Dé. 'S e an duine spioradail duine air ath-nuadh-

[TD 50]

achadh le gràs chum iomhaigh Dhé. Duine aig am bheil Spiorad Chrìosd—agus is e an duine nàdurra duine neo-nuadhaichte, a ta anns an staid an robh e air a bhreith, as eugmhais gràis an sealbh air buaidhibh nàdurra an duine.

2. Tha an duine nàdurra so, cha 'ne a mhàin as eugmhais gràis, gnè spioradail agus Spiorad Dé, ach ta e truaillidh leis a' pheacadh. Tha 'thuigse 'na dorchadas, fodh chumhachd an dorchadais, inntinn na h-inntinn fheola, is e namhdais, etc., a thoil 'na ceannairc an aghaidh ùghdurras agus toil Dé, agus a chridhe cruaidh mar chlaich. So a nis an duine nàdurra, duine gun ni sam bith ach buadhaibh nàdurra, agus iad so truaillidh fo chumhachd a' pheacaidh.

3. An duine neo-nuadhaichte le gràs De, truaillidh agus fodh chumhachd a' pheacaidh, ciod air bith co seolta, co glic, co foghlumte agus a dh' fheudas e a bhi. Feudaidh an duine a bhi an sealbh air cumhachdaibh mòr nàdurra, air gliocas, tuigse, agus foghlum, ach as eugmhais gràis—a nàdur a bhi air a chaochladh—cha 'n 'eil ann ach feòil, duine nàdurra. A nis se an ni a ta Spiorad an Tighearna a cur an céill mu thimchioll, nach gabh e ri nithe Spiorad Dé. Tha so neo-chomasach—oir an duine nàdurra cha ghabh e ri nithibh Spioraid Dé.

II. Nithibh Spiorad Dé. Se sin nithibh slàinteil Spiorad Dé, a ta e foillseachadh anns an fhocal, agus a co-chur rìusan a ta air an tearnadh.

1. 'S e nithibh Spiorad Dé, tha sinn ri thuigsinn Chrìosd agus Esan air a cheusadh—mar Shlànuighear iomlan pheacach, an ni a ta an t-abstol ag ràdh an toiseach a' chaibdil—"thàinig mi d' ar 'n ionnsuidh a' cur an céill teistias Dé." Agus ciod e sin teistias Dé a chuir e an céill doibh? "Oir chuir mi romham gun eolas a ghabhail air ni sam bith 'nar measg ach air Iosa Chrìosd," etc. Ann an Iosa Chrìosd agus esan air a cheusadh tha glòir Dhia air a foillseachadh, agus slàinte iomlan pheacach.

Ann an Crìosd air a cheusadh tha glòir gliocas agus cumhachd, agus uile bhuaidhibh Dhia air an deanadh aithnichte ann an slàinte pheacach, <eng>1 chapter ii. 4.<gai> “Crìosd cumhachd Dé, agus gliocas Dhé.” Agus ’s e Crìosd air a cheusadh slàinte iomlan pheacach. Ach uaith-san, etc., gliocas, fireantachd, naomhachd agus saorsa.

[TD 51]

2. An nan Crìosd air a cheusadh tha olc agus toiltineas a’ pheacadh air am foillseachadh. “B’ i toil an Tighearn a bhruthadh.” “Lotadh e air son ar peacaidh-ne,” etc. “Cha do chaomhain Dia mac a ghràidh.” Smuainichibh a nis cia olc an ni am peacadh an sealladh Dhia, ’nuair a bhruth e Crìosd. Smuainichibh air toilteanas a’ pheacaidh, an uair nach do chaomhain e Mac a ghràidh an uair a sheas e an àite pheacach.

Tha so a’ filleadh ann an réite a rinn Crìosd ri Dia air son pheacach le’ fhuil féin.

3. Nuair a bha Crìosd air a bhruthadh agus air a leòn gu bàs is ann an àite pheacach mar iobairt-réite air son pheacach, “Nuair a ni thu anam na iobairt réitich.” Thug se e fein na ofrail agus ’n a iobairt deadh bhaladh do Dhia. Le fuil Chriosd a rinn an réite, “Oir as eugmhais dòrtaidh fola,” etc. “Anns am bheil againn saorsa,” etc.

4. Tha fìreantachd air fhilleadh an Crìosd air a cheusadh. Tha lagh Dhé aig iarraidh iomlanachd-naomhachd-agus ùmhachd. Thug Crìosd so da-bha e naomh, neo-lochdach agus dealuichte o pheacaich-agus bha e umhal gu bàs eadhon bàs a chroinn-cheusaidh.

5. Tha an Spiorad naomh, lànachd an Spioraid, aig Crìosd mar thoradh a bhàis. “Nuair a chaidh e suas air ionad àrd, thug e bruid am braighdeanas agus fhuair e tiodhlacan do dhaoine. Agus tha e nis beò mar an t-àrd-shagairt le ’uile thiadhlanan gràis. Mar fhaidh, mar shagart, agus mar rìgh na h-eaglais tha slàinte iomlan annsan, slàinte shaor, mathanas peacadh, solus gu soilseachadh, feartan glanaidh agus saoraidh gus a chuid a’s faide a mach. Tha ceartas riarichte, an lagh air àrdachadh, uile bhuaidhaibh Dhé air an glòrachadh agus slàinte do pheacaidh (1) gun airgiod agus gun luach. So nithibh Spioraid Dhé a ta e ’ga fhoillseachadh anns ’san fhocal, Crìosd air a cheusadh. Crìosd air a cheusadh na Shlànuighear iomlan, ’na ghliocas, ’na fhìreantachd na naomhachd agus na shaorsa-’na ghliocas agus na chumhachd Dé chum slàinte pheacach, agus Crìosd na shlàinte air a thoirt dlùth leis, agus air a thairgse leis gun airgiod agus gun luach.

(1) <eng>sinners.<gai>

[TD 52]

III. Cha ghabh an duine nàdurra ri nithibh Spiorad Dé.

Tha Crìosd agus a shlàinte mar so air am foillseachadh agus air an tairgse ach cha ghabh an duine nàdurra riutha, cìod air bith a ghliocas, agus fhoghlum nàdurra.

1. Cha ghabh e riutha ann an creidimh. 'S e creidimh ùmhlachd a' chridhe do ghairmibh Dhia anns an t-soisgeul, teachd gu Crìosd, gabhail ris-san mar òrdugh Dé chum slàinte, ach cha toir an duine nàdurra ùmhlachd doibh, cha ghabh e ri Crìosd, cha léir da luach. Tha e dall do mhaise agus luach Chrìosd, agus uime sin, 's e obair fodh 'n t-soisgeul a bhi cur cùl ris, a bhi deanadh dìmeas air, a bhi leantuinn eiseimpleir nan Iudhach, a dol mu'n cuairt a' cur am fìreantachd féin air chois, etc.

2. Cha ghabh e ris an gràdh. Mar nach 'eil sùilean aige gu fheum féin agus luach Chrìosd agus a shlàinte fhaicinn, cha 'n 'eil làmhan aige gu gabhail ris. 'S e sin cha 'n 'eil gné-cridhe aige gu gabhail ris, gu meas a chur air. Bitheadh Crìosd anns an t-soisgeul air a chur fa chomhair gach là, agus e air a ghairm da ionnsuidh. Cha dean uile ghliocas agus fhoghlum nàdurra féin, agus uile ghliocas, reasonachadh agus bith-bhriathrachd agus oirdhearcais a mhinisteir a thoirt gu gabhail ris.

IV. An t-aobhar, is amaideachd leis iad, Crìosd agus a shlàinte.

Tha sinn a leughadh Crìosd air a cheusadh a bhi na cheap tuislich do na h-Iudhaich agus do na Greugaich 'na amaideachd.

Bha Fear-Saoraidh air a ghealtuinn do na h-Iudhaich agus bha iad ag amharc a mach air a shon, ach bha an staid iosal anns an d'thànaig Crìosd na cheap tuislich dhoibh. Agus bha slàinte tre neach a chuireadh gu bàs maslach a chrann-cheusaidh na amaideachd do na Greugaich ghlic agus fhoghlumte. Agus uime sin chuir iad le cheile cùl ris.

2. Bha Crìosd mar fhreumh a talamh tioram do na h-Iudhaich agus na ni amaideach do na Greugaich, mar so a ta e do'n duine nàdurra.

3. Na ni gun fheum. Tha Crìosd agus a shlàinte gun fheum do'n duine nàdurra, na amaideachd, agus uime sin cha ghabh e ris.

[TD 53]

4. Cha 'n 'eil e faicinn maitheas na subhailcean ann, cha 'n 'eil e faicinn luach ann, tha e uime sin 'na amaideachd da, bheir e a chridhe agus a shaothair do nithe eile gun fheum.

5. Cha'n urra da eolas gabhail orra ann féin do bhrìgh gur ann air mhodh spioradail a thuigear iad. Ach tha esan a mhàin nàdurra as eugmhais tuigse spioradail, as eugmhais gné spioradail, oir is ann air mhodh spioradail a thuigear iad. Se sin le obair soillseachaidh

agus naomhachaidh an Spioraid air an inntinn agus air a' chridhe.

Co-dhùnadh.

1. Tha Criosd agus a shlàinte air am foillseachadh chum gum biodh daoine 'gabhail riutha. Cha 'ne amhàin gu biodh iad aig éisdeachd m'an timchioll ach tre éisdeachd a' gabhail riutha air son slàinte.

2. Cha dean an soisgeul, agus Criosd anns an t-soisgeul daoine a shlànachadh as eugmhais gu bidh daoine gabhail riu. Cha dean biadh agus deoch daoine chumail beò mur gabh daoine iad. Mar sin cha dean an soisgeul agus Criosd ann, daoine a thearnadh mar gabh iad ris, bàsaichidh iad agus pailteas mu'n timchioll mar an ceannard ann an geatadh Shamaria.

3. Feumar an Spiorad naomha chum peacach a thoirt gu gabhail ri Criosd agus a shlàinte, chum an tuigse a shoillseachadh agus an cridhe ath-nuadhachadh. As eugmhais so cha gabh daoine ri nithibh Spioraid Dhé.

[TD 54]

LAN-FHREAGARRACHD IOSA CRIOSD.

1 COR. i. 30.—“Ach uaithe-san a ta sibhse ann an Iosa Criosd neach a rinneadh dhuinne le Dia 'n a ghliocas, 'n a fhìreantachd, 'n a naomhachadh, agus 'n a shaorsa.”

THA lagh nàduir anns gach creutair a ta teagasg daibh teicheadh o chunnart. Tha an spreidh an uair a ta iad a faicinn gaillionn a teachd, a teicheadh chum fasgaidh, agus eunlaidh nan speur ag iarraidh chum duthchanna teith aig teachd a' gheamhraidh. Tha e air a chur an céill mu thimchioll nan Eiphteach, an uair a bha plaigh na cloich mheallann air am bagair air an duthcha, “An ti a ghabh eagail roimh fhocal an Tighearna measg sheirbheasach Pharaoh, thug e air a sheirbhiseich agus a spreidh teicheadh do na tighibh”—Exodus ix. 20. Tha doinnian agus truaighe bhith-bhuan air a bhagair le Dia an aghaidh pheacach; air cost am bheil iad a ta toirt creideas d'a ghuth, a ta gabhail eagail roimh fhocal an Tighearna agus a teicheadh a dh' ionnsuidh na daighneach, an Slànuighear a dh' ulmhaich e, agus a ta e ga chumail a mach doibh am focal an t-soisgeil. Mar a thàinig peacadh, bàs, agus truaighe oirnn leis a cheud Adhamh, tha beatha agus naomhachd, agus saorsa teachd tre Chriosd an dara Adhamh—agus is beannaichte iadsan uile a ta teicheadh da ionnsuidh—da 'm bheil e air a dheanamh le Dia a reir briathra an teagaisg 'na ghliocas, na fhìreantachd, na naomhachd agus na shaorsa.

Ann a bhi labhairt air na briathra so tha tri nithe annta a bhitheas sinn tre còmhnaidh gràis a toirt fa'near.

I. Socharan no beannachd nan creidmhigh ann an Criosd air an ainmeachadh an so, gliocas, fhìreantachd, naomhachd, agus saorsa.

II. An dòigh anns am bheil creidhmheach air an cur an sealbh air na beannachdan luachmhor so, le Dia, neach a rinneadh dhuinne le Dia, etc.

III. Co-chur, no nàdur co-chur na slàinte so le Dia.

I. A cheud ni na socharan, no beannachdan a ta air an ainmeachadh 's an rann so, ghliocas, fìreantachd, naomhachd, agus saorsa.

[TD 55]

1. Tha na beannachdan so freagarrach do ar staid mar pheacaich, agus a filleadh annta gach ni a ta freagarrach gu ar saoradh o gach truaighe, agus ar dìonadh (1) iomlan sona. Anns na Scriobtuirean tha ar truaighe ceithir filte. Tha sinn 'nar creutaire aineolach—no amaideach—"Air seachran o bheatha Dhia tre an aineolas a ta annainn," a gairm math do 'n olc, agus olc do 'n mhaith, a cur soluis an àite dorchadais, agus dorchadas an àite soluis—agus le so 'nar n' amadain.

Tha sinn ciontach, neo-fhioranta (2)—buailteach do pheanas aqua do thruaighe—cha 'n 'eil sinn airidh, no còir sam bith againn air sonas, ach airidh air agus a toiltinn, truaighe. Rom. iii. 19—"An saoghal uile ciontach am fianuis De."

Tha sinn cha 'ne a mhàin amaideach agus ciontach ach mar an ceudna salach, truailleach leis a' pheacaidh. Tha sinn gu nàdurra fodh chumhachd salachar agus truailleachd a' pheacaidh—Rom. iii. 10–18. Tha sinn 'nar oighreachan air truaighe shiorruidh, toradh agus tuarasdal a' pheacaidh. Ach tha Crìosd mar Shlànuighear freagarrach air son ar n' uile uireasbhuidh agus thruaighe—agus cha 'ne a mhàin freagarrach, ach tha e air a dheanamh d'a phobull le Dia 'na ghliocas.

2. Na ghliocas.

Tha an creutair an duine ann an staid through agus 'se aineolas pairt shònruichte da thruaighe—aineolas air féin, agus air slighe na saorsa. Ach tha leigheas ann an Crìosd o'n truaighe—sa, agus chum so, tha Crìosd air dheanamh d'a phobull uile 'na ghliocas—oir annsan tha uile ghliocas a' gabhail còmhuidh mar Shlànuighear. Agus tha e le 'Spiorad a pàirteachadh d'a ghliocas ris an anam tre am bheil e air a shaoradh o chumhachd an dorchadais, agus tre am bheil e a nis a faicinn a pheacaidh agus a thruaighe—a faicinn a nis air dha bhi air ungadh le sàbh—shùl Crìosd, olc agus gràin anns a pheacadh—a chunnart mar chreutair peacach. Mar an ceudna slighe na slàinte, an t-slighe gu dol as o pheacadh agus o thruaighe tre Crìosd—tre creidimh annsan. Ach anns an t-solus so, no an t-eolas so a mhàin cha 'n 'eil fuasgladh. Tha solus spioradail a toirt air tus gu bhi a faicinn agus mothachadh air truaighe—truaighe dhubhailt—dìteadh Dhé, agus dìteadh 's a choguis. Oir ann

- (1) deanamh.
- (2) neo-fhìreanta.

[TD 56]

an dearbhadh soilleir air peacadh tha an da ni so: air son peacadh, briseadh lagh Dé, tha an lagh a deanamh greim air an duine, agus 'ga dhìteadh gu bàs; an sin tha a' choguis a bha marbh air a dusgadh agus a' dìteadh an duine le lagh Dé. Ciod an truaighe so, dìteadh Dhia an taobh a mach, dìteadh na coguis an taobh a stigh. Cha 'n 'eil comhfhurtachd an leth a mach a nis, no o'n leth a stigh. Is iadsan, agus iadsan a mhàin a bha air an soilseachadh a ta tuigsinn nàdur na truaighe so. Tha leigheis ann an Criosd air a shon so. Tha fireantachd iomlan agus shìorruidh annsan. Fìreantachd freagarrach do lagh Dhé. Agus tha Criosd air a dheanamh le Dia na fhìreantachd da phobull tre am bheil iad air am fuasgladh no air an cur fa sgaoil o dhìteadh an lagh agus pheanas a' pheacaidh, agus bunachar no stéidh airson sìth ri Dia agus sìth coguis air a shuidheachadh—"air dhuinn a bhi air ar fìreanachadh le creidimh tha sìth againn maille ri Dia tre ar Tighearn Iosa Criosd." Tre so tha am peacaidh uile air an dubhadh as, agus sin gu sìorruidh, oir "cha 'n 'eil dìteadh sam bith doibhsan a ta ann an Iosa Criosd."

3. Ach 'ge do tha so, mathanas peacaidh, saorsa o dhìteadh, na thròcair do-labhairt luachmhor, gidheadh leis féin cha dean e sona sinn, Oir ge 'd nach biodh duine air a dhìteadh gu bràth air son a pheacaidh, gidheadh ciod an t-sìth no an sonas a dh' fheudadh a bhi aige fodh chumhachd a' pheacaidh, fodh chumhachd, fuath, agus naimhdeas do Dhia agus gach ana-miann truailidh. Chum sonas a' phobuill tha Criosd na Shlànuighear iomlan freagarrach chum saoradh o na pheacadh co maith agus o chionta a' pheacaidh. Tha Criosd air a dheanamh le Dia cha 'n e a mhàin gliocas, agus fìreantachd da phobull chum an saoradh o chumhachd an dorchadais, agus o chionta, ach mar an ceudna na naomhachd gu 'n saoradh o chumhachd agus shalachar a pheacaidh. "Is e ainm Iosa, oir saoraidh e a phobull féin o 'm peacaidh." Thàinig Criosd araon trid uisge agus fuil-ni h-e trid fuil a mhàin ach trid uisge agus fuil-uisge gu glanadh, gu naomhachadh, co maith agus tre fuil gu saoradh o chionta agus peanas. Cia freagarrach! cia luachmhor Criosd mar Shlànuighear!

4. Ach tha tuillidh na so feumail gu sonas a dheanamh iomlan. Saorsadh o gach trioblaid agus truaighe agus bàs a

[TD 57]

ta ceangailte ris a' pheacadh. An déigh gu bheil pobull Dé air an soillseachadh-air an saoradh o chionta agus air an ath-nuadhachadh. Tha fuigheal truailleachd fathast maille riu-tha eadhon fad an cuairt an so-agus bàs. Ach o na nithe so uile tha Criosd mar Shlànuighear freagarrach, agus comasach air an saoradh. A ta e air a dheanamh le Dia na shaorsa daibh-na shaorsa iomlan-o gach bròn, peacadh, amhuinneachd agus bàs. Tha na ceithir nithe so: gliocas,

fìreantachd, naomhachd, agus saorsa a filleadh annta gach ni a ta feumail gu anama a dheanamh iomlan sona.

(1). Cia ruisgte agus truagh staid daoine neo-iompaichte! Tha iad gun ghliocas, etc.

(2). Cia freagarrach, agus luachmhor Crìosd mar Shlànuighear! Ann-san tha gach ni a ta thu a seasamh am feum air, etc.

(3). Tha gach ni aig an Eaglais o Chrìosd.

II. Esan a dh' fhearaicheas cìod e fìor luach Chrìosd, tha e fearachadh ceist nach comasach daoine no aingle a freagairt an iomlanachd. 'S e thubhairt an Eaglais, 's an dàn, "Is maisich e na deich mìle, agus tha e iomlan gràdhach." Ach cìod sam bith co luachmhor agus a ta Crìosd ann féin-cìod sam bith a shoibhreas an gràs, cha dean so daoine a thearnadh as eugmhais a bhi air an cur an sealbh air Chrìosd agus a shlàinte. Cha robh neach a riamh air a leigheas le ioc-shlàinte gun i bhi air a co-chur, no duine a riabh air a bheathachadh le biadh agus deoch gun an gabhail. Air an dòigh cheudna cha robh peacach o thoiseach an t-saoghail air a thearnadh gus an robh Crìosd le Dia air a dheanamh da na ghliocas, etc.

1. Tha na briathra so a' teagasg gu bheil Crìosd agus beannachdan, no socharan a shlàinte neo-sgarar, no neo-dhealluichte. Se Crìosd am briathra ar teagaisg a ta air a dheanamh da phobull gliocas etc. Cha 'n fheud sinn beannachd tearnaidh a shealbhachadh dealuichte o Chrìosd-o phearsa Chrìosd-na b'aill leinn a bheannachdan, feumaidh sinn gabhail ris féin. An ti a chreideas ann tha a' bheatha mhaireannach aige. Thigibh a m' ionnsuidh-sa sibhse uile, etc. An ti aig am bheil am Mac tha a bheatha mhaireannach aige, etc. Feumaidh sinn gabhail ri Crìosd an toiseach, a bhi air ar-n aonadh ris, agus an sin a bheannachdan.

[TD 58]

Feumaidh a gheug a bhi 'san fhìonan ma pairtich i da shugh an fhìonan. A bhean a bhi posta ri fear ma bi còir aice air na nithe a bhuinneas da, etc.

2. Gu feum Crìosd agus a shlàinte a bhi air an deanadh thairis dhuinn ma bheil e comasach duinn buannachd no slàinte a bhi againn. "Air a dheanamh, no a rinneadh dhuinne." An uair a bhàsaich Crìosd bha an éiric air a toirt seachad. Slàinte air a h-ullachadh, ach ge do bha, tha pobull taghta Dé 'nan luidhe am peacadh agus an truaighe fodh dhìteadh gus anns a ghairm éifeachdach am bheil an t-slàinte air a cur riu agus iad air an deanadh saor. Tha mòran gan toileachadh féin a so gu bheil slàinte iomlan an Crìosd as eugmhais an t-slàinte so a bhi air a cur riu. Agus se so an nàdur soisgeil a ta mòran a teagasg: Gu bheil daoine an staid slàinte o 'na thàinig Crìosd: nach 'eil iad fodh 'n lagh ach fodh ghràs, ach cha 'n e so teagasg focal Dé a ta ag ràdh "a dh' ionnlaid sinn," etc. Cha 'n e so teagasg Leabhar-aidmheil a' chreididh a bhuineas do Eaglais na h-

Alba, a ta a cuir an céill gu bheil peacaidh (1) air an deanamh nan luchd co-pairt de 'n t-saorsa a ta ann an Crìosd leis an t-saorsa bhi air a cur riu gu h-éifeachdach, etc.

3. Si co-chuir na slàinte ri daoine obair Dhia. "A rinneadh dhuinne le Dia."

'S i an làmh a dh' ullmhaich i is éigin a co-chuir, no bàsaichidh sinn. Bàsaichidh, a mhuinntir ionmhuin, an déigh gach ni a rinn Dia na h-ullmhachadh agus am Mac ann an coilionadh. Tha leithid a nàduir annain agus nach àill leinn teachd—"Cha tig sibh a m' ionnsuidh-se (a deir Crìosd) chum as gu faigheadh sibh beatha." "Sann an là cumhachd Dhia a ta peacaich toileach." "Se Dia a dh' fhìreanaicheas." "A bheothaicheas na mairbh." "Is beannuichte thusa Sheimon," etc.

4. Tha na briathra so a' teagasg gu bheil fìor phobull Dé an sealbh air Crìosd agus a shlàinte. "A rinneadh dhuine le Dia," etc. Tha Crìosd agus a shlàinte air am foilseachadh agus air an tairgse le Dia 'na fhacal do pheacaich ach cha 'n 'eil ach pobull Dé an sealbh air. Tha iadsan aonaichte ris. Tha Dia 'gan deanadh toileach gabhail ris, agus tha Dia an t-Athair 'ga dheanamh thairis daibh. Tha iad an sealbh air féin agus air a shlàinte—oir tha e air a dheanamh dhoibh 'na ghliocas, etc.

(1) <eng>sinners.<gai>

[TD 59]

III. Nàdur agus feum co-chur Chrìosd agus a shlàinte 'nar cridheachan.

1. 'S e co-chur Chrìosd ri anamaibh daoine a ta aig Dia 'san amharc an uile mheadhonaibh agus òrduighibh an t-soisgeil. Gur e so crìoch an t-soisgeil leughaidh Eph. iv. 11-12. Agus thug e dream àraidh gu bhi 'nan abstolaibh, etc. Tha na briathra so 'teagasg gu soilleir gur e crìoch shònruichte òrduighean an t-soisgeil daoine aonadh ri Crìosd agus an naomhachadh as an deanamh iomlan. Agus an uair a bhitheas a chrioch so air a comhlionadh 's a bhitheas pobull Dé air an gairm agus air an naomhachadh, thig crìoch air òrduighean an t-soisgeil. Ciod e ministearan, ach caraid an fhir nuadh-phosta, teachdairean Chrìosd, etc.

2. As eugmhais co-chuir Chrìosd, buanaichidh daoine an staid peacaidh agus truaighe. Buanaichidh iad as eugmhais gliocais, gun eolas, gun tuigse air nithe spioradail, oir is e Crìosd gliocas a phobuill. Buanaichidh iad ciontach, fodh dhìteadh as eugmhais Chrìosd, fireantachd a phobuill, nan seirbhisich agus nan tràilibh, oir is e Crìosd naomhachd a phobuill. Agus gun saorsa, fa'dheoidh air an call, oir is e Crìosd saorsa a phobuill. Mar so tha e soilleir as eugmhais gu bi Crìosd air dheanamh dhuinne 'na ghliocas, 'na fhireantachd, etc., buanaichidh sinn 's a' pheacadh an so agus

bàsaichidh sinn fa'dheoidh anns 's a' pheacadh.

3. 'S e so co-chur Chrìosd agus a shlàinte le obair ath-nuadhachaidh an Spioraid a ta deanamh eadar-dhealachadh eadar pobull Dé agus peacaich. Tha e fìor an roimheolas Dé-is aithne do Dhia iadsan as leis, agus am bàs Chrìosd tha eadar dhealachadh, oir leig e 'bheatha sìos air son a chaoraich. Rinn e ùrnuigh air an son agus cha 'n ann air son an t-saoghail. Ach 'nan staid agus nan gne tha iad cosmhuil ri daoine eile gus am bheil Chrìosd agus a shlàinte air an co-chur riu. Cluinnibh cìod a deir Pol-Eph. ii. 3, 1st Cor. vi. 11—"Tha iad a nis nan creutairean nuadh," etc. "Ma tha neach sam bith ann an Chrìosd is creutair nuadh e."

4. Bheir mi fa'near ged do tha na beannachdan so uile, gliocas, etc., aig pobull Dé ann an Chrìosd gidheadh tha eadar-dhealachadh eatorra.

Tha na ceithir beannachdan so air am pàirteachadh o Chrìosd air trì dòighibh-fìreantachd air a meas doibh,

[TD 60]

gliocas agus naomhachd le ath-nuadhachadh an Spioraid, agus saorsa le glòrachadh. Fìreantachd air a meas no air a cur as leth a phobuill, mar bha peacadh air a mheas do Chrìosd, tre am bheil iad a faotainn maitheanas peacaidh agus Dia a' gabhail riu, agus còir aca air gach urram agus onair a bhuinneas do chlann Dé.

Gliocas agus naomhachd air an oibreachadh annta le obair soilseachaidh agus ath-nuadhachaidh an Spioraid. Tha fìreantachd a phobuill o Chrìosd mar an urras, ach tha solus agus naomhachd a teachd uaidh mar cheann beòthachaidh d' a bhuill uile, agus an obair so air a toirt air a h-aghaidh a chuid 's a chuid gus am bheil i iomlan aig a' bhàs.

Tha saorsa, no saorsa iomlan an anama agus a' chuirp, as gach truaighe a ta ceangailte ris a pheacadh a mhàin ann an glòrachadh le Chrìosd. Mar so tha fìreanachadh ga 'n cur fa sgaoil o chionta agus o pheanas, agus toirt còir daibh air beatha, naomhachadh o chumhachd agus riaghladh a pheacaidh, agus glòrachadh air saorsa iomlan agus shiorruidh. Agus an sin bithidh iad gu siorruidh maille ris an Tighearn. Mar so tha Chrìosd air a dheanamh da phobull gliocas, fìreantachd, naomhachd agus saorsa. Na h-uile anns na h-uile.

Co-dhunadh.

1. Tha e soilleir o 'n teagasg so nach 'eil ach mealladh do neach sam bith a bhi smuainteachadh a bhi an sealbh air Chrìosd-am feadh a ta e beò anns a' pheacadh.

Tha e fìor tha eadar-dhealachadh eatorra ach tha iad neo-sgarail. Co air bith da 'm bheil Chrìosd 'na fhìreantachd tha e mar an ceudna 'na ghliocas agus 'na naomhachd.

2. Cia amaideach iadsan a ta diùltadh gabhail ri Crìosd!
3. Cia cùramach agus eagalach doibh-san do nach 'eil Crìosd 'na ghliocas, etc., a bhi a toirt an aghaidh air a' bhàs!
4. Misneachd agus comhfhurtachd do phobull Chrìosd uile.
5. Gairm do pheacaich teachd gu Crìosd.

[TD 61]

CAORAICH CHRÌOSD 'G EISDEACHD RI 'GHUTH.

JOHN x. 27.—“Tha mo chaoraich-sa ag éisdeachd ri m' ghuth, agus is aithne dhomh iad, agus leanaidh iad mi.”

ANNS a chaibidil so tha Crìosd a' labhairt air féin mar dhorus agus bhuachaill nan caorach. 'S e an dorus na 'n t-slighe chum an Athar, chum ruigheachd air mathanas peacaidh, sith maille ri Dia, agus òighreachd neo-thruaillidh, neo-shalach, agus nach searg as, do bhrìgh gu do shuidheachadh leis an Athair e air a shon so an cùmhnant nan gràs, agus do bhrìgh gu d' rinn e an t-slighe a dhùn sinne le ar peacaidh fhosgladh le 'fhuil féin. Agus 's e an dorus e do bhrìgh gur ann trid creidimh ann, no aonachadh spioradail ris a tha peacaidh (1) a ruigheachd air beannachdan slàinteil choimh-cheangal nan gràs. “Is mise an dorus,” a deir Crìosd, “ma theid neach 's a bith a steach treom-sa (2) tearnar e.”

'S e buachaill nan caorach e mar an ceudna do bhrìgh gu d' thug an t-Athair dha an treud thaghta o shiorruidheachd gu bhi air a saoradh o 'n talamh. Dh' earb an t-Athair ris iad agus tha an cùram air an nochdadh uile tearuinte am fianuis an Athar. Is e a tha ga gairm, ga beathachadh, agus ga treorachadh 'nan turas roimh 'n fhàsach so chum fearainn a' gheallaidh. Cha 'n 'eil buachailleann eile, ministerean an t-soisgeil, ach foidhe-san. 'S ann uaithe-san a tha iad a faotainn an ùghdarais, an soluis, agus an gliocais. Oir tha na seachd reultan na làimh dheis. Tha sinn a faicinn an uair a labhair Crìosd na briathra so gu robh roinnean am measg nan Iudhach. Oir thubhairt mòran diubh tha deamhan aige c'arson a tha sibh ag éisdeachd ris? Mar so bha esan a labhairt mar nach do labhair neach a riamh air a ghairm cuthach, neach aig an robh deamhan, agus nach b' airidh éisdeachd ris. Agus mar so tha gus an là an diugh, ma labhras neach ach gu fìrinneach ri anamaibh dhaoine cha ghiùlan iad e, ach tha e air boile.

Bha cuid eile ann a bha tuigsinn o na h-oibre maith agus cumhachdach a bha e deanamh nach b' a droch dhuine e, agus ghabh iad a phàirt. “Thubhairt cuid eile

- (1) peacaich.
- (2) tromham-sa.

[TD 62]

cha 'n iad so briathra duine 's am bheil deamhan; am bheil deamhan comasach air suile nan dall fhosgladh?" Mar so bha roinnean na 'm measg, agus do bha fhios aig Crìosd gu biodh roinnean ann cha d' fhan e o na briathran a labhairt riu. Is fearr an fhìrinn innseadh, agus roinnean a bhi ann na muinntir a bhi còrdadh gu tàmhach 's a pheacadh. An sin tha cùntas againn gu robh feisd-chuimhne an ath-choisrigidh an Ierusalem-'s e sin féisd chum cuimhne air Iudas Maccabeus, a ghlanadh na h-altair agus an teampuill o ghràinealachd leis an robh iad air an salachadh le Antiochus. Agus air do Iosa a bhi ag imeachd an Sgàth-thigh Sholaimh gu do chruinnich na Iudhaich m'a thimchioll ag ràdh, "Cia fhada chumas tu ar n-anama an amharus, ma 's tu Crìosd innis duinn gu follaiseach." Tha e ro-chosmhuil o 'n fhreagairt a thug Crìosd orra gur ann airson a mhasladh agus a ribeadh a bha iad agus nach ann airson foghlaim. Ach air do Chrìosd am briathra cealgach agus an rùn mi-rùnach a thuigsinn fhreagair e iad am briathraibh soilleir, "dh' innis mi dhuibh a cheana agus cha do chreid sibh." Ach cha 'n e a mhàin gu d' innis mi dhiubh ach tha mar an ceudna na h-oibre a tha mi a' deanamh a dearbhadh gur mi Mac Dé, gur mi Rìgh Israeil. Ach an déigh gach ni buannaichidh sibh gu cùl a chur rium-sa le ur n-as-creidimh ciod 's a bith na dearbhaidh eile a bhiodh air an toirt duibh. Mar a ta fhios agam-sa, agus mar bhios a chùis air a dearbhadh le 'ur cleachdan an déigh so, oir cha 'n ann do mo chaoraich sibh a thug an t-Athair dhomh agus a bhitheas air an tarruing le cumhachd a ghràis do m' ionnsuidh mar dh' innis mi dhuibh. Ann am briathraibh ar teagaisg tha mo chaoraich-sa ag éisdeachd ri mo ghuth agus is aithne dhomh iad, agus leanaidh iad mi.

Ann a bhi labhairt o na briathraibh so bheir sinn fa'near:

I. Ciod a tha Crìosd a ciallachadh le na briathraibh so, mo chaoraich-sa.

II. An cliù a tha 'gan dealachadh o'n t-saoghal. Tha iad ag éisdeachd ri guth Chrìosd.

III. Beagan air an aithne a tha aig Chrìosd orra.

IV. Fadheoidh: Ciod e 'bhi 'ga leantuinn.

I. Ciod a tha na briathra so, mo chaoraichsa a ciallachadh.

[TD 63]

1. Tha iad a ciallachadh na muinntir sinn o mheasg chloinn pheacach Adhamh a ghràdhaich Dia o shiorruidheachd agus a thug e do Chrìosd chum an saoradh o'n talamh.

Rinn Dia o shiorruidheachd mo (1) do chruthaich e an duine fhaicinn

ciod an staid gus an d' thugadh e e féin agus a shliochd uile leis a' pheacadh. Agus ghabh Dia beachd no sealladh do Adhamh, agus do shliochd uile, gu deireadh an t-saoghail, cailte fodh na pheacaidh, agus neo-chomasach air iad fein a shaoradh, agus anns an t-sealladh ghràdhaich e aireamh dhiubh chum an saoradh, agus thug e an aireamh so do Chrìosd. Bha iad air an toirt da leis an Athair mar a sheilbh. Leughaibh air a shon so vi. 36-39. An caibidil so fein 29. "M-Athair a thug domh iad," etc., xvii. 6. "Dh' fhoilsich mise t-ainm do na daoineibh a thug thu dhomh as an t-saoghal; bu leatsa iad agus thug thu dhomhsa iad. Bha na Iudhaich a deanamh uail gu b'e iadsan pobull gràdhach le Dia, ach tha Chrìosd ag innseadh dhoibh an so co iad a chaoraich; gur iadsan a bha air an toirt da leis an Athair o shiorruidheachd mar a shealbh.

3. Bheir sin fainear gu bheil na briathra so a labhair Chrìosd a filleadh annta na h-uile dhiubh, iadsan a bha air an toirt a stigh an sin maille r'a dheisciobuil, agus a mhuinntir a ta an taobh a mach. Tha e soilleir sa 16 rann-agus a ta caoraich 'eil agam a thug an t-Athair dhomh, is éigin domh iad sin mar an ceudna a' thoirt a stigh agus éisdidh iad ri 'm ghuth, agus bithidh aon treud ann, agus aon bhuachaill. Tha so a leigeadh ris duinne gu do chuir an t-Athair cùram na treuda air Chrìosd, gur esan am buachaill ris an d' earb an t-Athair an treud chailte anns gach linn an toirt dachaidh, agus le briathraibh Chrìosd, mo chaoraich-sa, gu bheil e ciallachadh na h-uile a thug an t-Athair dha.

II. An cliù.

1. Tha iad aig éisdeachd ri 'm ghuth, a deir Chrìosd. 'S e so an ni leis am bheil a mhuinntir a thug an t-Athair do Chrìosd dealaichte o'n t-saoghal. Tha Chrìosd a cur an céill gur e so a bha gan dealachadh o'n t-saoghal xvii. 7-8. Cha do thuig an saoghal guth Chrìosd, cha d' aithnich iad e agus uime sin cha do chreid iad, ach thuig a mhuinntir a thug an t-Athair dha, agus chreid iad. Cha 'ne air son aon ni a bha

(1) mu'n.

[TD 64]

annta-san do thuigse, na do eolas, no do mhaitheas, nis mò na mhuinntir eile, oir cha robh iad ni sam bith ni b' fhèrr ach do bhrìgh a ghràs air a phàirteachadh riu le fhocal-san.

1. Tha caoraich Chrìosd air an toirt gu bhi toirt an aire d'a ghuth, sin focal an t-soisgeil. Tha iad a thaobh nàduir a measg na muinntir eile do t-saoghal, ach tha Chrìosd ga'n iarraidh a mach, agus 'na àm féin tha iad air an toirt gu bhi toirt an aire do ghuth Chrìosd 's a t-soisgeul. Tha muinntir eile ag cluinntinn an fhocail, bagraidhean agus geallaidhean, ach cha 'n 'eil iad a toirt an aire dha. Tha e 'na ni gun bhrìgh leo. Cha 'n 'eil iad a faicinn luach ann, an uair a tha iad ro fhaireach mo nithibh eile; chleachd iad a bhi cosmhuil

riu, ach feuch am focal an t-soisgeil tha ni buntainn riu, agus tha iad air an toirt gu bhi toirt aire chùramach ciod a ta air a labhairt. Cha 'n fhaighear iad a nis neo-chùramach fo fhocal Chrìosd. 'S i an aire a cheud ni a tha air a chosnadh le Chrìosd, Gnìomh xvi. 14.

2. Tha so a fillidh ann gu bheil iad a tuigsinn guth Chrìosd.

Tha muinntir an t-saoghail a feitheamh air meadhonaibh, agus cuid dhiubh gu tric, ach cha 'n 'eil iad a tuigsinn guth Chrìosd g'an gairm. Tha cuid dhiubh, tha e fìor, a toirt faineair do dh' eadar-dhealachadh teagasg agus a ruigheachd air tomhas do eòlas, agus nach éisd iad ri teagasg mearachdach, an uair a ta mòran shluagh toilichte le gach teagasg, ma tha an duine ach 'na fhocalair maith, no bith-bhriathrach, ach cha 'n eil iad a tuigsinn guth Chrìosd 'gan gairm. Tha iad aineolach air an ni so. Ach tha caoraich Chrìosd a tuigsinn guth Chrìosd, agus nach 'eil 'sa mhinisteir ach an soitheach creadha, an trompaid. 'S e guth Fir mo ghràidh a ta ann. Tha iad a nis a cluinntinn guth an Tighearna, a creidsinn ciod a ta e ag ràdh. Gu bheil iad féin air falbh o Dhia, o Chrìosd, nan ceannaircich, agus a' bàsachadh do'n ghoirt. A tuigsinn gu bheil e 'gan gairm d' a ionnsuidh air son slàinte, air son tròcair d' an anamaibh. Tha so a cosnadh an cridhe gu éisdeachd le cùram, le ro-fhaire, le cùram agus saothair am meadhonaibh nan gràs.

3. Tha iad a gabhail tlachd an guth Chrìosd. Tha guth Chrìosd am focal an t-soisgeil a teachd gu bhi ro-luachmhor dhaibh. Gheibhear a nis iad a feitheamh le tlachd air meadhonaibh, air leughadh agus éisdeachd an fhocail. Na

[TD 65]

bitheadh iongnadh oirbh, a muinntir an t-saoghail, ged chi sibh muinntir a teachd gu cùram, agus am mùthadh am beachd, ge do chi sibh iad a fàs toigheach air an fhocal, air ùrnuigh, air searmonaibh, agus ge do bhith beagan fois aca ach annta. 'G e do fhàsadh iad gun a bhi co aireach mo nithibh an t-saoghail air am bheil ur cridheachan-sa suidhichte. 'S e Chrìosd a tha toirt an cridheachan gu bhi 'g éisdeachd ris le tlachd. Tha iad a' gabhail toilinntinn ann. 'S e an eleminte e. O ciod mar bha e do Mhuire an uair a shuidh i aig casan Chrìosd ag éisdeachd ri 'theagasg! An so tha e a' silleadh mar an drùchd-mar labhair Maois-air an anamaibh le solas agus blas agus beatha agus misnich. An so cha 'n e a mhàin gu bheil iad a tuigsinn guth Chrìosd ach tha an cridheachan a fosgladh. Tha an innigh a gluasad air a shon. Tha mir ruidhteach a silleadh air làimhibh na glaise. Tha Chrìosd fear-gràidh na h-eaglais air cur a làmh tre tholl an doruis, agus tha fhocail mar mir ruidhteach a silleadh chum an anama. Cosnadh so a cridhe do Chrìosd, dh' eiridh mi a dh' fhosgladh an dorus do fhear mo ghràidh. 'S ann mar so a bha an dithis dheisciobuil a' dol gu Emaus 'nuair a mhìnich Chrìosd an Scriobhtuir dhoibh mo thimchioll féin, las an anama-an cridheachan. 'S ann mar so a' Mhuire a dh' ung cosan Chrìosd, 'nuair a dh' fhosgail guth agus gaol Chrìosd a cridhe. Mar so tha caoraich

Chriosd ag éisdeachd r' a ghuth. 'S ann an so a tha bròn diadhaidh an fhior aithreachais a sruthadh, an uair a ta focal Chriosd-guth Chriosd-mar a' chùr mheala do 'n anam.

4. Tha iad a toirt ùmhlachd do fhocal Chriosd agus 'ga ghabhail mar rioghailt am beatha. Tha cridheachan air an cumadh ri guth Chriosd, agus lagh Chriosd air a sgrìobhadh air an cridheachan. Tha iad gu h-iomlan toilichte leis, le Chriosd mar an Slànuighear, an Tighearna agus fear-an-gràidh agus le 'lagh mar rioghailt am beatha. Tha iad a leigeil as an greim da, agus a tionndadh a chleachduinn, agus cliù agus onairean an t-saoghail so, a bha aca roimh mar an rioghailt, agus a deanamh roghainn do Chriosd agus da lagh, làn riarachaidhean leo mar an cuibhrionn. Cuibhrionn mo chup is m' oighreachd Dia. An àitibh aoibhneach thuit mo lion, is leam òighreachd bhriagh nach gann. Tha so uile soilleir o na l4, 15, rannaibh—"Is mise am buachaill maith, agus is aithne dhomh mo chaoraich féin, agus aithnichear le

[TD 66]

mo chaoraich féin mi. Mar is aithne do 'n Athair mise, agus is aithne dhomh-sa an t-Athair.

III. Tha so 'gar treòrachadh gu bhi labhairt air an treas ceann, ciod a tha sinn ri thuigsinn le briathraibh Chriosd, is aithne dhomhsa iad. B' aithne do Chriosd iadsan ma b' aithne dhoibh-san esan. Cha 'n 'eil sinn ri thuigsinn le so gur aithne dha iad mar neach uile-leirsineach. Is aithne da a chuid eile do t-saoghail mar so, an uile gnìomhara.

1. Is aithne dha iad mar a sheilbh féin. Bha iad air an toirt da leis an Athair mar a sheilbh as a chuid eile do t-saoghail, agus is aithne dha iad mar so, mar a mhuinntir a thug an t-Athair dha. Tha aithne shònruichte aige orra mar so. Mar a ta aithne aig tuathanach air a sheilbh féin, 's iad a chuid féin iad, agus ciod air bith àite, no aois am bheil iad, tha sùile Chriosd orra mar a mhuinntir féin, mar ionmhas 's a t-saoghal. 'S iad a sheudan iad, agus ma bheil iad air an toirt gu aithne airsan tha e ga dìon o iomadh cunnart. 'S e seudan ni a ta riomhach le neach mar so. 'S iadsan seudan Chriosd. 'S ann air an son a tha e beathachadh an t-saoghail.

2. Is aithne dha iad mar a chùram 's a t-saoghal, dh' earb an t-Athair ris iad. Chuir e 'na chùram air, an toirt dachaidh, agus tha e ri faire tharta. Bheir e stigh iad chum crò nan caorach, beathaichidh e iad. Tha aithne àraidh aige orra mar so.

3. Is aithne dha iad le tlachd. 'S iad cuspairean a ghràidh iad so. Tha 'chridhe suidhichte orra an gaol. Ciod mar thaisbean e a ghaol agus a chùram da dheisciobluidh an uair a bha e 's a t-saoghal, mar so tha gaol aige dhoibh. 'S iad cuspairean a ghràidh iad. Tha e posda riu. Dh' fhosgail e chridhe, dhoirt e fuil a chridhe, air an son.

4. Is aithne dha an uile mhianna agus an uile uireasbhuidh. Tha mòran easbhuidhean orra. Tha iad nan creatairean bochd, ach tha Crìosd iomchuidh air son an uile bhochdain. Agus tha aithne aig orra chum an leigheas. Deanaidh e suas an easbhuidhean uile as a lànachd féin. Bheir e solus an àm dorchadais, beatha an uair a ta iad a fannachadh, neart agus gliocas a réir am feum.

5. Is aithne dha iad mar shaothair anama agus mar so tha cùram aige dhiubh. O, cia beannaichte na caoraich, treud Chrìosd.

[TD 67]

Codhùnadh.

1. Faiceamaid o'n teagasg gur ann o shaor-ghràs agus àrd-uachdaranachd Dhé a tha slàinte pheacach.

2. Faiceamaid o'n teagasg so ar staid féin, an cuala sin, no nach cuala guth Chrìosd.

3. Cunnart na muinntir nach cual, nach d' eisd ris.

4. Sonas na muinntir a chuala, a dh' eisd ris, agus an dleasnas.

5. Earail gu éisdeachd ris gun dàil a feadh a ta sinn 's a t-saoghal so, agus a tha meadhona againn.

IV. (1). Leanaidh iad a theagasg. Tha teagasg aig Crìosd d' a phobull, teagasg an t-soisgeil.

(2). Leanaidh iad eiseimpleir.

(3). Leanaidh iad a lagh mar rioghailt am beatha.

[TD 68]

BRATACH DHE AIR A TOGAIL SUAS AN AGHAIDH AN NAMHAID.

ISAIAH lix. 19.—“An uair a thig an nàmhaid mar thuil, togaidh Spiorad an Tighearna suas bratach na 'aghaidh.”

ANNS a' chaibdil so tha am fàidh a nochdadh gu 'n e peacaidh agus aingidheachd pobull aidmhealach gu sònruichte aobhar an trioblaidean agus an amgharan, 1, 2 <eng>verses.<gai> An uair a ta pobull faicinneach le 'n cùl-sleamhnachaidh agus aingidheachd a toiltinn a bhi gu h-iomlan air an tréigsinn le Dia, a bhi air an toirt thairis gu sgrios, gu bhi air an slugadh suas le nàmhdaibh, tha an Tighearn gu tric 'ga thaisbeanadh féin an tròcair, agus 'gan saoradh, 'nuair a bhiodh e ceart 'nan sgrios. Tha e deanadh so cha 'n ann air an sonsan, ach air sgàth ainm féin, agus mar an ceudna gu 'r ann am measg pobull faicinnich a ta fhior shluagh. Tha so soilleir o'n chaibdil so, aige an t-sea rann deug. Tha e cosmhuil gu bheil sùil

shònruichte aig na briathra so ri glòir nan lathan deireannach, agus ri saorsa sluagh na h-eaglais Ath-leasuichte, cùl-shleamhnach, pheacach, ann an saorsa thoirt dith agus a h-ath-bheòthachadh agus a glanadh, “An uair a thig an nàmhaid mar thuil, togaidh Spiorad an Tighearna suas bratach na ’aghaidh.”

Ann an labhairt beagan air na briathra so, bheir mi oidhirp tre ghràs a nochdadh: –

I. Ciod e an nàmhaid a bhi teachd mar thuil.

II. Gu de a ta a’ bhratach a bhi air a togail suas na ’aghaidh a ciallachadh.

III. Gu ’n e Spiorad an Tighearna a ta ’ga togail suas.

I. A reir an òrdugh so tha mi an tùs gu bhi nochdadh ciod e an nàmhaid a bhi teachd mar thuil.

Leis an nàmhaid tuigibh Satan, prionnsa an dorchadais. ’S e nàmhaid Dhia agus Chrìosd e. Tha e do ghnàth a cur an aghaidh Dhia agus a Chrìosda-san. ’S e nàmhaid onair agus glòir, agus sonas Dhia; agus nàmhaid Chrìosd e ’na phearsa, ’na chliù, ’na shlàinte. ’S e nàmhaid pobull Dé e. Tha fuath iomlan aige doibh. Tha e do ghnàth a’ dol mu’n cuairt mar leomhan beucach ag iarraidh am milleadh air aon

[TD 69]

dòigh no dòigh eile. Cha ’n ’eil fois aige ach ann a bhi a cuir an aghaidh Dhia, a shoisgeil agus a phobuill. ’S e focal agus teagasg na fìrinn meadhon sònruichte Dhia ann an cur an aghaidh an nàmhaid so, am milleadh a rioghachd, agus an slànachadh pheacach chum cliù glòir a ghràis. Agus ’s e obair shònruichte an diabhoil a bhi cur an aghaidh focal agus teagasg na fìrinn, a bhi ga thruailleadh, agus a milleadh anama agus cuirp daoine. Tha amaibh ann anns am bheil a’ soirbheachadh leis nis mo na chéile am measg daoine, agus an uair a ta soirbheachadh leis ann a bhi gu mòr a truailleadh, a lionadh inntinnibh daoine le mearachdan, tha e teachd a steach mar thuil. Tuil do mhearachdan agus do ain-diadhachd a ta slugadh suas mòran, agus an cunnart an sluagh ’s a choitchion a ghiùlan air falbh o fhìor-eòlas agus eagal De gu sgrios—“Thilg an nathair as a beul uisge mar thuil, an déigh na mna chum gu’n tugadh i oirre bhi air a ghiùlan air falbh leis an t-sruth”—Rev. xii 15.

1. Ana-creideamh. Le ana-creideamh cha ’n ’eil mi ciallachadh an so ana-creideamh nan cinneach, no an t-sluaigh sin aig nach ’eil am focal no meadhonaibh nan gràs, tha iadsan ’nan ana-creididh; no ana-creidimh luchd-aideachaidh nach ’eil air am breth a rìs, ach ana-creidimh anns a’ Bhìobul, an Scriobtur a bhi o Dhia, muinntir ris an abair sinn anns a Bheurla <eng>infidels.<gai> Tha iad ag aicheadh an Scriobtur gu ’n e focal Dé, nach ’eil ann ach mealladh, ag ràdh gu leòir reusan nàdur an duine gu theagasg, gu dhleasnais fhoillseachadh da. A nis do bhrìgh gu ’n e am focal toil

fhoillsichte Dhia a ta air a dheachdadh uile leis an Spiorad Naomh, agus rioghailt teagasg agus dleasnas, agus meadhon sònruichte ath-ghineamhain, creididh agus naomhachaidh daoine, tha ana-creidimh an toil fhoillsichte Dhia na ni a ta mar thuil a giùlan air falbh daoine o Dhia, agus o eagal. 'Nuair a ta an Diabhol a faotainn aireamh air falbh anns an ni so, am measg sluagh aidmhealach, a ta e teachd a steach mar thuil.

2. Saobh chreidimh. 'S e sin beachdan mearachdach air an fhirinn, focal Dé. An uair ge do tha muinntir aig aideachadh an Sgriobtuir a bhi o Dhia, gu'n e focal an Dé bheò, a ta iad a caidreadh, agus teagasg beachdan mearachdach mu thimchioll, gu sònruichte a thaobh firinnean sònruichte an fhocail air am bheil slàinte pheacach a seasamh.

[TD 70]

Mar luchd-leanmhuinn Shocinus a ta 'g àicheadh diadhachd Chrìosd agus 'fhulangais agus a bhàs a bhi na iobairt réite an àite pheacach. Mar na Papanach, a ta le an toirt da am Papa mòr cumhachd gu peacaidh a mhaitheadh, nan iobairt ann an ifrinn, (1) a deanadh eadar mheadhonair do'n òigh Muire, do ainglibh, agus do naoimh, ag aicheadh teagasg an fhireanaichidh tre chreididh an Chrìosd, agus fulaing binn purgadaireachd, agus iomadh saobh-chreidimh eile, a' toirt air falbh, aig aicheadh Chrìosd mar Rìgh Eaglais, iobairt, eadar-ghuidhe, agus gu bheil dòigh eile gu glanadh o pheacadh ach le feartan 'fhola, agus a Spioraid. Mar iadsan mar an ceudna a ta 'g aicheadh iomlanachd truailleachd nàduir, feum ath-ghineamhuin, agus obair an treas Pearsa, agus naomhachd a bhi feumail. 'S e na ponga so do'n fhirinn air am bheil slàinte anama daoine, agus onair, agus glòir Dhia a seasamh am measg pobull aidmheileach. Agus a ta fhios aig an Diabhol air so, agus a ta e saothreachadh chum inntinn daoine a dhorachadh agus a thruailleadh do'n taobh, agus an uair a ta soirbheachadh leis am measg pobull aidmheileach a ta e teachd a steach mar thuil. Is aithne da mar an ceudna an t-àm freagarrach air a shon so, an uair a ta cumhachd na diadhachd iosal am measg pobull aidmheileach, an uair nach 'eil ach beagan air an dusgadh agus air an iompachadh nam measg.

3. Cleachdaine peacach, aingidh agus an-diadhaidh, mi noamhachadh latha Dhia, feòlmhoireachd agus talmhaidheachd, neo-ghlanas, misg, ruidhtearachd, macnus, breugan, goid, etc. Is iad so toradh mearachdan agus pobull a thilgeadh dhiubh eagal Dé. An uair a ta cleachdaine aindiadhaidh mar so a' fàs lionmhor, a ta iadsan a ta gluasad annta air fàs dàna, a deanadh dimeas agus tàir air rioghailt agus ùghdaras 'eaglais. Tha nàmhaid a teachd a steach mar thuil. Tha ain-diadhachd a togail a cinn, a fàs treun. Maille ri so tha mar an ceudna gluasad neo-fhacaillich agus pheacach luchd aideachaidh diadhachd. Tha na nithe so fa leth mar thuil aindiadhachd a giùlan an t-sluaigh air falbh o Dhia, o eagal, o ùmhlachd, agus o fhìor sheirbheis Dé; agus aonaidh iad so uile le chéile an aghaidh Chrìosd, an aghaidh a shoisgeil agus a phobuill.

(1) <eng>Perhaps Purgatory.<gai>

[TD 71]

II. Tha so ga 'r toirt gus an dara ni, 's e sin gu de e a bhratach a ta so, agus i bhi air a togail suas. Tha feum na bratach soilleir, tha i air son feachd no armailt, gu iomachd, air son a chath, agus buaidh, tha i air son seòladh, misneachaidh. Anns an Scriobtuir a ta i ciallachadh caochladh nithe. Tha i ciallachadh Chrìosd, cuspair a chreididh agus na slàinte air son peacaidh (1) a bhi teachd da ionnsuidh, agus mar an ceudna ceann agus ceannard a shluaigh Isaiah xi. 10. 2. 'Gràdh Chrìosd da phobull, gràdh Chrìosd, Dan Sholamh ii. 4, "Thug e mi do thigh an fhiona agus bi a bhratach tharum gràdh." 3. Tha i a ciallachadh an t-soisgeil no fìrinnean sònruichte agus luachmhor an t-soisgeil, Isaiah xlix. 22, lxii. 10. Tha a bhratach so a bhi air a togail suas an aghaidh an nàmhaid, fìrinnean an t-soisgeil a bhi air an togail suas le solus, agus cumhachd an aghaidh tuil mearachdan Shatan a ta cur teicheadh orra, a toirt buaidh.

An uair a ta Satan a' briseadh a steach mar thuil tha na fìrinnean air an dorchadh, air an truailleadh le daoine, agus gun bhuidh aca; ach an uair a ta iad air an togail suas le solus agus cumhachd tha buaidh aca an cridheachan daoine.

1. Fìrinn iomlanachd truailleachd agus cionta chlann nan daoine, gu bheil iad gu h-iomlan gun mhaith sam bith annta, agus fodh bhreitheanas an dìtidh.

2. Fìrinn diadhachd Pearsa Chrìosd. Rinneadh am focal, etc. An réite iomlan a rinn e le 'bhàs an àite pheacach. Feum na slàinte iomlan a thug e steach le 'bhàs, fhìreantachd iomlan, agus gur ann a mhàin tre chreididh na phearsa mar Fhear-saoraidh, na fhìreantachd iomlan, a ta peacaidh air am fìreanachadh am fianuis Dè-teagasg sònruichte na ath-ghineamhain, agus naomhachd, etc.-agus dreuchd an Spioraid am beòthachadh, an soillseachadh agus an naomhachadh.

Tha 'bhratach so a bhi air a' togail suas a ciallachadh nam fìrinnean so a bhi air an cumail a mach le solus agus cumhachd an aghaidh mearachdan an nàmhaid.

A tus an inntinnean agus an cridheachan daoine a ta gu searmunachdh, gu cumail a mach, gu fianuis a dheanamh orra mar an cridheachaibh nan abstol air latha na Caingis, an inntinn, an cridhe Luther agus Chalvin, agus an àm an Athleasachaidh.

(1) <eng>sinners.<gai>

[TD 72]

2. An sin an inntinnean agus an cridheachan an t-sluaigh tre cumail

a mach, a' searmonachadh nan fìrinnean so le solus, eud, agus cumhachd, an dearbhadh air peacadh, olc a' pheacaidh, an eòlas air Crìosd 'na mhaise, na iomlanachd, na ghlòir, agus na shaorsa mar Shlànuighear, an ioraisleachadh, an ath-nuadhachadh agus an toirt pheacach gu ùmhlachd Chrìosd. An sin tha Crìosd a bha air adhladh <eng>(buried), <gai> le dorchadas agus mearachdan Shatan, air a thogail suas mar bhratach do 'n t-sluagh. Da ionnsuidh-san iarraidh iad. An sin bithidh teicheadh air a chur air an nàmhaid, caillidh fheachd an neart agus bithidh a rioghachd an cridheachan, an caitheadh beatha daoine, a tuiteam mar dhealanach o nèimh. An sin bithidh pobull Dé treun air son na fìrinn, agus an naimhdean gun neart.

3. Tha so ga 'r toirt gus an treas ceann, gu'n e Spiorad an Tighearna a ta togail suas na bratach so. Tha e deanamh feum do ionstruimte ach 's an uaith-san a ta cumhachd, "Cha 'n ann le neart no le cumhachd, ach le mo spiorad-sa, deir Tighearna nan sluagh."—Zech. iv. 6. "'S e an Spiorad a bheòthaicheas." Tha an cumhachd ceudna, an Spiorad ceudna a dheachd an fhìrinn feumach gu beannachadh, gu deanadh eifeachdach chum beòthachaidh, soillseachaidh agus ath-nuadhachaidh. Tha e nis an làn dearbheachd an Spioraid agus an cumhachd. 'Nuair a ta Spiorad an Tighearna togail suas na bratach, tha am focal, cha 'n ann mar fhocal duine, ach mar fhocal Dé. Is e an fhìrinn focal an Dé bheò, agus ag oibreachadh gu éifeachdach annta-san a ta creidsinn, "Do Spiorad féin da'n cruthachadh rìs cuirear leat a mach." "Anns an latha sin dòirtidh mi air tigh shaibhidh," etc.

Co-dhùnadh.

1. Feudaidh sinn fhaicinn o na nithe so ciod e an nàmhaid a bhi teachd a steach mar thuil am measg pobuill no sluaigh aidmheileich, gu n'e e bhi truailleadh inntinnean daoine le beachdan mearachdach air fìrinn Dé agus an sin 'ga toirt gu cleachdadh agus caithe-beatha mi-dhiadhaidh. Agus feudaidh sinn fhaicinn gu bheil e teachd a steach mar thuil 'nar lathana, mòran aig aicheadh fìrinn focal Dé. Mearachdan agus saobh-chreidimh a meadachadh, cumhachd Eaglais na Roimh, duine a' pheacaidh, mac an sgrios, aig

[TD 73]

éiridh agus a meadachadh, cumhachd Chrìosd mar Rìgh Shìon, Eaglais, air aicheadh, agus fìrinnean a chreididh Chrìosduidh, teagasgan an t-soisgeil. Creidimh Mhohammed, nan Iudhach a ta 'g aicheadh teachd a Mhessiah, agus gach seòrsa eile air a mheas co maith ri teagasg agus aideach a Chreididh Chrìosduidh. Ain-diadhachd a meudachadh, agus gnùis agus ùghdaras air a thoirt doibhsan a ta toirt gnùis do na pheacadh, agus gach seòrsa dhiubh so aig aonadh ri chéile an aghaidh, agus chum cuir as do'n na teagasgan agus na rioghaltan sin a shaor sin mar phobull, agus mar rioghachd o dorchadas iodhal-aoraidh agus o ain-tighearnais duine 'pheacaidh, etc., agus a thug saorsa agus soirbheachadh dhuinn mar rioghachd.

2. Co feumach agus a ta gu biodh Spiorad an Tighearn a togail suas bratach nar measg an aghaidh tuil an nàmhaid. Gu biodh e dusgadh fianuisean soilleir, beò, eudmhor agus cumhachdach, 'nur measg, agus gu biodh e beannachadh na fìrinn gu dusgadh, gu iompachadh agus ath-nuadhachadh pheacach, agus gu ath-bheothachadh agus glanadh a phobuill. Agus tha misneach gu tagar (1) ri Dia air a shon so, oir tha fuigheal an Spioraid maille ris, agus tha ghealladh an uair a thig an nàmhaid a steach mar thuil gu tog e suas bratach na 'aghaidh. Ged nach airidh sinne air a so agus ged nach dean E e air ar son-ne, gidheadh ni se e na àm féin air son ainme féin. Ach leigibh leam a' ràdh, ma thig an Tighearna mar so, ma thogas e suas bratach an aghaidh nam mearachdan agus ain-diadhachd ar latha, nach ann air an dòigh a ta mòran a saoil sinn, agus mòran a ta deanadh fuaim nar measg; gabhaidh e glòir na h-oibre da féin. Cha tig e chum daoine a thogail suas nam beachd féin, ach thig e an rathad ioraisleachaidh, an rathad bròn agus nàire, etc.

3. Tha fios agaibh cheana air aobhar ar cruinneachadh an so an diugh gur ann chum cuimhne a chumail air co-chruineachdardh ard-sheanadh Eaglais na h-Alba an Glasgow da cheud bliadhna o'n am so, co-chruinneachadh a sheas co-fior agus treubhanta air son nan teagasgan agus nan rioghailtean a bha air an suidheachadh an àm Athleasachaidh nar rioghachd, agus sin an uair a bha oidhirp air a thoirt leis an nàmhaid tre na cumhachdan a bha rioghladh agus daoine truaillidh air mearachdan agus iodhal-aoraidh

(1) tagradh.

[TD 74]

Eaglais na Roimh a thoirt a steach a rìs mar thuil. Thog Spiorad an Tighearna annta-san agus leosan bratach suas. Feudaidh sinn smuainteachadh ciod an tomhas saoi bhir do'n Spiorad mar Spiorad eolais, gliocais eud-diadhaidh, agus neart a ghabh còmhnuidh orra. An Spiorad sin a thàinig air latha na Cuingis mar theine air na h-abstoil, agus a rinn co treubhach iadsan a bha co eagalach agus gealtach a roimhidh. An Spiorad sin tre na bhratach a thog iad, na fianuis a rinn iad air bàs agus ais-éirigh Chrìosd, agus àrdachadh mar Phrionsa agus Shlànuighear gu deas làmh na mòrachd, etc., a bhior nan cridheachaibh trì mìle a roimhidh a dh' aicheadh Chrìosd, a cheus e le olc am peacaidh, agus a thug iad gu bhi cur meas air mar Shlànuighear agus Phrionsa na Beatha. Air leam gu bheil mi faicinn an Spioraid ceudna an tomhas a teachd agus 'gabhail tamh air buil a cho-chruinnich sin mar ghaoith ro-threun, mar theine, agus teangaibh sgoilte, gu seasamh air son na fìrinn, gu bratach a thogail suas air son Chrìosd an aghaidh nàmhaid, agus esan agus armachd air an lot a' teicheadh. Deanamaid an ni ceudna aig amharc da ionnsuidh-san aig am bheil fuigheal an Spioraid. (1)

<eng>Nigg, 20th November, 1838.

(1) Preached in Rosskeen Church in commemoration of the Assembly held at Glasgow, 1638.<gai>

[TD 75]

CRIOSD MAR IOBAIRT-PHEACaidH AIR-SON A SHLUAIGH.

2 CORINT. v. 21.—“Oir rinn ’s e esan do nach b’ aithne peacadh na iobairt pheacaidh air ar son-ne; chum gu bitheamaid air ar deanamh ’nar fìreantachd Dhé ann-san.”

BHA Corintus ’na bhaile do Achaia, far an do phlantaich Pol eaglais. Air dha am fagail, thàinig iomadh truailleachd nam measg. Am pairt le luchd teagasg mealtach, agus mar an ceudna le misg agus geòcaireachd. Thug so air an abstol a’ cheud litir a scriobhadh do ’n ionnsuidh air son an seòladh agus an cronachadh. Chaidh an dara litir so a scriobhadh da ’n ionnsuidh bliadhna an déigh na ceud aon, chum am misneachadh agus an daighneachadh ’s an fhìrinn. ’S a’ chaibidil so tha e an tùs a leigeil ris dhoibh ciod a bha ga chumail-san agus a bhraithre suas fo ’n uile thrioblaidibh, dochas no earbsa na beatha maireannaich. Tha e an sin a cur air céill ùghdarais mar theachdaire o Dhia, agus ag labhairt air dà ni feumail do gach aon ma bi iad ’nam fìor-chreidimh (1) ann an Criosd-ath-ghineamhuinn, no nuadh chruthachadh-agus réite ri Dia. “Ma tha neach ’s a bith an Criosd is creutair nuadh e, chaidh na seann nithe seachad, feuch rinneadh na h-uile nithe nuadh.” Agus an sin a cur an céill a theachdaireachd, a guidhe orra a bhi réidh ri Dia. Agus ann a briathraibh ar teagasg, tha e leigeil ris daibh an stéigh no grunn air a shon so, agus a deanadh feum deth mar argumainte gu misneachadh agus gu brosnachadh gu éisdeachd ri teachd-aireachd na slàinte. Oir rinn ’s e esan do nach b’ aithne peacadh na iobairt-pheacaidh air ar son-ne; chum gu bitheamaid air ar deanamh ’nar fìreantachd Dhé ann-san.

Anns na briathraibh so tha tri nithibh chum am bheil rùn orm ’s an àm so air na ’n inntinnibh a threòrachadh.

I. Naomhachd an Eadar-mheadhonair, cha b’ aithne dha peacadh.

II. Gu robh Criosd air a dheanamh na pheacadh, no na iobairt air son peacaidh.

(1) fìor-chreidmhich.

[TD 76]

III. A chrìoch air son an robh e air a dheanamh na iobairt-pheacaidh, chum gu bidheamaid air ar deanadh nar fìreantachd Dhé ann-san.

A réir an òrduigh so tha sinn air tùs gu bhi labhairt air naomhachd

an Eadar-mheadhonair. Cha b' aithne dha peacadh. Tha e feumail duinn an so a thoirt fainear ciod e peacadh, agus cha chomasach mise freagair as fearr a thoirt do na cheisd so na tha againn ann an Leabhar ath-ghearr nan Ceisd a bhuineas do Eaglais na h-Alba. 'S e peacadh easbhuidh 's a bith a bhi cosmhuil ris, no briseadh air lagh Dhé. 'S e peacaidh easbhuidh bhi cumta an gràdh agus ann an ùmhlachd ris an ni a tha lagh Dé ag iarraidh, no brisidh 's a bith air, am beatha no an cleachduinn. Tha an lagh ag iarraidh dà ni, a cheud aon a bhi cosmhuil ri lagh Dé, an dara aon, gun briseadh 's a bith a dheanamh air; no bhi 'ga mhineachadh le sàmhladh nàdur; an t-òr a ta air a ghnàthachadh 's a dùthaich so 's éigin da a bhi a réir na rioghailt no an lagh-feumaidh an tomhas, no an cudthrom ceart a bhi ann a ta lagh na rioghachd 'ga iarraidh, ach ge do bhitheas an cudthrom ann mur bi e glan, do òr ceart, cha seas e. Mar so cha 'n e a mhàin gur e peacadh briseadh air lagh Dé, ach 's e easbhuidh teachd a nios le iarrtais an gràdh, am meas, an gloinid, agus an ùmhlachd do Dhia, agus d' ar coimhearsnach. A nis ma bha Criosd gun easbhuidh 's a bith a thaoibh an lagh agus nach do bhris e riamh e, cha b' aithne dha peacaidh. Ach gu so a dhearbhadh bheir sinn fainear 's a cheud àite nach robh peacadh gin aig Criosd. Bha e air a chruthachadh naomh saor o thruailleachd. Tha na h-uile do shliochd Adhamh a tha teachd a nuas uaith trid ginealachadh gnàthaichte air an gintinn ann am peacadh, agus a teachd a dh' ionnsuidh an t-saoghail ann an aingidheachd. Ach bha Criosd air a ghintinn le cumhachd an Spioraid Naoimh, a réir briathra an aingil ri Muire, "Thig an Spiorad Naomh ort, agus cuiridh cumhachd an Ti a's àirde sgàil ort, uime sin an ni naomha a bheirear leat goirear Mac Dé dheth." Bha e naomh ann na nàdur, freagarrach do lagh an Athar. Ach mar dhuine, bha e ceangailte a bhi toirt ùmhlachd iomlan do lagh 'na nàdur agus na chaithe-beatha, agus rinn e sud an còmhnuidh.

[TD 77]

2. Cha 'ne mhàin gu robh e naomh na nàdur ach thàinig e nios le uile iartaisibh an lagh, thaoibh gràdh agus ùmhlachd do lagh cha robh easbhuidh sa bith ann, cha 'ne amhàin nach robh ni sa bith ann an aghaidh lagh, ach thàinig e nios le uile iartaisibh an lagh, na ghaol, na mhiannaibh agus na chaithe-beatha, agus ghradhaich e a chomhairsneach mar e féin. Bha e miannachadh matha an anama, umhal da phàrantaibh, agus do ghnàth dol ma'n cuairt a deanamh math.

Mar dhuine agus mar Isralach bha e fodh lagh na deas ghnàth, agus rinn e ùmhlachd a thoirt da, bha e air a thiomchuill-ghearradh.

A ris bha Criosd fodh lagh chùmnant nan gràs mar eadar-mheadhonair. Cha 'n 'eil lagh Dé a ta air a chur sios anns na deich aithnidh aig iarraidh gu biodh neach sa bith a teachd fo bhochdain, truaghaibh agus bàs, mur dean e an lagh a bhriseadh. Ach ge do bha Criosd naomh ann féin, bha e 'na dhuine trioblaideach agus eolach air bròn, gidheadh ann 'na uile bhròin bha e umhal, toilicht a bhith fulang, 'nuair a chàineadh e cha do bhagar e, bha e balbh mar uan. Ann 'na uile thrioblaidibh agus fhulangasaibh bha e toileach, oir bha e umhal gu bàs eadhon bàs a chroinn-cheusaidh.

B'è lagh a' chùmhnannt gu gabhadh e nàdur an duine, agus annsa nàdur sin gu fuiling e dimeas, ocras, àmhghar, gu giùlanadh e mallachadh a lagh, gu dòirteadh e mach anam gu bàs, air son a phobuill a thug an t-Athair da; agus rinn Criosd gach ni dheth sud gu toileach, bha e glan naomh, agus umhal anns gach ni, "feuch tha mi teachd a dheanadh do thoil a Dhé." Cha robh easbhuidh sa bith air ùmhlachd Chriosd do lagh na modhanaibh, no do lagh cùmhnannt nan gràs. Bha e glan gun spot gun smal. Ach b' e Mac Dhia, an dara pearsa do'n Diadhachd mar eadar-mheadhonair, glòirmhor ann féin, naomh, neo-lochdach agus eadar-dhealaichte o pheacaidh. Gidheadh ged nach b' aithne dha peacadh bha e air a dheanamh na pheacadh, no na iobairt-pheacaidh air son a phobuill. Tha so 'gar treòrachadh gus an dara ceann gu bhi leigeil ris gu robh Criosd air a dheanadh na pheacadh, oir rinn 'se esan do nach b' aithne peacadh na iobairt pheacaidh air ar son-ne, chum gu bitheamaid nar fìreantachd Dhé annsan.

[TD 78]

Tha e feumail duinn an so thabhairt fainear nuair a tha e air a ràdh gu robh Criosd air a dheanadh na pheacadh, nach 'eil sin r'a thuigsinn gu robh e air a dheanadh na pheacach. Cha robh a nadur air a thruailleadh leis, ach gu robh peacaidh a phobuill air a chur as a leth. Tha focal peacadh anns 'sa chànain Eabhrach air a ghnàthachadh leis a mhuinntir a dh' eadar-theangaich e chum na Greigeis air son iobairt-pheacaidh, ann 's a robh cionta an neach a rinn an lochd air a dheanadh thairis a réir lagh na deas-ghnàth air an iobairt. Mar chomhara air a so leig e làmh air ceann na iobairt agus bha i air a marbhadh an làithir an Tighearna a dheanadh réite Lev. iv. 22. Bha na h-iobairtean ud nan samhladh air Criosd. Sheas Criosd a réir cùmhnannt na'n gràs ann an àite a phobuill mar an urras, oir mar a seasadh e nan àite ciod mar bhiodh e ceart gu bitheadh saothir, no àmhghar, no bàs aig-san a bha naomh 'g a fhulaing. Ach air da seasamh an àite nan ciontach, chaidh am peacaidh a mheas thairis da, bha iad air an cur as a leth, agus uaithe so chi sibh aobhar gach trioblaid agus sgrios, agus 'gheur leanmhuin a bha aig Criosd.

1. Bha Criosd air fhaoitinn 'na pheacach a réir cùmhnannta nan gràs le peacaidh a phobuil a bhi air a chur as a leth leis an Athair, agus uime sin bha e 'na dhuine dhoilghiosan agus eolach air bròn, a fulang ocras, sgios, agus tàir an t-sluaigh, air a bhairidh le daoineibh agus le droch spiora-adaibh; chuir an t-Athair peacadh an t-sluaigh thagta as a leth.

2. Do bhrigh gu robh peacadh air a chuir as a leth agus gu do ghabh e ris, bha e le lagh agus ceartas air fhaoitinn ciontach, toiltineach air a pheanas a tha peacadh 'ga thoiltinn. Agus ma tha gach aon pheacadh a toiltinn fearg agus mallachadh Dé, ciod an fheirg agus am mallachadh fodh 'n d' thàinig Criosd, 'nuair a bha peacaidh gin agus gnìomh nam miltean mhac agus nighean a bhitheas air an toirt gu glòir leis, air a chur as a leth.

3. A réir mar bha iadsan fò lagh aig aideachadh am peacaidh le làimh

air ceann na h-iobairt, rinn an t-Athair a làmh a leigeil air Criosd, thàinig Criosd dlùth do 'n Athair. Bha peacaidh na h-eaglais, no an t-shluaigh thaghta uile air an cur a leth Chriosd nam meud agus nan dreach, thainig iad dlùth air anam naomh.

[TD 79]

A ris air do Chriosd a bhi mar so air fhaotainn ciontach bha am peanas a bha iad a toiltinn air a leagail gu laghail air Criosd. Ciod an sealladh agus am mothachadh a bha aige ann an garadh Gethsemane air féirg agus corruich an Athar an uair a thuit e air an talamh agus a rinn e ùrnuigh ni bu durachdaidh, agus trid amhghar a bha fallas mar bhraona mòra falla a tuiteam chum na talmhainn. O ciod an teine do fhéirg a bha na anam an sud a thug air a chorp a bhi 's a staid ud. A sud cha robh neach do na h-Iudaich, no do na Romanaich chum a bhualadh.

Air a chrann-cheusaidh bha e air a dheanadh na iobairt air son peacaidh. Fodh 'n t-seann tiomnadh bu ghnàth le teine teachd a nuas o nèimh agus na h-iobairtean a' losgadh, ach cha robh sud ach na shamhladh air an dòigh air an robh Criosd air iobradh, thàinig féirg an Athar a stigh da anam gus an robh e air leaghadh mar chéir a taobh a stigh dheth. Dh' fholuich e gnùis gràidh uaidh, agus bha air fhàgail ann dorchadas tiugh, a fulang peanas a pheacaidh, a thug air glaodh mach, "Mo Dhia, mo Dhia, com (1) a thréig thu mi?" Dh' fhuiling e mar an ceudna am bàs nàdurra, chaidh dealachadh eadar 'anam agus a chorp. Thug am peacadh am bàs a steach do 'n t-saoghal, thàinig am bàs air na h-uile do bhrìgh gu 'n do pheacaidh na h-uile. Cha do pheacaidh Criosd e féin, agus cha robh ceart aig a' bhàs air, ach do bhrìgh gu 'n do sheas e an àite a phobuill, a réir lagh a chùmhnannt thàinig am bàs air.

III. Co rinn Criosd na pheacadh? 'S e an t-Athair, a réir briathraibh ar teagasg, oir rinn 's e esan, etc.

'S e an t-Athair a fhuair a mach Criosd, agus a chur air leth e air son na h-oibre o shiòrruidheachd, agus ann an coimhlionadh na h-aimsir a dh'ullaich corp da. Ach 's e an t-Athair a chuir peacaidh na h-eaglas as leth Chriosd. Agus mar bhreitheamh bhean e ris. 'S e leag am peanas air. Duisg, a chlàidheamh.

Co-dhùnadh.

1. O'n teagasg so feudaidh peacaidh misneach a ghabhail gu bhi ag iarraidh tràcair. An d' rinn Dia a leithid a dh' ulmachadh air son pheacach, an d' rinn e Criosd a thoirt

(1) c'uim.

[TD 80]

seachad, agus an do leag e air-san mallachadh an lagh chum gu biodh peacaidh air an tearnadh, agus nach 'eil e toileach a' bhi a nis a tearnadh pheacaidh. Cha robh ni 's a bith air taobh peacaich 'ga bhrosnachadh gu sud a dheanadh, shruth e gu h-iomlan o ghean maith a ghaoil.

2. An d' rinn Criosd gach ni a réir a chùmhntant a choimhlionadh, an d' thug e ùmhlachd iomlan seachad, an d' thug e anam agus a chorp seachad na iobairt iomlan ghlan, an robh gach ni air a choimhlionadh leis; agus nach 'eil slàinte ann air son pheacach, uaithe so tha gach ni ullamh air taobh Dhé agus tha misneach aig peacaidh a bhi 'g iarraidh tròcair.

3. Nach feud sinn o 'n teagasg so eiseimplir an abstoil a leantuinn, a tha air a cur sios 's a cho-theagasg, gairm air peacaidh pillidh, seadh guidh orra an àite Chriosd a bhi réidh ri Dia; oir rinn 's e esan do nach b' aithne peacadh na iobairt pheacaidh chum gu biodh peacaidh air an deanadh nam fireantachd Dhé annsan.

4. O'n teagasg so feudaidh muinntir aig a bheil mothachadh air peacaidh misneach a ghabhail. A bheil eagal oirbh gu bheil ar peacaidh co mòr, co an-tromaichte agus nach 'eil trocair air ur son. Chaidh ulmhachadh a dheanadh air son peacaidh mhòr. Tha 'n Slànuighear mòr agus iomlan a dh-ulmhaich Dia, rinn e iobairt iomlan a thoirt seachad; glanaidh a nis fhuil o gach peacaidh. Agus tha tròcairean Dé a nis mòr annsan. A bheil sibh fo eagal nach gabh e ribh? Am bheil an Diobhal air son mi-chliù a thabhairt duibh air Criosd, aig ràdh ribh nach 'eil e toileach? Na bitheadh eagal oirbh do ni so. Tha Criosd toileach. Seallaidh riumsa, a deir e, o uile iomalaibh na talmhainn, etc. Shaoir e peacaidh mhòr roimh so, Manasseh, Muire Magdalene, Saul o Tharsus. "Thigibh a m' ionnsuidh-se sibhse uile a ta ri saothair agus fo throm uallaich agus bheir mise fois duibh." Cha 'n 'eil ach bàs duibh gun teachd d'a ionnsuidh. Thigibh, etc.

5. Faicibh o'n teagasg so ciod e an t-olc a bhith cur cùl ri Criosd. An d' rinn Dia a leithid a dh' ulmhachadh air son peacaidh, a do chur e Criosd chum an t-saoghail agus an do leig e air-san mallachadh an lagh, agus a bheil e nis 'ga thairgse dhuibh-se le uile bheannachdan agus a saoil sibh nach eil a bhi cur cùl ris na olc ro-mhòr an sealladh Dé. Tha

[TD 81]

sibh a deanadh dìmeas air a ghliocas, air a ghaol, agus air fhìrinn. Ach cò do bheil sibh a deanamh roghainn an uair a ta sibh a deanamh dìmeas air gairm Dhia, agus air Criosd? Tha do'n t-saoghal, do'n fheadil, do na pheacadh, agus dar gliocas féin. Smuaintichibh, guidhim oirbh, ciod a ta sibh a deanamh agus pillibh gun dàil.

Fadheoidh feudaidh sibh fhaicinn o'n teagasg so nach d' theid neach as m' a ni e dìmeas air Criosd. An drinn an t-Athair am mallachadh a leigeil air Criosd, nach do chaoimhinn e esan a b'a mac a ghràidh,

agus an caoimhinn e thusa, o pheacaidh? Cha chaoimhinn, o pheacach, oir cionnas a theid sinn as, ma ni sinn dìmeas air slàinte co mor?

[TD 82]

PEANAS DHE AIR A BHAGRADH AN AGHAIDH 'NAN AINGIDH.

PSALM 1. 22.—“Smuainichibh a nis air so sibhse nach cuimhnich Dia; air eagal gu'n reub mi as a chéile, gun neach ann a theasairgeas.”

AN Dia cumhachdach agus sìorruidh a ghairm na h-uile nithe a neo-ni le focal a chumhachd, labhair e o Bheinn Shinai mar reachd-thabhartair, o Bheinn Shion mar Shlànuighear, agus an uine ghoirid labhraidh e ris a chinne-daoine uile agus gairmidh e iad an làthair caithir a bhreitheanas. Bithidh an là soluimte so do na h-aingidh uile na là féirg agus foilseachadh ceart-bhreitheanas Dé, agus aidichidh nèamh agus talamh ceartas na binn a bheir e 'nan aghaidh.

Feudaidh suil a bhi aig an t-salm so ri teachd Chrìosd anns an fheòil, agus am breitheanas a thàinig air na h-Iudhaich air son cùl a chuir ris mar Mhac Dé, agus Shlànuighear pheacach; ach tha sùil shònruichte aige an t-salm ris a bhreitheanas deireannach, “Oir shuidhich Dia là anns an toir e breth air an t-saoghal.” “Feumaidh sinn uile seasamh an làthair cathair-breitheanas Chrìosd chum cùnntas a thoirt anns na h-uile nithe a bhitheas air an deanadh linn 's a cholunn, mas maith, no olc iad.”

Anns na briathraibh tha an Tighearn am breitheamh a thoirt comhairle agus rabhadh do dhaoine a ta air an t-slighe gu sìorruidheachd, a' dì-chuimhneachadh Dhia agus beò ann an cleachdannaibh a' pheacaidh. Dh' fheudadh Dia leigeadh leibh dol air aghaidh 'nar ceannairc agus 'nar 'n-eusontas gus an itheadh sibh do thoradh ur gnìomhara, gun chomhairle, no rabhadh sam bith tuillidh a thoirt duibh; ach tha Dia maith, cha 'n 'eil tlachd 'sam bith aige ann bhur bàs aingidh. Agus 'na mhaitheas tha e cur an céill duibh, nach 'eil e neò-shuimeil mur n-oibribh, gu bheil a shùil oirbh, gu bheil e comharrachadh 'ur caithe-beatha neo-chùramach aindiadhaidh, gu crònaich e sibh fathast, gu cuir e 'ur peacaidh uile n' ur làthair, agus 'g ar gairm a nis gu smuainteachadh air a so an àm, mu 'n gairm e sibh gu cunntas agus gun reub e sibh as a chéile le fhéirg an uair nach bi tròcair no

[TD 83]

slàinte air bhur son, no neach 'sam bith gu còmhnadh leibh. Na abraibh a nis, is garbh an teagasg so, 's e còmhairle caraid a ta ann, rabhadh o Dhia na tròcair agus o Shlànuighear pheacaich, 'teicheadh a nis o 'n fhéirg a ta ri teachd.

Ann an labhairt air na briathraibh, ghairm 'ur aire a dh' ionnsuidh dà ni sònruichte a ta anns na briathraibh.

I. Am pobull, no cliù nan daoine ris am bheil an Tighearna 'labhairt, chum bheil e toirt na comhairle, agus an rabhaidh am briathraibh ar teagaisg, sibhse nach cuimhnich Dia. Iadsan uile a ta di-chuimhneach Dhia.

II. Gu'n dè a ta Dia ag ràdh riu? Smuainichibh a nis air a so, a luchd di-chuimhne air Dia, etc.

I. Am pobull ris am bheil an Tighearna 'labhairt, da 'm bheil e toirt na comhairle, agus an rabhaidh so. Iadsan nach cuimhnich Dia. Sibhse, a deir e riu, nach cuimhnich Dia. So an ainm, an cliù, luchd di-chuimhne air Dia.

Ni, no neach a' dhi-chuimhneach, se sin gu'n smuainteach air, gun àite a bhi aige na 'inntinn, no cùram sam bith mu thimchioll.

1. Iadsan a ta di-chuimhneachadh Dhia, is muinntir iad nach 'eil àite aig Dia nan smuainte, aige a bhith, aig a bhuadhaibh, no aig a lagh. Tha an inntinnean làn do smuaintibh air nithe eile, agus tha iad air an gnàthachadh ma'n timchioll, ach cha 'n 'eil ùine aca gu smuainteach air Dia, no àite aig Dia nan smuaintibh. Tha Dia na choigreach doibh air a dhi-chuimhneachadh mar nach biodh e ann. Tha iad toileach Dia a dhi-chuimhneachadh, e bhi mar so na choigreach da'n smuaintibh, oir dheanadh Dia a bhi nan smuaintibh an sith, an solas, a mhilleadh. Feudaidh e bhith, agus tha gu cinnteach Dia aig àmaibh a briseadh a stigh air an smuaintibh, ach tha so neo-fhailteach, tha so toirt buaireas agus an-fhois daibh, agus fògraidh iad Dia o'n smuaintibh co luadh 's is comasach doibh, le dol chum an diomhanas, agus an cuideachdan féin. C'arson so, a dhream nach cuimhnich Dia? C'arson a ta smuainte mo Dhia cò an-shocrach neo-bhlasta duibhse? Gu cinnteach is e an t-aobhar gu bheil sibh cionntach agus n' ur naimhdibh da. Na'm biodh sibh 'nar càirde da, cha bhiodh a chùis mar so. A nis smuaintibh air an aon ni so, ma tha smuaintibh mo

[TD 84]

Dhia cò-trioblaideach duibh an so do bhrìgh gu bheil 'ur coguis cionntach, ciod a bhitheas bhur smuainte mu Dhia dhuibh an uair a bhios bhur 'n inntinnean làn do Dhia, agus 'ur coguis an beò-mhothachail air ur cionnta, grasa cosnaidh gu h-iomlan air falbh uaibh, agus dòchas agus tròcair gu sìorruidh cailte?

2. Tha daoine a di-chuimhneachadh Dhia an uair a ta iad a dearmad aoradh Dhé. Buinnidh aoradh do Dhia. Feitheamh air anns na dleasnaid a dh' àithne e féin. Tha so gu sònruichte filteadh anns a' cheud àithne. Cha 'n e a mhàin gu bheil ceart aig Dia air aoradh ach tha e 'g a àithne, agus tha e airidh air. A nis an uair a ta daoine a dearmad aoradh Dhé gu h-uaigneach agus gu follaiseach, a tionndadh an cùl ri seirbheis Dhia, tha iad gu cinnteach a di-chuimhneachadh Dhia. Iadsan a ta beò, gun ùrnuigh uaigneach, gu'n aoradh Dhia nan teaghlaichean, iadsan a ta dearmad air aoradh follaisich Dhia air an t-sàbaid, tha iad a di-chuimhneachadh Dhia. A dhuine, a ta gun

aoradh do Dhia ann do thigh, cionnus as comasach duitse a ràdh gu bheil thu cuimhneachadh Dhia? A dhuine a ta dearmadach air aoradh follaiseach Dhia, agus a' mi-naomhachadh na sàbaid le diomhanas, neo-chùram, no leantuinn t-obair féin, cionnas a ta e comasach duitse a bhi cuimhneachadh Dhia. Tha thusa gu cinnteach am measg na dream nach cuimhnich air Dia.

3. Iadsan a ta beò agus air an cleachdadh am briseadh lagh Dé.

'S e an Tighearn ar Fear-lagh, no reachd-thabhartair. Thug e lagh dhuinn, lagh nan deich aitheantain. Tha e labhairt ruinne annta, agus tha ùghdaras Dé aca. A nis an uair a ta neach gun suim aige do lagh Dé, gun ùghdaras aig lagh Dé thairis air, tha e di-chuimhneachadh Dhia. So an ni sònruichte anns a cho-theagasg, ach réir an droch-dhuine, etc. "A ta fuath agad air foghlaim, thilg thu mo bhriathran air do chùl." Mar nach 'eil àite aig Dia nan smuainte, nan cridheachan, cha 'n 'eil suim da bhriathraibh d'a lagh, cha 'n 'eil ùghdaras no cumhachd aige tharta. Tha iad 'ga thilgeadh air an cùl mar ni gun fheum, ga shaltairt fodh'n cosaibh. A 'leantuinn so mar thoradh a bhi briseadh lagh Dé, gaduidheachd, breugan, adhaltranas, neo-ghlaine, beum, misge, ruidhtearachd, mionnaibh. Tha

[TD 85]

iadsan a ta air an cleachduin anns na nithe so, nan luchd di chuimhne air Dia. 'S e an smuaintibh (1) féin, an diomhanas féin, agus an anamiana féin, an lagh, agus an diabhl am maighstir d' am bheil iad a deanamh seirbheis.

4. Iadsan a ta diultadh ùmhlachd a thoirt do Dhia air slighe an t-soisgeil. Tha Dia a' foillseachadh a Mhic mar Shlànuighear, a' gairm agus ag àithneadh do pheacaich gabhail ris air son slàinte. A nis sibhse a ta caitheadh 'ur beatha a diùltadh Chrìosd, an neo-shuim mu ùmhlachd a thoirt da ann an gabhail ra Mhac tha sibhse 'nar luchd di-chuimhne air Dia, nur luchd dearmad air a thoil.

5. Iadsan uile a ta nan luchd-dìmeas agus tàir air nithe Dhé tha iad a di-chuimhneach Dia, a di-chuimhneach focal Dé, ùghdaras Dé, seirbheis Dé, obair Spiorad Dé-iompachadh, aithreachas, ath-nuadhachd, (2) diadhachd. Tha iad ann agus cha 'n e a mhàin gu bheil iad a dearmad so, gun àite aig Dia 'nan smuainte, agus a tilgeadh aitheantan agus aoradh air an cùl, ach tha iad nan cleachdaidhean agus nan cuideachdan a dòirteadh tarhuis air nithe Dhia; a deanadh sùgradh mu thimchioll, agus a fanoid air Diadhachd, amhul a bha an làithibh a t-Salmaidh, "Do luchd nam misg ri àm am pòit a'm òran tha mi ghnàth." So a nis sibhse nach cuimhnich Dia.

II. Gu'n dè a ta Dia ag ràdh ribh. Smuainichibh a nis air so, air eagal gu'n reub mi as a chéile, gun neach ann a theasairgeas.

Tha Dia an so a' toirt comhairle oirbh. Iadsan a tha di-chuimhneach air Dia, tha iad a' dol air an aghaidh gun smuaintich air ciod a ta iad a' deanamh, gun a bhi a smuainteach gu bheil Dia a' toirt an

aire daibh agus nach 'eil suim aige d' an oibribh ain-diadhaidh, do bhrìgh nach 'eil e air dòigh fhollaiseach a foillseachadh a bhreitheanais. "Shaol thu, o na bha mi am thosd gn robh mi gu tur mar tha thu féin." Ach a nis smuainich air a so, cha 'n 'eil. Tha suim aig Dia ciod a ta daoine a deanamh air an talamh. Tha sùil Dhia orra, 'gan comharachadh le suim cionnas a ta iad a buintinn ri 'ainm, ri aoradh, ri lagha, ri Mhac agus ri phobull.

- (1) <eng>The dative often used in the MS. for the nominative.<gai>
(2) ath-nuadhachadh.

[TD 86]

1. Smuainich air a so, gu bheil Dia suidhichte air cunntas a ghabhail diot air son na nithe a ta thu deanadh.

Cha 'n e a mhàin gu bheil sùil Dhia ort, a' tabhairt fainear cionnas a ta thu buintinn ri 'ainm, etc., ach bheir e thu gu cunntas. Tha iadsan a ta di-chuimhneachadh Dia a' saolsinn gu leig Dia leò gun an toirt gu cunntas. C'àit, a deir iad, am bheil gealladh a theachd? Ach ciod a ta Dia a' freagairt? Smuainich air, cronaichidh mi thu, cuiridh mi gach ni an òrduigh fa chomhair do shùil. Bheir Dia iadsan a ta 'ga dhi-chuimhneachadh a nis gu cunntas, cuiridh e gach ni a ta iad 'ga dheanadh 'nan aghaidh, an tàir air, agus air ùghdaras, agus air a sheirbheis, an òrdugh gu soilleir nam fianuis. Smuainich a nis bheir Dia gu cunntas thu.

2. Tha na briathra so a filleadh annta gu bheil féirg ann an Dia an aghaidh a' pheacaidh.

Tha iadsan nach cuimhnich Dia, na h-aingidh agus na h-eucoraich, a' smuaineachadh nach 'eil olc mòr anns na nithe a ta iad a' deanadh, agus nach dean Dia maith agus tròcaireach an tilgeadh air falbh, ach tha féirg ann an Dia, comharuichibh ciod a ta e 'gràdh, cronnuichidh mi thu, air eagal gu reub mi as a chéile thu. Tha féirg, corruich naomh, ann an Dia an aghaidh a' pheacaidh. Cha 'n 'eil sith, a deir mo Dhia-sa, do 'n aingidh. Is teine dian loisgeach ar Dia-ne. Tha an fhéirg so, an teine so a ta ri teachd, a' feitheamh orra-san uile a dhi-chuimhnicheas Dia, a bhunaicheas na'm mi-dhiadhachd. Smuainichibh air a so sibhse nach 'eil a' cuimhneachadh Dhia.

Tha meud na féirge so air a chumail am mach leis na briathraibh so, air eagal gu reub mi as a chéile sibh. Tha reubadh as a cheile a cumail a mach an t-àmhghar agus an truaighe is mò, call gach maith, sealbh gach truaighe, reubadh bith-bhuan le gairdean neo-chriochnach trom Iehovah. Smuainibh, aingidh, a luchd di-chuimhne air Dia, air aoradh, air a lagh, air a Mhac, agus air a ghràs, air a là.

3. Neo-chomas teasaigin as a làmh-san, gun neach ann a theasaigeas. Tha companaich agaibh a nis ann an seirbheis a' pheacaidh, a ta toirt misneach duibh ann an Dia agus nithe Dhia a dhi-chuimhneachadh. Tha mar an ceudna ar 'n an-a-miannaibh a' toirt

sòlas feòlmhor duibh.

[TD 87]

Tha an saoghal a toirt sòlas duibh, ach cha bhi aon duibh so, no ni sam bith eile comasach air bhur teasaingin o chorruidh theintich dhion-loisgeach an Dia sin air a tha sibh a nis a di-chuimhneach, oir air am bheil sibh a deanadh tàir. Bha an Dia so comasach air a sheirbhisich dhìleis a shaoradh o àmhainn theintich dhian-loisgeach Nebuchadnessar, ach cha 'n 'eil neach sam bith comasach air na h-aingidh a shaoradh o làmh cumhachd féirge an Uile-a-chumhachdaich. Ge do bhiodh cumhachd na h-ifrinn agus an t-saoghail so air 'ur taobh an sin cha chomasach doibh bhur teasaingin.

Ach bithidh iad uile nar 'n aghaidh. Bith diabhuil 'nar 'n aghaidh an sin. Bithidh bhur companaich aingidh 'nar 'n-aghaidh 'gar mallachadh. Bith ur 'nana-mianaibh 'nar 'n aghaidh, agus bhur coguis. Bithidh na naoimh agus na h-aingil naomh nar 'n aghaidh a cur an amen le'ur diteadh. Bithidh Criosd 'nar 'n aghaidh ag ràdh so iadsan mo naimhdein a rinn fanaid air mo ghràs, air mo shoisgeil, air mo phobull. Bithidh Dia 'nar 'n aghaidh, agus co bhios leibh? Tiondachaibh sibh an sin nar 'n aghaidh féin. Smuainichibh a nis air na nithe so sibhse nach cuimhnich Dia.

Co-dhùnadh.

1. Tha e soilleir o'n teagasg gu'm bidh iadsan a chaitheas am beatha a réir na feòla, iadsan uile a dhi-chuimhnicheas, air an toirt gu cunntas agus air am peanasachadh le Dia. Tha cinnte air a so.
2. Gabhadh na h-an-diadhaidh rabhadh. Tha Dia aig innseadh dhuibh na nithe so a nis chum as gu'm bitheadh sibh a' gabhail rabhadh, a' briseadh o na nithe so, a' teicheadh o'n fhéirg a ta ri teachd. Gabhaidh comhairle Dhia. Gabhaibh rabhaidh o Dhia an diugh.
3. Tha a' chomhairle agus an rabhadh so air an toirt a chum gu biodh sibh a teicheadh gu Criosd Slànuighear nam peacach.

[TD 88]

TIODHALAIC GRADH TEARNAIDH DHE.

E0IN iii. 16.—“Oir is ann mar sin a ghràdhaich Dia an saoghal gu 'n d' thug e aon-ghin Mhic féin, chum 's ge b' e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu 'm bi a bheatha shiorruidh aige.”

THA an rann so a deanamh suas pàirt do chòmhradh Chrìosd ri Nicodemus mu thiomchioll na h-ath-ghineamhuinn agus creidimh ann féin—“Gu deimhin, deimhin a deiream ruit, mar beirear duine a rìs, o uisge agus o'n Spiorad, cha 'n urrainn e dol a steach do rioghachd Dhé.” “An ni sin a ta air a bhreith o'n fheoil, is feoil e,” i.e., Co e sam bith a ta air a bhreith le parantaibh feòlmhor peacach, tha

e féin mar an ceudna feòlmhor peacach, ciod sam bith co tric agus a bhiodh e air a bhreith. Ach co e sam bith a ta air a bhreith, le obair ath-nuadhachaidh an Spioraid, is neach spioradail e. Air do Nicodemus na nithe so a chluinntinn ghabh e iongantas ro mhòr, agus a' dubhairt e ri Criosd. "Cionnus a dh' fhaodas na nithe so a' bhith." Mar so tha an duine nàdurra ainneolach air nithe spioradail, cha chomas dha an tuigsinn, ciod e air bith inbhe, no a dhreuchd anns an t-saoghal, gus a bheil e air a theagasg o Dhia, gus a' bheil Spiorad Chrìosd aige.—1 Cor. ii. 14. Thubhairt Iosa ri Nicodemus, Am bheil thusa a' d' fhear-teagaisg Israeil, agus nach aithne dhuit na nithe so, an ath-bhreith a ta air a cumail a mach anns gach ionnlaid agus gnàthachaidh glanaidh n' ar seirbheis a réir an lagh, agus a tha air a theagasg gu soilleir 'nar fàidhibh—"Agus an sin crathaidh mi uisge glan oirbh agus bithidh sibh glan. Bheir mi fòs dhuibh cridhe nuadh, agus cuiridh mi Spiorad nuadh an taobh a stigh dhibh".—Ezek. xxxvi. 2. Ciod a tha thu 'ga theagasg mur 'eil thu a' teagasg feum agus nàdur na h-oibre so. Agus ma tha thu co aineolach agus nach tuig thu feum, agus nàdur obair gràis is éigin a bhi air oibreachadh agus air fhaireachduin an anama daoine air an talamh, chum gu bidh iad air an tearnadh, cionnus a thuigeas tu, no bhitheas tu comasach air a ghabhail a steach ma dh' innseas mi duit nithe nèamhaidh, mu thiomchioll diomhaireachd mo shoisgeil, inbhe mo phearsa, agus mo dhreuchdan, bhi air mo dheanamh am fheoil, m' ùmhlachd,

[TD 89]

m' fhulangais, mo bhàs agus m' aiseiridh o na marbhaidh? Na deanainn na nithe neamhaidh a chur an céill duibh am briathraibh freagarrach do'm inbhe agus do 'm ghlòir dheanadh e ar n' inntinnibh feòlmhor a thoirt gu bhi an ioghnadh ro mhòr, thuislicheadh sibh air. Ach gu bhi 'g ainmeachadh cuid diubh, cha deachaidh neach sam bith nach 'eil ach na dhuine a mhàin a steach gu cridhe Dhé a thaobh diomhaireachd mhòr na slàinte, agus gu b'a chomasach e a làn tuigsinn agus a chuir an céill do mhuintir eile. Buinnidh an t-sochair so gu sònruichte do'n Mhessiah, a tha air a chur an céill fuidh n' chliù, Mac an duine, agus aig an robh a bhith do ghnàth an néimh mar Mac Dhia, agus a tha air teachd 'san fheoil chum gu foillsicheadh e rùn Dhia do dhaoineibh, agus am feadh a ta e air an talamh an nàdur an duine, tha e air néimh a thaobh a dhiadhachd. Agus tha mi a 'g innseadh dhuit, a thuillidh air so, ged 'tha am Messiah mòr agus oirdheirc ann féin mar so gur éigin da a bhi air a chur gu bàs màslach agus cràiteach, chum as gu'n toir e stigh slàinte do pheacaich a réir an t-samhlachaidh sin air fuidh an lagh, "Mar a thog Maois suas an nathair san fhàsach, is ann mar sin is éigin do Mhac an duine a bhi air a thogail suas chum agus cò e sam bith, ciod air bith inbhe anns an t-saoghal, a dh' amhairceas d'a ionnsuidh fuidh mhothachadh geur air a pheacaidh agus a ghabhas ris mar òrdugh Dhé chum slàinte pheacach, nach sgriosar e, ach gu bi e air a leigheas o lot bhàsmhor a pheacaidh, o ghath a bhàis mar bha na h-Israelich a bha air an lot leis na nathrichibh nimh air an slànachadh tre amharc chum na nathair umha, nach sgriosar e ach gu'm bi a bheatha shìorruidh aige. Oir is ann mar sin, no is mor, a

ghràdhaich Dia an t-Athair an saoghal is gu'n tug e aon-ghin Mhic fein, a bha maille ris o shiorruidheachd, a ghibht do-labhairt, gu bhi air a thogail suas air a chrann-cheusaidh agus air a dheanamh na mhallachadh, chum is gu'n tugadh e steach fìreantachd shiorruidh, gu'm bidh e air a chumail a mach air crann an t-soisgeil mar òrdugh Dhé gu slànuchadh pheacaich chaille, Chinnich co maith ri Iudhaich. Chum g'e b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e ach gu'm bi a bheatha shiorruidh aige. Bheir sibh fa'near a nis, gu bheil an teagasg a bha anns an rann, a' dol a réir an teagasg a bha sinn ré tri sàbaidean g'a mhineachadh dhuibh. Gu bheil gràdh Dhé ann an tabhairt seachad aon-ghin mhic a

[TD 90]

dol air an ni so, gu bheil an cinne-daoine an staid sgrios, an staid peacaidh agus naimhdeis an aghaidh Dhia, agus buailteach do sgrios shiorruidh, fuidh mhallachadh agus féirg an Uile-chumhachdaich. Oir is ann chum an saoradh o'n staid thruagh agus bhrònach so, a thug e Mac a ghràidh seachad gu bhi na iobairt-réitich chum g'e b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm bi a' bheatha shiorruidh aige. Agus gu bheil meud gràidh Dhé do pheacaidh a dol air meud agus luachmhorachd na gibhte, na h-éiric a thug e seachad chum an tearnadh o sgrios, "oir is ann mar sin a ghràdhaich Dia an saoghal gu'n d' thug e aon-ghin Mhic gu bhi air a dheanamh na iobairt-réitich air son peacadh. Tha an cinne-daoine uile trid ceud-pheacaidh Adhamh air an gintinn am peacadh, air seachran o Dhia, nan reubalaich na 'aghaidh, fuidh fheirg agus mhallachadh Dé, agus na n-oihreachan air truaighe shiorruidh. Chuala sinn so am farsuingeachd, agus gu cinnteach ma tha an Sgriobtuir fìor, agus na nithe a thug sinn fainear air staid an duine, is brònach agus uabhasach eagalach staid an duine a thaobh nàduir. Ach buidheachas do Dhia dh' ullaich e féin slighe gu dol as o'n truaighe so-agus tha an rann so a foillseachadh dhuinne a rinn Dia chum peacaidh a thearnadh-agus an dòigh air am bi iad air an cur an sealbh air an t-slàinte a dh' ullaich Dia "oir is ann mar sin a ghràdhaich Dia an saoghal, gun d' thug e aon-ghin Mhic féin chum g'e b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu 'm bi a' bheatha shiorruidh aige." Anns na briathraibh tha na nithe a leanas air am filleadh.

I. Ceud aobhar no tobair slàinte pheacach.

II. An ni rinn Dia air son slàinte pheacach. Thug e aon-ghin Mhic seachad.

III. An dòigh a shuidhich Dia chum peacaidh a bhi air an cur an sealbh air an t-slàinte a dh' ulmhaich e, creidimh ann an Criosd, aon-ghin Mhic. G'e b'e chreideas ann.

IV. An t-slàinte, saorsa o sgrios agus a' bheatha shiorruidh, nach sgriosar e, ach gu bi a bheatha shiorruidh aige.

I. Ceud aobhar no tobar na slàinte. Gràdh Dhé, oir is ann mar sin, no air a leithid a dhòigh, no so mar a ghràdhaich Dia an saoghal.

[TD 91]

1. Tha so a teagasg duinn gur e gràdh Dhé ceud aobhar na slàinte, a ta a nis air a cumail a mach duinn anns an t-soisgeul. Bha gràdh Dhia air tus an òrdugh air e a thoirt seachad Chriosd chum tearnadh pheacach. Oir tha gràdh gu maith a dheanamh do chuspair no neach sam bith a dol air thoiseach air a ghibht a thoirt seachad, feumaidh neach toil agus rùn gu maith a dheanamh air neach a dhol air thoiseach air a mhaith, no cuspair a ghràdhachadh mu 'n tabhair e ni luachmhor, no e féin seachad do 'n chuspair sin. Mar so tha an Scriobtuir a cumail a mach dhuinn gràdh Dhé do pheacaidh chaillte mar an tobair o bheil slàinte pheacach a' sruthadh a mach. Amhuil mar a tha na sruthain uile a teachd a mach, no a ruidh o 'n tobar-is ann mar so a ghràdhaich Dia an saoghal.

2. Tha againn ri thabhairt fa'near gu'n robh aobharan a ghràidh so, no aobharan brosnachaidh a ghràidh gu maith a dheanamh do pheacaidh an taobh a stigh dheth féin. Cha robh ni sam bith an taobh a mach do Dhia, do nàdur féin, gu thabhairt gu peacaidh (1) a ghràdhachadh, dh' eirich e gu h-iomlan o nàdur fein. Tha so a' cur dealachadh eadar gràdh Dhia do pheacaidh agus gach gràdh eile. Is éigin gu faic sinne luach no subhailc éigin an cuspair mu tabhair sinn gràdh dha. Ach cha robh ni sam bith ann am peacaidh do mhaise, no do mhaitheas gu gràdh Dhia a thabhairt orra. 'S ann a bha gach ni annta agus mu 'n timchioll chum a bhrosnachadh gu fuath a thabhairt doibh, gu peanas a dheanamh orra. Chruthaich e naomh agus fìreanta iad comasach air a thoil a dheanamh, agus thug e dhoibh àithne agus riaghailt gu gluasad da réir, le gealladh air beatha le ùmhlachd a thabhairt seachad, agus bagradh air truaigh air son eas-umhlachd. Ach rinn iad dìmeas air ùghdaras agus air a mhaitheas, dh' éisd iad ri a nàmhaid, thiondaidh iad an ceannairc leis an diabhuil, chaochail iad an nàdur, thàinig iad gu bhi na nàmhaidean da, gu bhi giùlan iomhaigh an diabhuil. Ciod a ni a bha annta a nis gu gràdh Dhia a bhrosnachadh, a thabhairt orra, cha robh Dia fa choman sam bith doibh no an gràdhachadh. Bha e aig saorsa a thoil gu 'm fàgail gu sìorruidh gu bàsachadh a fulang air son an ceannairc, mar a rinn e air na h-ainglibh a thuit. Mar so tha e soilleir gur ann féin a

(1) <eng>sinners. So generally.<gai>

[TD 92]

bha aobhar brosnuich a ghràidh leis an do ghràdhaich e peacaidh. Ach tha so a' cur soluis duinn air na briathraibh sin, ghràdhaich e iad, chionn gu b' e thoil e.

3. Tha againn ri thabhairt fainear air an ni so, nach e gràdh toilinntinn no tlachd, a tha an so air a labhairt air. Cha bu chomasach Dia toilinntinn a ghabhail annta a thaoibh a nàduir. Tha Dia naomh agus ceart, fìorghlan 'na nàdur, agus tha an duine olc

aingidh—agus is éigin g' e do tha Dia maith, gu bheil e fuathachadh an uilc, agus a gràdhachadh a mhaith—le so cha b'a chomasach gu gràdhaicheadh Dia iadsan a bha olc le gràdh tlachd, toilinntinn Dhé, ma dh' fheudas mi na briathraibh sin a ghnàthachadh mo thimchioll Dhia. Ach feudaidh sibh a nis a' ràdh, ciod an gràdh, ma ta, leis an do ghràdhaich Dia iad?

Freagram, le gràdh deagh-thoil mar a labhair na h-aingle aig breth Chriosd, deagh-thoil, no <eng>(good-will)<gai> gràdh gu maith a dheanamh dhoibh. Gheibh sibh so gu soilleir air a theagasg 's an Scriobtuir mar an tobar—an gràdh leis an do ghràdhaich Dia peacaich. Eph. i. 5—"A roimh-òrduich sinne chum uchdmhacachd na cloinne tre Iosa Criosd dha féin, a réir deadh-ghean a thoile." A thoil shaor gu maith a dheanamh dhoibh bu so a thoil, a rùn, a dheadh-thoil gràidh a dh' éirich gu h-iomlan uaith féin, dh' fhaodadh e an cur a dh' ifrinn uile, ach b' e a ghean-maith a rùn, réir deadh-ghean a thoile, ghabh a thoil greim diubh le deadh-ghean gràidh, chum maith a dheanamh dhoibh, an tearnadh o fhéirg agus an cur an sealbh air sonas, agus roimh-òrduich e iad chum uchdmhacachd na cloinne tre Iosa Criosd. Agus tha rùn Dhia mar so a thaoibh an taghaidh seasmhach, agus an gealladh daingean do 'n t-siol so uile, do bhrìgh gu 'r ann air gràdh, deadh-ghean toil Dhia a tha e a' seasamh; agus mar is ann ann féin, agus nach ann annta-san a bha aobhar an deadh-ghean, cha dean ni sam bith annta-san atharrachadh, oir tha e a seasamh air deadh-ghean neo-chaochlaideachd a thoile féin. Agus cha dean peacadh, no an saoghal, no diabhuil, no 'm bàs an spionadh a gairdeanaibh deadh-thoil gràidh an Uile-chumhachdaich. Mar sin ghràdhaich Dia an saoghal (i.e.) sinne, Iudhaich agus cinnich air an do leag e a chridhe gu maith a dheanamh dhoibh, agus a nis ruigidh toil gràidh Dhia iad anns gach linn do 'n t-saoghal, cuiridh e an sealbh air a mhaith iad

[TD 93]

air son an do ghràdhaich e iad. Agus tha an aireamh co cinnteach agus nach bi neach air chur riu no neach air a thoirt uatha—a roimh-òrduich sinne chum uchdmhacachd na cloinne tre Iosa Criosd dha féin, a réir deadh-ghean a thoile. Fa'dheoidh air a cheann so do 'n teagasg, tha againn ri thoirt fainear an taisbeanadh air meud a ghràidh—is e ceud aobhar slàinte pheacach. Bha, cha 'n e a mhàin bith aig gràdh Dhia gu maith a dheanamh do pheacaich ann féin, ach bha e gnìomhach agus ro làidir a g' oibreachadh an innidh Dhia. Rùnaich e maith a dheanamh dhoibh ciod sam bith a chosdadh e dha. Tha nis meud a ghràidh so suidhichte, air a thabhairt aon-ghin Mhic seachad air son an tearnadh, cha robh e feumach (1) <eng>(necessary)<gai> gu gradhaicheadh Dia iad, Bha so aig saorsa a thoil féin, ach ma ghràdhaich e iad le gràdh deadh-thoil g'an tearnadh, bha e feumach an sin gu saoradh e iad, ciod sam bith na deacaireachdan a bhiodh 's an rathad. Agus tha ar ceann-teagasg g'ar seoladh, a cur an céill duinn gu robh gràdh Dhia co mòr dhoibh agus gu'n d' thug e aon Mhac a ghràidh seachad chum an saoradh o sgrios, agus an cur an sealbh air a' bheatha shiorruidh. Cha robh ach aon Mhac aig Dia, a chompanach anns an robh a thlachd ghràidh, air an

robh a chridhe suidhichte. Gidheadh, mu bàsaicheadh iad sin air an do leag e a chridhe, chum a maith a dheanamh dhoibh, thug e seachad aon Mhac a ghràidh. O ciod e an gràdh, deadh-ghean, a bha ann an Dia gu maith a dheanamh do chreutairean truagh an uair a bha e co mòr agus gun d'thug e Mac a ghràidh seachad chum gu'm biodh iad air an teanadh. Tha Dia a moladh a ghràidh féin duinn, a deir an t-abstol Pol, do bhrìgh an uair a bha sinn fathast 'nar peacaich gu'n dh' fhuiling Criosd bàs air ar son. B'e a thoil, Criosd aon Mhac a ghràidh, a thoirt seachad, chum gu biodh iadsan a ghràdhaich e air an teanadh, air am beannachadh leis gach beannachadh spioradail an ionadaibh neamhaidh an Iosa Criosd. Le gràdh deadh-ghean a thoil leis an do ghràdhaich Dia a phobull, agus is e an tobar ceudna a thug Criosd seachad air an son. O ciod a ghné ghràidh a tha so gu goirteadh clann Dé dhiubh-san a bha na naimhdean, tre aon Mhac shiorruidh a ghràidh a thoirt air an son. Ach tha tuillidh

(1) feumail (Arran).

[TD 94]

anns na briathraibh fathast, oir is ann mar sin a ghràdhaich Dia an saoghal, as gu'n d' thug e aon-ghin Mhic féin chum as g'e b'e neach a chreideas ann nach rachadh a sgrios. Bha gràdh Dhia, deadh-ghean a thoile, co mòr, agus gun do rùnaich e nach rachadh an sgrios. Bha iad, mar chuala sibh roimh, air an sgrios féin, fuidh fheirg Dé, bhris iad a lagh naomha, rinn iad dìmeas air fhìrinn agus air a cheartas, a thubhairt 's an là a dh' itheas tu dhi bàsaichidh tu. Thàinig a nis fìrinn agus ceartas neo-chrìochnach an Uile-chumachdaich eadar iad agus a bhi air an saoradh. Ach rùnaich gràdh Dhia an saoradh, o sgrios, o fhéirg, agus an cur an sealbh air beatha. Ach co a riarachadh ceartas agus a dhian onair fìrinn Dé? Co a dheanadh so? An deanadh mìltibh do aimhnichean ola, no toradh cuirp dhaoine e? Cha bu leòir iad gu riarachadh sam bith a thoirt seachad. An deanadh uile aingle nèimh e? Cha bu leòir iad, cha deanadh iad feum sam bith. Ciod a nis a dheanadh feum, a chumadh o sgrios shiorruidh iadsan a ghràdhaich Dia, ceartas air a riarachadh, fìrinn air a h-onarachadh, agus cuspairean gràidh teanaidh Dhia air an saoradh? Tha freagair na ceist 's an rann, nach deanadh ni no neach ach Mac Dhia e, oir is ann mar sin a ghràdhaich Dia an saoghal, an uair nach robh ni sam bith a dheanadh feum, tre am biodh iad air an saoradh o sgrios, is gu'n d' thug e aon Mhac a ghràidh seachad chum g' e b' e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm biodh a bheatha shiorruidh aige. Is e an t-aobhar air son an tug Dia Mac a ghràidh seachad, chum a mhuintir a ghràdhaich e a choimhead o sgrios, an cur an seilbh air a bheatha shiorruidh. 'S e an dearbhadh air meud gràidh Dhia, gu 'n tug e ni (1) co luachmhor r'a Mhac seachad chum an teanadh; ach ma bha ni sam bith eile leis am biodh iad air an teanadh ach Mac Dhia a bhi air a thoirt seachad, tha so a toirt air falbh a ni a tha moladh gràidh Dhia da phobull, agus ag ràdh bha sud neo-fheumail do Dhia a dheanamh, dh' fheudadh e 'dheanamh le ni bu lugha; seadh gu d' rinn Dia ni nach robh feumail chum teanadh cuspairean a ghràidh. Ach tha Dia a

deanamh na h-uile nithe gu maith; cha d' rinn e aon ni neo-fheumail riamh, agus gu cinnteach mur biodh e feumail Criosd, Mac a ghràidh, a thoirt seachad, cha bhitheadh e air a' thoirt

(1) neach.

[TD 95]

seachad. An tugadh neach sam bith seachad aon Mhac a ghràidh gu bàs cràiteach maslach, na'm biodh ni sam bith eile aige a dheanadh feum. No na d' thugadh, an uair a dheanadh nithe eile feum, nach abaradh sibh na amaideachd agus bosd ris an ni? Nach biodh sibh ullamh gu ràdh ris, na 'm bitheadh e cur an céill duibh meud a ghràidh air son an ni a dheanamh, gu 'n d' thug e aon mhac air a shon, mar a ta Dia 's an rann, o, cha ruigidh tu leas sin a dheanamh, oir dheanadh nithe eile dhuit e! Cha mholadh e 'ghràdh idir, ach uaill. Ach cò aig am bheil an cridhe, gu uaill no amaideachd a chur a leth Dhia, ann a' ràdh ris nach ruigeadh e leas aon-ghin Mhic a thoirt, gu'n deanadh nithe eile bu lugha e. Cha chomasach mise ciall na rann so a thuigsinn, ma tha aon eile tre am biodh cuspairean gràidh Dhia air an saoradh o sgrios, agus air an cur an sealbh air beath ach tre Chriosd a bhi air a thoirt seachad, oir is ann air an ni so tha meud gràdh Dhé doibh, a tha e ga mholadh, gu'n d' thug e aon-ghin Mhic seachad, chum an tearnadh o sgrios, ni bu luaithe na gu cailleadh e cuspairean deadh-ghean a thoile gu'n saoradh, gu'n d' thug e seachad a Mhac. Oir is ann air a leithid so do dhòigh a ghràdhaich Dia an saoghal, as gu'n d' thug e seachad Mac a ghràidh, chum an tearnadh. Tha so g'ar tabhairt gus an dara ceann gu bhi labhairt air an ni rinn Dia chum cuspairean a ghràidh a shaoradh o sgrios agus an cur an sealbh air beatha shiorruidh. Thug e seachad Mac a ghràidh. Tha gràdh a Mhic agus an Spioraid an so a nis.

II. Air a cheann so do'n teagasg cha dean sinn 's an àm so ach beagan a labhairt chum inntreadh air an t-slighe a dh' fhosgail Dia do pheacaich gu bhi air an saoradh o sgrios agus an cur an sealbh air a' bheatha shiorruidh. Air a shon so, tha briathran an teagasg a' cur an céill duinn gu 'n d' thug e seachad aon-ghin Mhic. Tha an Sgriobtuir a teagasg duinn gur e am Mac, no Mac Dé an dara pearsa san Diadhachd co-ionnain ris an Athair ann 'na uile bhuaidhaibh. "Anns an toiseach bha am Focal, agus bha am Focal maille ri Dia, agus be 'm Focal, Dia. Bha e so air tùs maille ri Dia. Rinneadh na h-uile nithe leis; agus as eugmhais cha d' rinneadh aon ni a rinneadh," Eoin i. 1, 2, 3. Anns na briathraibh so tha air a' chur an céill sìorruidhteachd a Mhic. Bha e an tùs, se sin o shìorruidheach

[TD 96]

maille ri Dia. Agus gu b'e Dia e, gur ann leis a rinneadh na h-uile nithe, a chruthaichheadh na saoghail, agus as eugmhais nach d' rinneadh aon ni a rinneadh, ni nach biodh fìor nam biodh e féin aig

à m sam bith air a chruthachadh; oir bhitheadh e féin an sin air a dheanamh as eugmhais féin, oir cha 'n 'eil làmh sam bith aig neach no ni air bith ann 'nan toirt féin gu bith. A réir so, tha sinn a leughadh an Leabhar an Fhoillsichidh, Criosd a cur an céill gu'r e féin Alpha agus Omega an ceud neach, agus an neach deireannach, ni nach buin do neach sam bith ach Dia a mhàin. Bha esan ma ta a thug Dia an t-Athair seachad, cruthair agus oighre nan uile nithe, an Dia sìorruidh an sealbh an iomlanachd air uile bhuaidhibh na Diadhachd, co-ionnan ris an Athair an eolas, an gliocas, an cumhachd, agus an glòir—a bha an uchd an Athar o shìorruidheachd a sealbhachadh gach sonas, agus annasachd an Athar. Tha so ma ta a leigeil ris duinne gu'n robh gràdh an Athair mòr do pheacaidh ann a aon-ghin Mhic a thoirt seachad. Ach a rìs is cinnteach gu'n robh obair mhòr ri dheanamh an uair nach deanadh neach sam bith a coimhlionadh, ach an neach glòrmhor, an dara pearsa 's an Diadhachd, agus gu robh i ro dheacair ri coimhlionadh. Bha an obair mòr agus ro dheacair, ma bheir sibh fainear an staid gus an tug cuspairean gràidh Dhia iad féin. Cuimhnichibh a nis ciod a chuala sibh a roimhe air staid pheacach, chaillte an duine fodh fhéirg Dhia, agus nan tràillibh toileach aig Satan—'nan ainmheachain aig lagh agus ceartas Dé, 'nan cloinn féirge, eadhon mar chach. Bha aige an lagh ri àrdachadh, riarachadh a thoir (1) do cheartas, fìrinnteachd shìorruidh ri thoirt a stigh, agus buaidh ri thoirt air dia an t-saoghail so, agus a thilgeadh a mach. So an obair a bha aig Mac Dhé ri dheanamh, agus ann na coimhlionadh, bha e gus e féin a thoirt seachad mar éiric, 's e so an ni a bha air fhillidh 's an rann le aon-ghin Mhic Dhé a bha air a thoirt seachad mar a ta e air a theagasg gu soilleir 's a cho-theagasg air thoiseach air an teagasg 's an 14 rann—"Agus mar a thog Maois suas an nathair 's an fhàsach, is ann mar sin is éigin do Mhac an duine bhi air a thogail suas." 'S ann air son e bhi air a thogail suas air a chrann-cheusaidh na iobairt-réitich chum mòran mhac, cuspairean

(1) thoirt.

[TD 97]

gràidh deadh-ghean Dhia, a thoirt gu glòir a bha e air a thoirt seachad. Ach do bhrìgh gu robh e feumail e bhi air a thogail suas mar so, agus nach bu chomasach a Dhiadhachd caochladh na fulang, ghabh e nàdur an duine da ionnsuidh féin, agus mar so thàinig Mac Dhia gu bhi na Mhac an duine.

Tha sinn ri thuigsinn le Mac Dhia a bhi air a thoirt seachad gu bhi na Fhear-saoraidh daoine taghta Dhé gu robh e air a dheanamh 'na dhuine.

Co-dhùnadh.

1. Foghlumaibh cia iongantach gràdh Dhia do pheacaidh. Cha robh feum sam bith aig Dia orra, bha, tha agus bithidh Dia iomlan sona ann féin, agus ge do dheanadh e an cinne-daoine uile a' sgrios leis na

diabhulaibh cha toireadh e ni sam bith da shonas uaith. 'S e so a thoill iad gu ceart-bhreitheach, ach feuch iongantas gràdh Dhia, ghràdhaich e naimhdein, agus rùnaich e maith a dheanamh dhoibh, etc.

2. Faicibh o'n teagasg so gu'r e gràdh Dhé ceud aobhar slàinte an anama. Cha robh aobhair sam bith gu bhrosnachadh an gràdhachadh no an saoradh, a mach as féin; ghràdhaich e iad chionn gu do ghràdhaich e iad, agus is e ghràdh a dh' ullaich Criosd agus gach beannachadh air an son. Cha 'n e Criosd, no luach Criosd, a ghluais innidh Dhia gu peacaich a ghràdhachadh, ach 's e gràdh Dhia thug Criosd agus fhuil dhoibh tre am bheil iad air an tearnadh.

3. Faicibh, a phobull Dé, ciod air am bheil 'ur slàinte a seasamh-air gràdh deadh-thoil Dé, ghràdhaich e sibh le gràdh sìorruidh a chionn gu b'e a thoil e. Is ann ann féin a bha an ni a thug air sud a dheanamh agus cha 'n e aon ni annaibhs; agus mar is ann ann féin a bha aobhar 'ur gràdhachadh, cha chaochail a ghràdh duibh air son neo-airidheachd sam bith. Oir tha e féin agus a thoil neo-chaochlaidheach; air a so tha ar slàinte a seasamh. Is ann do bhrìgh gu bheil esan neo-chaochlaideach nach 'eil clann Iacob air an sgrios. O ciod a' chomain a chuir Dia oirbh, ghràdhaich e sibh a chionn gu 'm b'e 'thoil e, agus tha 'thoil neo-chaochluideach; uime sin tha ar slàinte cinnteach. Thug e Criosd seachad air 'ur son agus nach toir e nis gach ni eile duibh.

[TD 98]

4. Foghlumadh peacaich gu bheil slàinte an anama na ni ro mhòr agus na ni ro dheacair. Feudaidh sibh a nis a bhi neo-shuimeil agus a smuainteachadh nach 'eil slàinte an anama o dhamnadh sìorruidh na ni ro mhòr, na ni ro dheacair, ach cha 'n 'eil Dia do aon bharaill ribh. Rùnaich Dia pobull a thearnadh ach b' éigin da 's na rùnaich e, sud a dheanamh, aon-ghin Mhic a thoirt seachad, etc.

[TD 99-112]

<eng>CHRISTIAN SERVICE.

[Beurla]

[TD 113-115]

COMMUNION FENCING AND TABLE SERVICE.

[Beurla]

[TD 116-133]

THE BEAUTY OF CHRIST.

[Beurla]

[TD 134-136]

THE EDINBURGH BIBLE SOCIETY.

[Beurla]